

BÒRD NA GÀIDHLIG

Coinneamh a' Bhùird-stiùiridh

Diciadain 16/06/2021 09.30-15.15

Air loidhne tro MS Teams

CLÀR-GNOTHAICH

Board Meeting

Wednesday 16/06/2021 09.30-15.15

Online via MS Teams

AGENDA

SEISEAN DÙINTE	CLOSED SESSION	09.30-12.00
10.0 TOISEACH AN T-SEISEIN FHOSGAILTE	OPEN SESSION START	12.00-15.15
10.1 Fàilte bhon Chathraiche	Welcome	
10.2 Leisgeulan	Apologies	
10.3 A' nochdadh chom-pàirtean	Declarations of interest	
11.0 IONMHAS	FINANCE	
11.1 Airson fiosrachadh	For Information	
Taic-airgid a bharrachd do Bhuidhnean Com-pàirteachadh Lìbhrigidh 2020/21	Additional funding awards to Delivery Partners Organisation 2020/21	
PT1 – Iomradh air pròiseactan	PT1 – Summary of projects	
PT2 – Clàr taic do bhuidhnean	PT2 – Table of support to organisations	
<i>Steven Kellow, Oifigear Maoinachaidh is Phròiseactan</i>	<i>Steven Kellow, Funding & Projects Officer</i>	
11.2 Ri Aontachadh	For Decision	
Maoinachadh Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh 2022/23	Delivery Partner Organisation Funding 2022/23	
PT1 – Notaichean bho choinneamh na buidheann-obrach maoinachaidh	PT1 – Notes from the funding working group	
<i>Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd</i>	<i>Daibhidh Boag, Director of Language Planning & Community Developments</i>	
12.0 PLANA GNÌOMH IS COILEANADH	OPERATIONAL PLAN AND PERFORMANCE	
12.1 Airson Fiosrachadh *	For Information *	
Coileanadh a' Phlana Gnìomh 20-21	Operational Plan 20-21	
PT1 – Clàr gnìomh	PT1 – Operational plan	
<i>Shona NicIlinnein, Ceannard</i>	<i>Shona MacLennan, CEO</i>	
12.2 Ri Aontachadh	For Decision	
Aithisgean bhliadhnail nan comataidhean	Committee Annual Reports	
PT1 - Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd 2020/21	PT1 - Annual Report of the Audit & Assurance Committee 2020/21	
PT2 - Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan 2020/21	PT2 - Annual Report of the Policy & Resources Committee 2020/21	
<i>Shona NicIlinnein, Ceannard</i>	<i>Shona MacLennan, CEO</i>	
12.3 Airson Fiosrachadh *	For Information *	
Adhartas nam Planaichean	Gaelic Plans Progress	
PT1 – Clàr-dàta 2020-21	PT1 – Data table 2020-21	
<i>Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd</i>	<i>Daibhidh Boag, Director of Language Planning & Community Developments</i>	
12.4 Airson Fiosrachadh	For Information	
Adhartas nas Luaithe	Faster Rate of Progress	
<i>Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd</i>	<i>Daibhidh Boag, Director of Language Planning & Community Developments</i>	
<i>Jim Whannel, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig</i>	<i>Jim Whannel, Director of Gaelic Education</i>	
12.5 Airson Fiosrachadh *	For Information *	
Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28	National Gaelic Language Plan 2023-28	
PT1 – Clàr-ama PNG 2023-28	PT1 – NGLP 2023-28 timetable	
<i>Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd</i>	<i>David Boag, Director of Language Planning & Community Developments</i>	

Pàipearan Fiosrachaidh

- Tha pàipearan 'Airson Fiosrachadh' airson a thoirt fa-near agus chan eil ùine deasbad no còmhraidh air an cur mun coinneamh sa chlàr-ghnothaich.
- Far a bheil cothrom ann deasbad is còmhraidh a chumail air pàipearan 'Airson Fiosrachadh', bidh na pàipearan sin air an comharrachadh le rionnag * air a chlàr-ghnothaich.
- Bidh cothrom aig Buill deasbad iarraidh air pàipearan 'Airson Fiosrachadh' air nach eil rionnag * le bhith a' leigeil fios don Chathraiche co-dhiù latha ron choinneamh.
- Far a bheil ceistean aig Buill co-cheangailte ri leithid clàr-ghnìomhan, poileasaidhean, planaichean neo cùisean ionmhais a th' anns na pàipearan, thathar gam brosnachadh gus na ceistean sin a chur air post-d gu ofis@gaidhlig.scot co-dhiù dà latha obrach ron choinneamh. Cuiridh an sgioba rianachd a' cheist sin air adhart chun an oifigeir iomchaidh airson freagairt, agus airson a bhith cothromach thèid an fhreagairt a' sgaoleadh do na Buill gu lèir airson gum bi an aon tuigse an uair sin aig a h-uile neach.

12.6 Airson Fiosrachadh * Aithisg Ionmhais gu 31/03/2021 <i>Mairianne Stewart, Ceann an Ionmhais & Cùisean Corporra</i>	For Information * Finance Report to 31/03/2021 <i>Mairianne Stewart, Head of Finance & Corporate Affairs</i>
Fois	Break
13.0 RIANACHD MHÌ-CHINNTEAN	RISK MANAGEMENT
13.1 Ri Aontachadh Ro-innleachd rianachd mhì-chinntean PT1 – Ro-innleachd rianachd mhì-chinntean <i>Shona Nicllinnein, Ceannard</i>	For Decision Risk Management Strategy PT1 – Risk Management Strategy <i>Shona MacLennan, CEO</i>
13.2 Ri Aontachadh Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail PT1 – Clàr mhì-chinntean ro-innleachdail <i>Shona Nicllinnein, Ceannard</i>	For Decision Strategic Risk Register PT1 – Strategic risk register <i>Shona MacLennan, CEO</i>
14.0 LEASACHADH NA BUIDHNE	ORGANISATIONAL DEVELOPMENT
14.1 Airson Fiosrachadh * Am Plana Leasachaidh PT1 – Plana Leasachaidh <i>Jennifer Gilmour, Cathraiche Bhuidheann-stiùiridh a’ Phlana Leasachaidh</i>	For Information * Improvement Plan PT1 – Improvement Plan <i>Jennifer Gilmour, Chair of the Improvement Plan Steering Group</i>
14.2 Ri Aontachadh Ag Àbhaisteachadh Leasachadh <i>Mairianne Stewart, Ceann an Ionmhais & Cùisean Corporra</i>	For Decision Embedding Improvement <i>Mairianne Stewart, Head of Finance & Corporate Affairs</i>
14.3 Airson Fiosrachadh Aithisg Rèiteachaidh – Plana Leasachaidh <i>Shona Nicllinnein, Ceannard</i> <i>Mairianne Stewart, Ceann an Ionmhais & Cùisean Corporra</i>	For Information Reconciliation Report – Improvement Plan <i>Shona MacLennan, CEO</i> <i>Mairianne Stewart, Head of Finance & Corporate Affairs</i>
15 CORPORRA	CORPORATE
15.1 Ri Aontachadh PT1 Bun-riaghailtean Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan PT2 Bun riaghailtean Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd PT3 Bun-riaghailtean Pannal nam Planaichean <i>Shona Nicllinnein, Ceannard</i>	For Decision PT1 Policy & Resources Committee Terms of Reference PT2 Audit & Assurance Committee Terms of Reference PT3 Plans’ Panel Terms of Reference <i>Shona MacLennan, CEO</i>
15.2 Ri Aontachadh Gnàth-riaghailtean a’ Bhùird-stiùiridh PT1 – Gnàth-riaghailtean a’ Bhùird-stiùiridh <i>Shona Nicllinnein, Ceannard</i>	For Decision Board Standing Orders PT1 – Board standing orders <i>Shona MacLennan, CEO</i>
15.3 Airson Fiosrachadh Aithisg Slàinte Sàbhailteachd is Sunnd <i>Louise Niclleathain, Manaidsear Gnìomhan</i>	For Information Health Safety and Wellbeing Report <i>Louise Maclean, Operations Manager</i>
15.4 Airson Fiosrachadh Aithisg Oifigear nan Inbhean PT1 – Aithisg Oifigear nan Inbhean <i>Shona Nicllinnein, Ceannard</i>	For Information Standards Officer Report PT1 – Standards Officer Report <i>Shona MacLennan, CEO</i>
15.5 Airson Fiosrachadh Aithisg Fosgailteachd is Follaiseachd <i>Shona Nicllinnein, Ceannard</i>	For Information Openness and Transparency Report <i>Shona MacLennan, CEO</i>
15.6 Airson Fiosrachadh Measadh air Modhan-obrach Choinneamhan <i>Shona Nicllinnein, Ceannard</i>	For Information Assessment of Meeting Procedures <i>Shona MacLennan, CEO</i>

Pàipearan Fiosrachaidh

- Tha pàipearan ‘Airson Fiosrachadh’ airson a thoirt fa-near agus chan eil ùine deasbad no còmhradh air an cur mun coinneamh sa chlàr-ghnothaich.
- Far a bheil cothrom ann deasbad is còmhradh a chumail air pàipearan ‘Airson Fiosrachadh’, bidh na pàipearan sin air an comharrachadh le rionnag * air a chlàr-ghnothaich.
- Bidh cothrom aig Buill deasbad iarraidh air pàipearan ‘Airson Fiosrachadh’ air nach eil rionnag * le bhith a’ leigeil fios don Chathraiche co-dhiù latha ron choinneimh.
- Far a bheil ceistean aig Buill co-cheangailte ri leithid clàr-ghnìomhan, poileasaidhean, planaichean neo cùisean ionmhais a th’ anns na pàipearan, thathar gam brosnachadh gu na ceistean sin a chur air post-d gu ofis@gaidhlig.scot co-dhiù dà latha obrach ron choinneimh. Cuiridh an sgioba rianachd a’ cheist sin air adhart chun an oifigeir iomchaidh airson freagairt, agus airson a bhith cothromach thèid an fhreagairt a’ sgaoleadh do na Buill gu lèir airson gum bi an aon tuigse an uair sin aig a h-uile neach.

15.7 Airson Fiosrachadh

Aithisg riochdachadh gnè
Shona Nicllinnein, Ceannard

For Information

Gender representation report
Shona MacLennan, Ceannard

16 PLANA OBRACH A' BHÙIRD-STIÙIRIDH**BOARD WORK PLAN****16.1 Ri Aontachadh****For Decision**

Plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh
 PT1 – Plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh 21/22
Shona Nicllinnein, Ceannard

Board Workplan
 PT1 – Board workplan 21/22
Shona MacLennan, CEO

17.0 GISBE**AOCB**

Ceann-latha na h-ath coinneimh 06/10/2021

Date of next meeting 06/10/2021

Dùnadh na coinneimh

Close of meeting

Lèirmheas air a' choinneamh

Review of meeting

Pàipearan Fiosrachaidh

- Tha pàipearan 'Airson Fiosrachadh' airson a thoirt fa-near agus chan eil ùine deasbad no còmhradh air an cur mun coinneamh sa chlàr-ghnothaich.
- Far a bheil cothrom ann deasbad is còmhradh a chumail air pàipearan 'Airson Fiosrachadh', bidh na pàipearan sin air an comharrachadh le rionnag * air a chlàr-ghnothaich.
- Bidh cothrom aig Buill deasbad iarraidh air pàipearan 'Airson Fiosrachadh' air nach eil rionnag * le bhith a' leigeil fios don Chathraiche co-dhiù latha ron choinneimh.
- Far a bheil ceistean aig Buill co-cheangailte ri leithid clàr-ghnìomhan, poileasaidhean, planaichean neo cùisean ionmhais a th' anns na pàipearan, thathar gam brosnachadh gus na ceistean sin a chur air post-d gu oifis@gaidhlig.scot co-dhiù dà latha obrach ron choinneimh. Cuiridh an sgioba rianachd a' cheist sin air adhart chun an oifigeir iomchaidh airson freagairt, agus airson a bhith cothromach thèid an fhreagairt a' sgaoleadh do na Buill gu lèir airson gum bi an aon tuigse an uair sin aig a h-uile neach.

Nì air a' chlàir-ghnothaich: 11.1



A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	16/6/2021
Àite:	Aig astar (Microsoft Teams)
Nì a' chlàir-ghnothaich	11.1

Tìotal a' Phàipeir	Taic-airgid a bharrachd do Bhuidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh 2020/21	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh	
Neach-labhairt	Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan	
Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba Stiùiridh	07/06/2021	Airson Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Iomradh air pròiseactan a bharrachd PT2 – Clàr de thaic-airgid slàn air aontachadh do na Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh	
1	Adhbhar	
1.1	A' toirt fa-near do Bhuill taic-airgid a chaidh aontachadh airson phròiseactan air an lìbhrigeadh le Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh nach eil mar phàirt de na h-aontaidhean taic-airgid 2019-22 aca.	
2.	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	<p>Tha am pàipear seo mar fhreagairt air gnìomh san Sgeama Ùghdarras Tiomnaichte, far a bheilear ag ràdh:</p> <p>“Where additional grant funding is sought for discrete projects, these applications will be considered at the appropriate level of approval, i.e. greater than £100k at Board; greater than £50k but no more than £100k at Committee; at £50k or less at Leadership Team.</p> <p>A report will be submitted to the Board annually post-year end to advise on the following:</p> <ul style="list-style-type: none"> • consider how funding to key organisations is broken down into individual grants; • what that funding was for; • what was achieved with that funding; • any instances of failing to deliver on the grant goals, and the risk of future failure to deliver what all of that means for the Bòrd's ability to achieve its vision/objective/Corporate Plan. <p>The report will also document how what occurred in the current year is impacting on the budgeted grants to be provided to key organisations going forward.</p> <p>During a year, a report would be made to the Board on an exceptional basis if officers were concerned about significant risks to any of the key partner organisations.”</p>	
3.	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Tron bhliadhna-ionmhais 2020/21, chaidh aontachadh ri £409,383 de thaic-airgid a thabhann ri 22 pròiseactan air an stiùireadh le Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh a bha taobh-a-muigh nan aontaidhean 3-bliadhna aca.	

Nì a' Chlàir-ghnothaich: 11.1

3.2	Tha iomradh air na pròiseactan seo fa-leth uile ri fhaighinn ann am PT1, is clàr ann am PT2 airson sealltainn an airgid a chaidh a thabhnadh na buidhnean uile-gu-lèir ann an 2020/21, a' gabhail a-steach na h-aontaidhean bliadhna aca.
3.3	Tha e cumanta gum bi na buidhnean seo a' cur a dh'iarraidh taic-airgid den leithid airson pròiseactan, is iad a' freagairt air suidheachaidhean a tha ag èirigh ris nach robhar an dùil mun àm a chaidh na h-aontaidhean 3-bliadhna a chur air dòigh.
3.4	Bha an cnap a bu mhotha den airgead seo air aontachadh airson taic a chumail ri Comunn na Gàidhlig & Comann nam Pàrant, le taic-airgid a bharrachd a thàinig bho Riaghaltas na h-Alba, is seo airson tuilleadh oifigearan lomairt is pàrant fhadastad mar amas air ath-bheothachadh as dèidh COVID.
3.5	Bha £95,900 eile (air 11 pròiseactan) air aontachadh do bhuidhnean a-mach às a' Mhaoin Taic COVID-19, a-rithist mar fhreagairt air suidheachaidhean àraid a bha ag èirigh air sgàth buaidh a' choròna-bhiorais.
3.6	Airson a' mhòr-chuid de na pròiseactan thathar an dùil gu bheil iad a' coileanadh nan dleastanasan fo na h-aontaidhean gu soirbheachail, is leis a sin gu bheil iad a' cur ri amasan Plana Corporra Bòrd na Gàidhlig mar as iomchaidh a rèir diofar phrìomhachasan nan sgeamaichean.
3.7	Airson cuid, ge-tà, tha dàil air a bhith ann le bhith a' coileanadh nam pròiseactan, gu sònraichte a thaobh dhuilgheadasan le coròna-bhioras, ach tha oifigearan a' cumail sùil orra seo mar as àbhaist le pròiseactan gus a bheilear a' coileanadh nan dleastanasan san dòigh as fheàrr a ghabhas.
3.8	Chan eil oifigearan a' togail dhraghan sam bith eile fa-near dhan Bhòrd-stiùiridh aig an ìre seo nach deach a thogail a-cheana.
4.	Moladh
4.1	A' toirt fa-near am fiosrachadh sa phàipear seo agus PT1.
5.	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach
5.1	Buidhean air Ionmhas
5.1.1	Chan eil buaidh shònraichte aig a' phàipear a thaobh ionmhas, ach mar fios air an taic-airgid a thathar a' cur ris na Buidhnean com-pàirteach libhrigidh.
5.2	Buidhean air Luchd-obrach
	Chan eil gin ann.
5.3	Buidhean air Trèanadh
	Chan eil gin ann.
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra
	Bha na pròiseactan seo air am measadh an aghaidh nan slatan-tomhais airson nan diofar sgeamaichean, is iad seo iad fhèin stèidhichte air na h-amasan ann am Plana Corporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23.
5.5	Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta
	AR N-ADHBHAR
	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar slugh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an

Nì a' Chlàir-ghnothaich: 11.1

fàs eaconamach seasmhach agus in-	lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fogailte agus follaiseach		
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann	<input checked="" type="checkbox"/>
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-Nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>		
5.6	Buidhean air Cliù		
	Tha na pròiseactan seo a' cur ri cliù na buidhne ann a bhith a' cumail taic ri buidhnean, gu sònraichte ann a bhith a' freagairt air duilgheadasan ri linn a' choròna-bhiorais.		
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd		
	Bithear ag iarraidh air buidhnean a tha a' cur a-staigh iarrtas airson sìneadh a bhith mothachail air buaidh a dh'fhaodadh a bhith ann fhathast ri linn a' choròna-bhiorais.		
5.8	Buidhean Laghail		
	Chan eil gin ann.		
5.9	Buidhean air Co-ionannachd		
	Chan eil gin ann.		
5.10	Buidhean air an Àrainneachd		
	Chan eil gin ann.		

Buidheann Com-pàirteach	Còd	Sgeama	Pròiseact	Suim	Iomradh
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig	2021/63	Tabhartasan Coitcheann	Biog Ort	£8,000	A' libhrigeadh 10 seiseanan tràth-bhliadhnachan Gàidhlig air-loidhne
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig	2021/950	Maoin Taic COVID-19	Pròiseactan Maoin Taic COVID-19	£29,000	A' leasachadh cruinneachadh de ghoireasan air-loidhne airson taic a chumail ri sgoilearan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig le ionnsachadh air-loidhne
Ionad Chaluim Chille Ìle	2021/501	Maoin Co-obrachaidh	Pròiseact Maoin Co-obrachaidh	£2,500	Ag obair còmhla ri Tobar an Dualchais airson dualchas Gàidhlig Ìle a thasgadh
Ionad Chaluim Chille Ìle	2021/822	Tràth-bhliadhnachan	Bogha Frois Ìle	£2,000	A' libhrigeadh seiseanan tràth-bhliadhnachan ann am Bogh Mòr, Ìle
Ionad Chaluim Chille Ìle	2021/937	Maoin Taic COVID-19	Gàidhlig air-loidhne	£4,000	A' cur taic ri muinntir Ìle a bhith a' gabhail pàirt ann an clasaichean Gàidhlig air-loidhne agus film a dhealbhadh airson obair ICCL a thaisbeanadh
Comunn na Gàidhlig	2021/60	Tabhartasan Coitcheann	Spòrs Gàidhlig 2021/22	£45,000	A' cumail taic ri dreuchdan aig a' phròiseact, a bhios a' cur tachartasan spòrs air a bhàr a-muigh air dòigh tro mheadhan na Gàidhlig
Comunn na Gàidhlig	2021/75	Tabhartasan Coitcheann	Taic sgìreil a bharrachd a' leantainn buaidh COVID-19	£172,218	A' fastadh 3.5 FTE de oifigearan lomairtean ùra & 1 oifigear ùr airson Comann nam Pàrant
Comunn na Gàidhlig	2021/945	Maoin Taic COVID-19	Prògram Sàmhradh Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu	£3,000	A' cur tachartasan spòrs air dòigh do sgoilearan Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu thairis air an t-Samhradh
An Comunn Gàidhealach	2021/502	Maoin Co-obrachaidh	Sgeama Brosnachaidh Seinn Gàidhlig & Craoladh a' Mhòid	£14,000	Ann an co-bhann le Fèisean nan Gàidheal, a' cur air dòigh seiseanan seinn ann an diofar choimhearsnachdan agus cuideachd a' cur air dòigh craoladh beò air-loidhne den Mhòd Nàiseanta Rìoghail
An Comunn Gàidhealach	2021/932	Maoin Taic COVID-19	Sgeama Cànan nan Còsirean	£5,000	A' toirt seachad oideachadh Gàidhlig do bhuill còsirean inbhich
An Comunn Gàidhealach	2021/9111	Maoin Taic COVID-19	Taic nam Mòdan Ionadail & Làn-Dùil-Soisgeul Air-Loidhne	£14,000	Ag obair gus siostaman IT cunbhalach a chur air dòigh airson Mòdan Ionadail agus airson seiseanan soisgeul air-loidhne a chumail do chòsirean Gàidhlig
Fèisean nan Gàidheal	2021/72	Tabhartasan Coitcheann	Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar	£40,000	A' fastadh oifigear leasachaidh anns na h-Eileanan an Iar airson taic a chumail ri Fèisean ionadail san sgìre
Comhairle nan Leabhraichean	2021/58	Tabhartasan Coitcheann	Farpais-sgrìobhaidh Colmcille 1500	£2,500	A' cur farpais-sgrìobhaidh air dòigh airson òigridh is inbhich timcheall air cuspairean Colmcille 1500
Comhairle nan Leabhraichean	2021/924	Maoin Taic COVID-19	Làrach-lìn Ùr	£9,000	A' cruthachadh làrach-lìn ùr dhan bhuidheann
Comhairle nan Leabhraichean	2021/925	Maoin Taic COVID-19	Uidheamachd IT	£2,400	A' ceannach goireasan IT ùra dhan bhuidheann airson luchd-obrach a chuideachadh ann a bhith ag obair aig an taigh
Ainmean-Àite na h-Alba	2021/33	Tabhartasan Coitcheann	Obar tar-sgrìobhaidh	£2,265	A' dèanamh tar-sgrìobhadh air clàraidhean bho Eilean Arainn airson taic a chumail ri rannsachadh ainmean-àite na sgìre
Ainmean-Àite na h-Alba	2021/923	Maoin Taic COVID-19	Mapa Sgrùdaidh Ainmean-Àite	£5,000	A' cruthachadh goireas mapa ùr air làrach-lìn airson ainmean-àite Gàidhlig fhaicinn ann an co-theacsa
Faclair na Gàidhlig	2021/504	Maoin Co-obrachaidh	Beairteas a Bharrachd 2021	£15,000	A' fastadh oifigear airson tùsan fhaclan a rannsachadh airson Faclair na Gàidhlig bho tasglannan Tobar an Dualchais
Faclair na Gàidhlig	2021/940	Maoin Taic COVID-19	Beairteas a Bharrachd 2020/21	£10,000	A' fastadh oifigear gus rannsachadh a dhèanamh air tùsan fhaclan bho tasglannan Tobar an Dualchais airson Faclair na Gàidhlig
Acair	2021/902	Maoin Taic COVID-19	Post-Covid recovery, E-commerce project	£12,500	A' cur taic ri làrach-lìn ùr a dheasachadh dhan bhuidheann
Theatre Gu Leòr	2021/221	Colmcille	Taigh	£10,000	A' cur taic ri seiseanan leasachaidh airson pios tèatair sa Ghàidhlig/Gaeilge stèidhichte air cuspair "an taigh cèilidh" (air a mhaoineachadh ann an com-pàirteachas le Foras na Gaeilge)
Theatre Gu Leòr	2021/944	Maoin Taic COVID-19	Campa Dràma agus Spòrs	£2,000	A' cur leasanan dràma air dòigh aig astar sòisealta tro thachartasan samhraidh aig Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu

	Aonta	Taic-airgid	Iomairtean	
	Bhliadhnaile	Pròiseactan	GLAIF*	IOMLAN
Comunn na Gàidhlig	£463,700	£220,218	£159,300	£843,218
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig	£314,741	£37,000		£351,741
Comhairle nan Leabhraichean	£180,770	£13,900		£194,670
Fèisean nan Gàidheal	£145,600	£40,000		£185,600
Ionad Chaluim Chille Ìle	£104,960	£8,500		£113,460
An Comunn Gàidhealach	£100,850	£33,000		£133,850
Ainmean-Àite na h-Alba	£81,600	£7,265		£88,865
Faclair na Gàidhlig	£76,500	£25,000		£101,500
Ceòlas Uibhist	£57,700	£0		£57,700
Acair	£57,540	£12,500		£70,040
Theatre Gu Leòr	£55,870	£12,000		£67,870

** Tha taic-airgid "Iomairtean GLAIF" air am pàigheadh ri ùghdarrasan ionadail mar taic a bharrachd do lìonradh oifigearan Iomairtean Comunn na Gàidhlig.*



**Bòrd na
Gàidhlig**

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	16/6/2021
Àite:	Aig astar (Microsoft Teams)
Nì a' chlàir-ghnothaich	11.2

Tìotal a' Phàipeir	Maoineachadh Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh 2022/23	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach-labhairt	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd	
Air ullachadh le	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan	
Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba Stiùiridh	07/06/2021	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Nòtaichean bho coinneamh na Buidheann-obrach Maoineachaidh	
1	Adhbhar	
1.1	A' sireadh aonta bhon Bòrd-stiùiridh gun tèid iarraidh air buidhnean a fhuair aonta taic-airgid Bhuidheann Com-pàirteach 2019-22 gus iarrtas taic-airgid a chur a-steach airson bliadhna-ionmhais 2022/23.	
1.2	A' toirt fa-near do Bhuill na molaidhean bhon Bhuidheann-obrach Maoineachaidh airson na slighe air adhart a thaobh an sgeama Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh.	
2.	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Chaidh aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh sa Mhàrt 2018 gus dòigh-obrach ùr a chur air dòigh le bhith a' tabhann aontaidhean 3-bliadhna airson nam buidhnean Gàidhlig a bhathar a' maoineachadh gu cunbhalach, is seo ag amas air luach an airgid nas fheàrr a thoirt seachad dhan a' Bhòrd, barrachd lèirsinn a shealltainn a thaobh leasachadh na Gàidhlig agus barrachd seasmhachd a thoirt do bhuidhnean a thaobh sruthan-airgid.	
2.2	Chaidh aontachadh ris na h-aontaidhean seo airson Giblean 2019 gu Màrt 2022 leis a' Bhòrd-stiùiridh san Dùbhlachd 2018 & Gearran 2019.	
2.3	Chaidh na h-aontaidhean seo ùrachadh sa Ghearran 2020 agus 2021 le atharraichean anns na targaidean is suimeannan airgid far an robh sin iomchaidh.	
2.4	Chaidh aontachadh leis a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan aig a' choinneamh aca air 2 Gearran 2021 gus Buidheann-obrach Maoineachaidh a stèidheachadh gus coimhead air cuspairean an sgeama Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh bho 2022 air adhart agus mar a thathar a' cleachdadh a' bhuidseat-leasachaidh san fharsaingeachd.	
2.5	Chaidh aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh aig a' choinneamh air 24 Gearran 2021 gu bheil miann ann gum biodh aontaidhean 3-bliadhna ann a-rithist do na Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh.	

Nì a' Chlàir-ghnothaich:11.2

2.6	Choinnich a' Bhuidheann-obrach Maoineachaidh air 26 Cèitean 2021 gus coimhead air cuspair an sgeama Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh, is tha nòtaichean bhon choinneamh ri fhaighinn ann am PT1.
2.7	Airson soillearachadh, 's iad na leanas na Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh aig an ìre seo: <ul style="list-style-type: none"> • Acair • An Comunn Gàidhealach • Ceòlas Uibhist • Comhairle nan Leabhraichean • Comunn na Gàidhlig & Comann nam Pàrant • Fèisean nan Gàidheal • Ionad Chaluim Chille Ìle • Sabhal Mòr Ostaig – Ainmean-Àite na h-Alba • Sabhal Mòr Ostaig – Faclair na Gàidhlig • Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig • Theatre Gu Leòr
2.8	Thathar cuideachd a' moladh gum bi na buidhnean no pròiseactan a leanas air an comharrachadh mar Bhuidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh anns na thathar a' moladh, leis gu bheil iad air taic-airgid cunbhalach fhaighinn gu ruige seo, ged nach eil iad ag obair fo sgèith aonta 3-bliadhna mar na buidhnean eile aig an ìre seo: <ul style="list-style-type: none"> • An Lòchran • Cànan Graphics Studio – FilmG • Comunn na Gàidhlig – Spòrs Gàidhlig • MG ALBA – LearnGaelic & SpeakGaelic • Sabhal Mòr Ostaig – Tobar an Dualchais
3.	Prìomh Aithris/Fiosrachadh
3.1	Chaidh aontachadh leis a' Bhuidheann-obrach Maoineachaidh gum biodh e iomchaidh nach tèid sgeama Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh fad-ùine fhoillseachadh am-bliadhna, is thathar moladh seo a dhèanamh airson 4 prìomh adhbharan:
3.2	Coròna-bhìoras Leis gu bheil an dùil gum bi buaidh aig a' choròna-bhìoras fhathast ann an 2022, agus leis nach bi e comasach cus cinnt a bhith aig buidhnean air an suidheachadh ri linn sin fhad 's a tha iad ag ullachadh iarrtasan ann an 2021, thathar a' smaoinachadh gum biodh e duilich iarraidh air buidhnean planaichean fad-ùine a chur air dòigh leis a' mhì-cinnt seo. Tha seo cuideachd a' toirt cothrom dhan a' Bhòrd a bhith nas fhor-ghnìomhaich ann a bhith a' dèiligeadh ri ath-bheothachadh bhon choròna-bhìoras fhad 's a tha an suidheachadh ag atharrachadh.
3.3	Plana Nàiseanta Gàidhlig Leis gu bheil còmhraidhean a' leantainn an-dràsta mu dheidhinn amasan is gnìomhan bhon ath Phlana Nàiseanta Gàidhlig, is gu bheil an dùil gum bi am plana ùr air fhoillseachadh is air a chur an gnìomh bho 2023, thathar den bheachd gum biodh e iomchaidh na h-aontaidhean airson Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh a cheangal ris a' chlàr-ama seo. Mar sin, bhiodh dlùth cheangal eadar amasan a' Phlana ùir agus amasan nan aontaidhean fad-ùine do na buidhnean seo. Leis a seo cuideachd, tha oifigearan an dùil rannsachadh a dhèanamh air buannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann bho aontaidhean taic-airgid a bhiodh a' maireachdainn fad a' Phlana Nàiseanta (5-bliadhna) gus barrachd seasmhachd a thoirt seachad san àm ri teachd.

Nì a' Chlàir-ghnothaich:11.2

3.4	<p>Modail coimhearsnachd</p> <p>Tha oifigearan gu math mothachail bho toraidhean rannsachaidh is co-chomhairlean gu bheil fuasglaidhean ùra a dhìth gus tuilleadh taic a chumail ri coimhearsnachdan far a bheil Gàidhlig fhathast air a cleachdadh gu cunbhalach, is mar sin thathar airson rannsachadh a dhèanamh air modailean ùra gus taic a chumail ris na coimhearsnachdan seo. Leis gum faodadh na modailean seo buaidh mhòr a thoirt air buidseat leasachaidh a' Bhùird is mar a thathar ag obair le cuid de na buidhnean com-pàirteach libhrigidh a tha ag obair an lùib choimhearsnachdan, thathar airson ùine iomchaidh a chur seachad air a seo gus am bi fuasgladh ceart air a lorg.</p>
3.5	<p>Fianais air buaidh</p> <p>Le tuilleadh ùine, bhiodh e comasach rannsachadh nas mionaidich a dhèanamh air buaidh nan aontaidhean 3-bliadhna is èifeachdas nam buidhnean seo ann a bhith a' coileanadh amasan a' Bhùird agus a' toirt seachad luach an airgid. Mar seo, bhiodh fianais nas làidire aig a' Bhòrd gus co-dhùnadh a ruighinn air mar a gheibhear luach an airgid as fheàrr bhon chuid airgid againn.</p>
3.6	<p>Ma thèid aontachadh ris a' mholadh, thèid barrachd obrach a dhèanamh am-bliadhna air na puingeann a chaidh a thogail leis a' Bhuidheann-obrach Maoineachaidh gus a bheil planaichean coileanta ann airson slighe air adhart bho 2023, mar bhunait airson sgeama fad-ùine ùr fhoillseachadh ann an 2022. Thèid fiosrachadh as ùire bho choinneamhan na Buidheann-obrach Maoineachaidh is obair a dh'ionnsaigh nan gnìomhan seo a thoirt seachad dhan choinneamh Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan san t-Sultain 2021.</p>
3.7	<p>An àite sgeama ùr fad-ùine a bhith ann aig an ìre seo, tha oifigearan a' moladh gun tèid iarraidh air na buidhnean seo iarrtas taic-airgid a chur a-steach airson 2022/23 gus a bheil cothrom ann dhaibh obair eadar-dhealaichte a mholadh agus atharraichean nas bunaitich a dhèanamh ma thogras iad.</p>
3.8	<p>Tha seo eadar-dhealaichte ri mar a chaidh dèiligeadh ri bliadhnaichean 2 & 3 den aonta 3-bliadhna (far an deach iarraidh air buidhnean lèirmheas goirid a dhèanamh air na targaidean) agus thèid iarraidh air na buidhnean seo iarrtas nas fhoirmeile a chur a-steach airson 2022/23</p>
3.9	<p>Thèid stiùir a thoirt do na buidhnean gum bu chòir na h-iarrtasan aca a bhith a' sealltainn leasachadh a thaobh luach an airgid bho na thathar an dùil a choileanadh ann an 2021/22, agus nach bithear an dùil gun tèid àrdachadh taic-airgid a thoirt seachad seach ma tha fìor deagh adhbhar ann.</p>
3.10	<p>Tha an stiùir seo stèidhichte air dùil nach bi àrdachadh ann am buidseat leasachaidh Bòrd na Gàidhlig airson 2022/23.</p>
3.11	<p>Tha oifigearan a' moladh seo mar drochaid eadar aontaidhean 3-bliadhna an-dràsta is aontaidhean ùra nas lèirsinnich san àm ri teachd, is a' cur fàilte air deasbad air an t-slighe air adhart.</p>
4.	Moladh
4.1	<p>Aontachadh gun tèid cuireadh a thoirt do na Buidhnean Com-pàirteach Libhrigidh a-cheana (is iad air ainmeachadh fo phuing 2.7 & 2.8) gus iarrtas 1-bliadhna a chur a-steach airson bliadhna 2022/23.</p>
4.2	<p>A' toirt fa-near na molaidhean bhon Bhuidheann-obrach Maoineachaidh ann am PT1 airson sgeama Buidhnean Com-pàirteach Libhrigidh san àm ri teachd.</p>

Nì a' Chlàir-ghnothaich:11.2

5.	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach												
5.1	Buidhean air Ionmhas												
5.1.1	Chan eil buaidh shònraichte aig a' phàipear a thaobh ionmhas, ach thathar an dùil ma thèid aontachadh ris a' bheachd sìneadh le iarrtas gum bi an t-suim airgid a tha air a thabhann do na buidhnean com-pàirteach libhrigidh mun an aon suim ri 2021/22.												
5.1.2	Mar seo, bidh seo a' toirt barrachd cinnt do oifigearan ann a bhith a' planadh bhuidseatan airson bliadhna-ionmhais 2022/23, is dùil nach bi àrdachadh ann am buidseat leasachaidh Bòrd na Gàidhlig an ath-bhliadhna.												
5.2	Buidhean air Luchd-obrach												
	Bidh luchd-obrach ag ullachadh stiùireadh agus foirm-iarrtais airson bliadhna 2022/23 agus a' measadh nan iarrtasan nuair a thig iad a-steach.												
5.3	Buidhean air Trèanadh												
	Chan eil gin ann.												
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra												
	Ma thèid aontachadh ris na molaidhean, bidh seo a' cur ri gnìomhan a leanas bho Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23:												
5.4.1	Cleachdadh na Gàidhlig <ul style="list-style-type: none"> • “A' comharrachadh chnapan-starra, tro rannsachadh, a bhios a' cur bacadh air daoine bho bhith a' cleachdadh na Gàidhlig agus a' dealbh ro-innleachdan a chuireas às dhaibh” • “A' dealbh ro-innleachdan a dh'aona-ghnothach airson frithealadh air feumalachdan nan coimhearsnachdan dùthchail is nam bailtean nas motha agus airson brath a ghabhail air na cothroman a th' ann dhaibh, feuch am bi coimhearsnachdan Gàidhlig nas làidire ann” 												
5.4.2	A' cur air adhart na Gàidhlig <ul style="list-style-type: none"> • “Ag obair còmhla ri luchd-compàirt airson iomairtean a dhealbhadh is a chur an gnìomh a bheir taic do ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig” 												
5.4.3	A' leasachadh mar a tha Bòrd na Gàidhlig ag obair <ul style="list-style-type: none"> • “Nì sinn cinnteach gu bheil na co-dhùnaidhean a nithear stèidhichte air fianais dhearbhte agus gu bheil fianais shàr-mhath againn le bhith a' toirt taic-airgid do rannsachadh agus iomairtean gus eòlas a cho-roinn” 												
5.5	Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta												
	<table border="1"> <thead> <tr> <th>AR N-ADHBHAR</th> <th>AR LUACHAN</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td>Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus inghabhalach</td> <td>'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach</td> </tr> <tr> <th colspan="2">AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA</th> </tr> <tr> <td>Còraichean daonna</td> <td><input type="checkbox"/> Clann <input checked="" type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Cultar</td> <td><input checked="" type="checkbox"/> Coimhearsnachdan <input checked="" type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Àrainneachd</td> <td><input type="checkbox"/> Bochdainn <input type="checkbox"/></td> </tr> </tbody> </table>	AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus inghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA		Còraichean daonna	<input type="checkbox"/> Clann <input checked="" type="checkbox"/>	Cultar	<input checked="" type="checkbox"/> Coimhearsnachdan <input checked="" type="checkbox"/>	Àrainneachd	<input type="checkbox"/> Bochdainn <input type="checkbox"/>
AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN												
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus inghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach												
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA													
Còraichean daonna	<input type="checkbox"/> Clann <input checked="" type="checkbox"/>												
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/> Coimhearsnachdan <input checked="" type="checkbox"/>												
Àrainneachd	<input type="checkbox"/> Bochdainn <input type="checkbox"/>												

Nì a' Chlàir-ghnothaich:11.2

Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-Nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr- ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>		
5.6	Buidhean air Cliù		
5.6.1	Bidh an dòigh-obrach seo a' cumail taic ris na buidhnean com-pàirteach lìbhrigidh gus a bheil barrachd cinnt aca airson na bliadhna 2022/23, as dèidh bhliadhnaichean mì-cinnteach a bhith ann air sgàth buaidh a' choròna-bhiorais.		
5.6.2	Ge-tà, ma tha sìneadh bliadhna gu bhith ann ma dh'fhaoidte gum bi cuid den bheachd nach eilear a' gluasad sgiobalta gu leòr a dh'ionnsaigh fhuasglaidhean ùra air suidheachaidhean a tha a' bualadh air a' Ghàidhlig.		
5.6.3	Thathar cuideachd mothachail nach eil sìneadh bliadhna gu bhith a' toirt seachad an aon uimhir de sheasmhachd do bhuidhnean ris am biodh aonta 3-bliadhna.		
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd		
	Bithear ag iarraidh air buidhnean a tha a' cur a-staigh iarrtas airson sìneadh a bhith mothachail air buaidh a dh'fhaodadh a bhith ann fhathast ri linn a' choròna-bhiorais.		
5.8	Buidhean Laghail		
	Chan eil gin ann.		
5.9	Buidhean air Co-ionannachd		
	Chan eil gin ann.		
5.10	Buidhean air an Àrainneachd		
	Chan eil gin ann.		

Prìomh Phuingeann – Coinneamh a' Bhuidheann-obrach Maoineachaidh

26 Cèitean 2021

An làthair: Johan Nic a' Ghobhainn, Jennifer Gilmour, Dòmhnall MacAoidh (Buill)

Daibhidh Boag, Joanne McHale, Brian O hEadhra, Steven Kellow (Oifigearan)

- Sìneadh 1 bliadhna air aontaidhean Bhuidhnean Com-pàirteach, air sgàth:
 - COVID – Bidh buaidh aig a seo fhathast airson ùine is seo a' toirt dùbhlain a thaobh planadh airson na slighe air adhart, is sìneadh bliadhna a' toirt seachad cothrom fòcas a dhèanamh air ath-thogail às dèidh COVID
 - Plana Nàiseanta – Bhiodh e comasach an uair sin coimhead air aontaidhean a tha a' freagairt na bu dlùithe ri prìomhachasan a' Phlana Nàiseanta ùir, a' tòiseachadh bho 2023 air adhart (is cothrom coimhead air fuasglaidhean 5-bliadhna)
 - Modal coimhearsnachd – Tha tuilleadh beachdachaidh a dhìth le com-pàirtichean is buidhnean maoineachaidh eile air mar a ghabhas modal coimhearsnachd “place-based” ùr a chur air dòigh gus a bheil taic iomchaidh ann airson cothroman cleachdadh na Gàidhlig a chur air dòigh. Bhathar cuideachd a' deasbad bhuanachdan bho mhodal “seirbheis” a cheannach an àite tabhartasan a thoirt seachad, is dè bhiodh a' toirt seachad toraidhean is luach an airgid as fheàrr.
 - Fianais air buaidh – Tha seo a' toirt cothrom airson rannsachadh ceart a dhèanamh a thaobh buaidh nan aontaidhean 3-bliadhna a th' air a bhith ann is mar a ghabhas iad a neartachadh is dòchas aontaidhean 5-bliadhna a thabhann bho 2023 air adhart. Leis a seo, feumaidh tuilleadh obrach a dhèanamh gus a bheil siostaman trusadh fianais is measadh buaidh na h-obrach ann.
- Thathar an dùil gum bi buidhnean le aonta an-dràst a' cur iarrtas goirid a-steach airson na tha fa-near dhaibh airson 2022/23, taobh a-staigh buidseit a chaidh aontachadh a-cheana, ach le cothrom targaidean is pìosan-obrach atharrachadh
- Airson an ath sgeama fad-ùine bho 2023 air adhart, bidh an ath sgeama ag amas air:
 - Freagairt ri amasan Bòrd na Gàidhlig mar thoradh air a' Phlana Nàiseanta 2023-28
 - A bhith nas fosgailte – gun gabhadh iarrtas a chur a-steach le carthannasan sam bith gus pròiseact ro-innleachdail a thaobh na Gàidhlig a chur an gnìomh ('s dòcha aig £10k gach bliadhna aig a' char as lugha), is seo a' brosnachadh bheachdan ùra is co-fharpais airson an airgid (is gum bi seo a' toirt seachad luach an airgid)
 - A' brosnachadh bheachdan ùra – a' cumail tuilleadh taic ri buidhnean gus na beachdan aca a chur an gnìomh
 - Slighean eadar-dhealaichte do bhuidhnean aig diofar ìrean – pròiseas nas fhasa do bhuidhnean nach eil a' sireadh na h-uimhir de thaic-airgid ri feadhainn eile
 - Brosnachadh conaltradh le coimhearsnachdan – Bidh aig gach buidheann ri sealltainn san iarrtas mar a bhios iad ag obair le coimhearsnachdan is cothrom a thoirt dha luchd-ùidhe beachdan a chur an cèill dhaibh air an obair aca
 - Brosnachadh chom-pàirteachasan – Thathar an dùil gum bi gach buidheann a' sealltainn mar a bhios iad ag obair le buidhnean eile, gu h-àraidh ann a bhith a' co-roinn seirbheisean rianachd agus margaidheachd gus airgead a shàbhaladh
 - Planadh feachd-obrach – Gum bu chòir buidhnean far a bheil iad an sàs ann an obair Ghàidhlig a-mhàin is fastadh luchd-obrach a bhith mothachail air mar a thèid sgilean

Seisean Fosgailte : Cuspair 11.2 PT1

an luchd-obrach a leasachadh, is mar a thèid luchd-obrach ùr is òg a thàladh a-steach dhan bhuidheann

- Dòighean measaidh – Gu bheil measadh buaidh na h-obrach mar phàirt bhunaiteach de phlanaichean nam buidhnean agus san obair aca is gu bheil slatan-tomhais soilleir ann do bhuidhnean air dè an fhianais a bu chòir dhaibh a bhith a' trusadh is mar a bhios iad a' sealltainn luach an airgid
- Modal coimhearsnachd – Thathar airson beachdachadh ann an tuilleadh doimhneachd air mar a ghabhas taic a chumail ri diofar choimhearsnachdan gus a bheil bun-stèidh làidir aca airson cothroman cleachdadh na Gàidhlig a chur air dòigh
 - Tha oifigearan coimhearsnachd air am maoinachadh an-dràst leis a' Bhòrd air feadh na h-Alba, is iad feumail, ach tha barrachd taic a dhìth airson inbhich/coimhearsnachd nas fharsainge
 - A bheil modal eadar-dhealaichte ann far am faod coimhearsnachd cur a-steach airson pasgan de dh'oifigear(an)/pròiseactan ionadail?
 - An gabh taic-airgid bho dhiofar bhuidhnean-maoinachaidh a chur gu feum ann an dòigh far am faighear barrachd buaidh?
 - A bheilear nas fheàrr le bhith a' ceannach seirbheis coimhearsnachd tro phròiseas tairgse an àite sireadh iarrtasan is toirt seachad tabhartasan? Tha deasbad ann am biodh seo a' toirt seachad toraidhean is luach an airgid nas fheàrr leis gum bi stiùir nas soilleire ann air na tha am Bòrd ag iarraidh, ach nan robh sinn a' ceannach seirbheis gum biodh VAT 's dòcha ri phàigheadh – is buaidh air an ionmhas leis a sin.
 - Bidh barrachd chòmhradhean le luchd-ùidh agus coimhearsnachdan (agus 's dòcha rannsachadh foirmeil) a dhìth gus am bi modal seasmhachd is tarraingeach ann



A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	16/06/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	12.1

Tìotal a' Phàipeir	Coileanadh a' Phlana Gnìomh	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh *	
Neach-labhairt:	Shona NicIlinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba-stiùiridh	07/06/2021	Airson aontachadh
Comataidh Poileasaidh is Goireasan	18/05/2021	Airson fiosrachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha- Pàipear-taice 1 – Coileanadh a' Phlana Gnìomh 20-21	
1.0	Adhbhar	
1.1	'S e as adhbhar don phàipear seo fiosrachadh a thoirt don Bhòrd-stiùiridh air coileanadh gnìomhan ann an 2020/21 mu choinneamh na chaidh a chur ron bhuidhinn ann am Plana Chorporra 2018/23 agus Plana Gnìomh 2020/21.	
2.0	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Tha am Plana Corporra aig Bòrd na Gàidhlig a' comharrachadh 9 builean coileanadh a bhios gan cleachdadh airson measadh a dhèanamh air coileanadh mu choinneamh phrìomhachasan ro-innleachdail a tha rin coileanadh ro 2023. Chaidh buil coileanadh eile a chur ris a' Phlana Gnìomh ann an 2020/21.	
2.2	Tha Plana Gnìomh 2020/21 a' comharrachadh gnìomhan sònraichte a thèid a choileanadh gus adhartas a dhèanamh le prìomhachasan ro-innleachdail bhon Plana Chorporra. Tha na clàran san aithisg an cois seo a' toirt iomradh air an adhartas a tha ga dhèanamh leis a seo.	
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	<p>Tron bhliadhna, tha aon phuing air a bhith gu sònraichte cudromach – buaidh Covid-19.</p> <p>Bha cunnart ann nach tèid cuid de na gnìomhan a choileanadh agus bha oifigearan ag obair taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne gus slighean eile a chur an gnìomh gus an tèid na toraidhean a libhrigeadh.</p> <p>Bha coinneamh den bhòrd-stiùiridh ann air 02/11/2020 gus coimhead a-rithist air a' Phlana Gnìomh, ann an co-theacsa COVID-19. Chaidh aontachadh gun tèid atharrachadh air PCC 3 air sgàth buaidh Covid-19. Às dèidh deireadh na bliadhna, chaidh measadh a dhèanamh air na gnìomhan nach do choilean BnG airson co-dhùnadh a dhèanamh a bheil iad fhathast freagarrach agus ma tha, thèid an cur ri Plana Gnìomh 2021-22 mar eàrr-ràdh.</p> <p>Tha barrachd fiosrachadh sa phàipear PT1 air gach Prìomh Chomharra Coileanadh agus gach gnìomh. Rinneadh ath-mheasadh air cuid de na gnìomhan às dèidh coinneamh CPG le fiosrachadh a bharrachd a thàinig thugainn agus co-dhùnadh deireannach am</p>	

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.1

biodh an PCC air a choileanadh no nach biodh. Seo na h-atharrachaidhean a chaidh a dhèanamh air sgàth an fhiosrachaidh sin.				
PCC	Measadh air 21 Giblean	Measadh air 21 Cèitean		
1.1	Orainds (adhartas gu ìre)	Glas (dàil air a' phròiseict air a dhaingneachadh)		
2.1	Orainds	Glas (dàil air pròiseactan agus dàil air aithisgean fhaighinn)		
3.2	Orainds	Dearg (chaidh an gnìomh a dhèanamh às dèidh 31.3.21)		
4.1	Uaine	Bàn (obair a' dol air an dàta)		
4.3	Uaine	Glas (buaidh COVID air na buidhnean a tha an sàs sa ghnìomh)		
4.4	Orainds	Glas (buaidh COVID air na buidhnean a tha an sàs sa ghnìomh)		
5.2	Orainds	Bàn (obair a' dol air an dàta)		
7.2	Orainds	Uaine (fianais gun robh sin dèanta tro iomairtean air na meadhanan sòisealta; a coinneachadh le Stonewall, Guth nan Siarach is an leithid)		
8.2	Orainds	Uaine (fianais gun robh sin dèanta tro shiostaman, PDPs is aithisg trèanaidh a chaidh gu CPG sa Chèitean 21)		
9.1	Orainds	Uaine (fianais tro choinneamhan, suirbhidh luchd-ùidh, agus iomradh bho luchd-sgrùdadh aig coinneamh CSD san Fhaoilleach 21)		
Seo clàr a tha a' toirt dealbh air na gnìomhan sa phlana airson 20/21.				
Priomhachasan a' Phlana Chorporra	Gnìomhan uile gu leir	Dèanta	Dèanta gu ìre	Gun bhith dèanta*
1. Cleachdadh na Gàidhlig	10	6	3	1
2. Ionnsachadh na Gàidhlig	19	12	4	3
3. A' cur na Gàidhlig air adhart	8	5	2	1
4. Leasachadh ar dòighean-obrach	12	8	1	3
	49	31	10	8
2019/20 Uile gu leir	85	73	8	4
4.0	Moladh			
4.1	Tha am pàipear seo airson fiosrachadh is thathar ag iarraidh air Buill toirt fa-near don fhiosrachadh seo.			
5.0	Priomh Bhuidhean Ro-innleachdach			
5.1	Buidhean air Ionmhas			
	Tha buaidh aig COVID air mar a tha pròiseactan a' ruith, le cuid a' ruith air dheireadh, cuid nach eil air thòiseachadh agus gun do steidhich BnG maoin sònraichte airson deiligeadh ri buaidh COVID air a' Ghàidhlig.			
5.2	Buidhean air Luchd-obrach			
	Bidh buaidh mhòr air an luchd-obrach oir tha an aithisg seo a' toirt iomradh air iomadh gnìomh a tha an sgioba a' toirt air adhart.			
5.3	Buidhean air Trèanadh			

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.1

	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air trèanadh ach le cuid de na gnìomhan, tha iad a' ciallachadh gum bi trèanadh a bharrachd a dhìth air cuid.			
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra			
	Tha am pàipear seo a' cur ris na ceithir amasan corporra aig Bòrd na Gàidhlig.			
5.5	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta			
	AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN	
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar slugh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	<input checked="" type="checkbox"/>	Clann	<input checked="" type="checkbox"/>
	Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
	Àrainneachd	<input checked="" type="checkbox"/>	Bochdainn	<input checked="" type="checkbox"/>
	Slàinte	<input checked="" type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input checked="" type="checkbox"/>
	Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			<input checked="" type="checkbox"/>
5.6	Buaidhean air Cliù			
	Thathar an dùil gum bi an aithisg seo a' cur ri cliù na buidhne leis an eòlas a tha ri fhaighinn air obair na buidhne.			
5.7	Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd			
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air Slàinte is Sàbhailteachd.			
5.8	Buaidhean Laghail			
	Chan eil buaidh laghail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.			
5.9	Buaidhean air Co-ionannachd			
	Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air co-ionannachd.			
5.10	Buaidhean air Àrainneachd			
	Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air àrainneachd.			

PLANA GNÌOMH 2020-21

Ar Lèirsinn: Gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bhunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

Our Vision: Gaelic is seen and heard on a daily basis across Scotland, such that it is widely recognised as an integral part of Scottish life and a national and economic asset

1. A' Cleachdadh na Gàidhlig

1. Using Gaelic

Prìomhachasan Ro-innleachdail Barrachd dhaoine a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd bho Ghàidhlig san àite-obrach, aig an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd

Strategic Priority 1
More people are using and benefiting from Gaelic at work, at home and in the community

<p>▪ Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' libhrigeadh na lèirsinn?</p>	<p>Tha am Plana Corporra 2018-23 aig Bòrd na Gàidhlig gu mòr stèidhichte air a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 agus tha e a' toirt stiùir dhuinn air mar a bhios an obair againn a' dèanamh diofar gus am bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bhunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha. Tha Bòrd na Gàidhlig a' cuideachadh barrachd dhaoine le bhith a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd bho Ghàidhlig san àite-obrach, aig an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd.</p>
<p>▪ A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?</p>	<p>Tha e fìor a ràdh nach robh an t-adhartas mar a bha sinn an dùil am-bliadhna air sgàth COVID-19. Cha robh e comasach dhuinn cuid de na pròiseactan a thoirt air adhart idir, bha e comasach dhuinn cuid a thoirt air adhart gu ìre agus bha e comasach barrachd adhartais fhaicinn le cuid de na pròiseactan na bha sinn an dùil. Le prògram banachdaich a-nis fo sheòl tha e nas coltaiche gu bheil sinn ceumannan nas fhaig air cleachdadh na Gàidhlig aghaidh ri aghaidh san àite-obrach agus anns a' choimhearsnachd fhaicinn a-rithist a dh'aithghearr. Tha pàirt fada nas cudromaiche air a bhith aig teicneòlais na bha sinn an dùil agus tha seo air a bhith gu math cudromach ann a bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh. Tha sinn air tòrr ionnsachadh tron iomairt #cleachdiaigantaigh gus taic a chumail ri cleachdadh na Gàidhlig am measg daoine òga agus thathas an dùil gum bi pìosan de seo a' leantainn air adhart mar deagh chleachdadh thairis air na bliadhnaichean ri thighinn. Tha e fìor a ràdh cuideachd gu bheil draghan mòra ann mu dheidhinn suidheachadh na h-eaconamaidh air feadh na dùthcha agus gu sònraichte ann an cuid de na roinnean, leithid cultar agus turasachd, far a bheil dlùth cheangal ri cleachdadh na Gàidhlig.</p>

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/03/21	Coileanadh gu 31/03/2021	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Oraids/ Uaine/Glas	
Prìomh Chomharra Coileanaidh 1: Barrachd chothroman do dhaoine an sgìlean Gàidhlig a chur gu feum	Tuigse nas fheàrr air na cnapan-starra a tha ann am measg fhileantach ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar	Tha an coimisean rannsachaidh a bhuil Bòrd na Gàidhlig air Oilthighean Ghlaschu is Dhùn Èideann a' coimhead air dèiligeadh ris na cnapan-starra. Ri linn paindeamaig COVID-19, thathar air gluasad bho choinneamhan aghaidh ri aghaidh gu agallamhan bhiortail, le sineadh sa chlàr-ama gu deireadh an luchair 2021 san dòchas gun gabh cuid de chòmhradh a chumail, aig astar sòisealta, sa bhliadhna ionmhais ùir. Leis an ùine a bharrachd, chaidh an rannsachaidh-raoin tùsail a chall, ach tha tè ùr san Eilean Sgitheanach (mar sin faisg air na h-eileanan fo sgrùdadh) air a fastadh.		Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan air feadh Alba	Tha Bòrd na Gàidhlig a' cumail taic ri pròiseactan ann an coimhearsnachdan air feadh Alba a bhios a' cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig. Gu ruige seo ann am bliadhna ionmhais 20-21 tha sinn a' cumail taic ris na leanas: <ul style="list-style-type: none"> - 17 pròiseactan Colmcille - 51 pròiseactan GLAIF - 74 pròiseactan Taic Freumhan Coimhearsnachd (TFC) - 51 tabhartasan foghlaim - 26 buidhnean tràth-bhliadhnaichean - 53 pròiseactan ri linn COVID-19 - 3 pròiseactan tron Mhaoin Co-obrachaidh - 13 prìomh bhuidhnean libhrigidh - 49 pròiseactan "Eile" nach eil tighinn fo sgèith nan sgeamaichean gu h-àrd 		Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.1 PT1

		<p>337 pròiseactan uile-gu-lèir a bhios a' cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan air feadh Alba.</p> <p>#Cleachdiaigantaigh air a chur air bhonn is a' ruith bhon Chèitean 2020 air adhart.</p> <p>Cuideachd, tha Bòrd na Gàidhlig ag obair le 67 ùghdarrasan poblach aig a bheil planaichean Gàidhlig reachdail aontaichte no a tha ag obair a dh'ionnsaigh fear a chruthachadh. Tha na buidhnean seo ag obair ann an coimhearsnachdan air feadh Alba.</p>		
<p>Prìomh Chomharra Coileanaidh 2: Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha"</p>	Comharrachadh àireamh bhun-loidhne de dhaoine a tha ag aithris gu bheil buaidhean deimhinneach ann mar thoradh air cleachdadh na Gàidhlig	Chan eil fiosrachadh ri fhaighinn a choinn' s gun robh dàil air pròiseactan, is mar sin bha dàil air aithisgean a' tighinn bho phròiseactan a fhuair maoineachadh.		Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Fianais gu bheil barrachd cothroman do dh'òigridh a bhith ag inntrigeadh margaidh na h-obrach, far a bheil iad a' cur an cuid sgilean Gàidhlig gu feum	Tha còmhraidhean a' dol air adhart le Sgilean Leasachaidh na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Comhairle nan Eilean Siar gus fàs a thoirt air cothroman preantasachd a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig no far am bi cothrom aig daoine òga na sgilean Gàidhlig aca a chur gu feum anns an àite-obrach. Ghabh 4 daoine òga pàirt anns an sgeama grèis gnìomhachas aig Comhairle nan Eilean Siar le taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig thairis air mìosan an t-samhraidh, a dh' aindeoin na duilgheadasan a bh' ann ri linn COVID-19.		Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Cothroman Ùra

Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn?

- Tha na h-àireamhan dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig air loidhne fhathast gu math fallain gu sònraichte tro Duolingo (460k) agus tro LearnGaelic.scot. Tha e cudromach gu bheil sinn a' gabhail an cothrom seo a) gus fàs a thoirt air àireamhan luchd-cleachdaidh na Gàidhlig anns na bliadhnaichean ri teachd b) gus taic airson na Gàidhlig ann an Alba a leudachadh agus c) gus am bi am margaid airson seirbheisean Gàidhlig nas motha.
- Tha barrachd dhaoine ag obair bhon taigh a-nis agus bidh an t-suidheachadh seo a' leantainn air adhart airson na mìosan ri thighinn. Tha cothroman ann le seo a) nach bi daoine le sgilean Gàidhlig a ghluasad air falbh bho choimhearsnachdan Ghàidhlig agus b) bidh cothrom aig daoine le sgilean Gàidhlig gluasad gu coimhearsnachdan Ghàidhlig.
- Le barrachd dhaoine nas sgileil a thaobh a bhith coinneachadh ri daoine eile air loidhne mar eisimpleir tro Zoom mar a bha iad, tha cothrom ann gum bi comasan aig barrachd dhaoine pàirt a ghabhail ann an tachartasan Gàidhlig air loidhne thairis air na mìosan ri thighinn.
- Le prògram banachdaich a-nis fo sheòl tha e nas coltaiche gu bheil sinn ceumannan nas fhaisg air cleachdadh na Gàidhlig aghaidh ri aghaidh san àite-obrach agus anns a' choimhearsnachd fhaicinn a-rithist a dh'aithghearr.
- Tha sinn air tòrr a ionnsachadh tron iomairt #cleachdiaigantaigh gus taic a chumail ri cleachdadh na Gàidhlig am measg daoine òga agus thathas an dùil gum bi pìosan de seo a' leantainn air adhart mar deagh chleachdadh thairis air na bliadhnaichean ri thighinn

2.0 Ionnsachadh na Gàidhlig

2. Learning Gaelic

Prìomhachas Ro-innleachdail 2: Tha cothroman air leudachadh, agus nas ruigsinniche, do dhaoine aig aois sam bith gus an sgilean Gàidhlig a leasachadh	Strategic Priority 2: Opportunities for people to develop their Gaelic skills at any age have increased and are more accessible
<ul style="list-style-type: none"> Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' libhrigeadh na lèirsinn? 	Tha an t-adhartas gu ruige seo a' cur ris ar lèirsinn tro: Leasachaidhean le cothroman a bharrachd airson an cànan ionnsachadh (luchd-fìleanta agus luchd-ionnsachaidh) Nearthachadh iomhaigh a' chàinain (ann an coimhearsnachdan eadar-dealaichte agus gu nàiseanta) A' leudachadh siostaman conaltraidh agus co-obrachaidh airson na targaidean sa Phlana Nàiseanta a choileanadh.
<ul style="list-style-type: none"> A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil? 	Ri linn Covid-19 tha sinn a' beachdachadh gu faiceallach air na dòighean-obrach againn – gu seachd àraidh leis gu bheil an galar a' bualadh gu mòr air seirbheisean foghlaim (de gach seòrsa).

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/03/2021	Coileanadh gu 31/03/2021	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg Orains Uaine Glas	
Prìomh Chomharra Coileanaidh 3: A' cumail taic ri seirbheisean làithreach. <i>Maintain support for existing provision.</i>	Cruinnichidh sinn 'Plana B' bho gach buidheann a fhuair maoin eachadh tro sgeama Thabhartasan Tràth-bhliadhnaichean.	Dèante. Tha 16 buidhnean air planaichean B a chur air adhart thugainn.		Stiùiriche Foghlam
	Prògram air a libhrigeadh le goireas ri fhaighinn air-loidhne gach seachdain eadar Am Faoilleach agus am Màrt 2021.	Chaidh an clàr-ama a shineadh. Chaidh an goireas 'Giog ort' fhoillseachadh sa Mhàrt 2021 ann an co-bhann le Stòrlann, Bòrd na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant. Gu ruige seo, chaidh 5 bhideothan a sgaoileadh air-loidhne, le 5 eile clàraichte agus a thèid an sgaoileadh anns na seachdainean a tha romhainn. A rèir figearan luchd-amharc choimhead barrachd is 200 neach air a' chiad bhideo agus nì sinn trusadh air fianais a bharrachd ann an co-bhann le Stòrlann.		Stiùiriche Foghlam
	6 cothroman trèanaidh air loidhne ri fhaighinn tron bhliadhna.	Dèante. Ann an co-bhann le Stòrlann, chaidh 4 seiseanan trèanaidh air goireas Gàidhlig nan Òg a chumail eadar an t-Samhain is An Dùbhlachd le 24 an làthair. Chaidh 1 seisean trèanaidh mu dheidhinn 'ionnsachadh air a bhàr a-muigh' a libhrigeadh le CALA sa Mhàrt 2021 le 20 an làthair. Bha aon de na bhideothan 'Giog Ort' ag amas air a' bhàr a-muigh cuideachd airson taic a bharrachd a thoirt do bhuidhnean.		Manaidsear Foghlam
	Measaidhean deimhinneach air seiseanan trèanaidh air an trusadh, air cnuasachadh orra, is air an cur an gnìomh.	Chaidh measaidhean a dhèanamh agus chaidh goireas a bharrachd a chruthachadh a rèir mholaidhean.		Manaidsear Foghlam
Prìomh Chomharra Coileanaidh 4: Barrachd cothroman aig daoine an sgilean Gàidhlig a leasachadh <i>More opportunities for people to enhance their Gaelic skills</i>	Meudachadh ann an àireamh nan sgoilearan ann an FtG agus FLI	<i>Tha obair cruthachadh dàta a' dol air adhart an-dràsta.</i>		Manaidsear Foghlam
	Meudachadh ann an àireamh an luchd-ionnsachaidh inbheach	Obair a' leantainn ann am com-pàirteachas – tha fianais ann gu bheil ùidh ann an ionnsachadh air-loidhne air fàs gu mòr (Learn Gaelic, Duolingo is msaa). Tha sinn a' dèanamh measadh air aithisgean stadastaireachd bho LearnGaelic (55k) agus àireamhan air Duolingo aig 31/3/21 aig c.475k		Stiùiriche Foghlam
	Meudachadh de Churraicealam FtG aig Tràth-ìre na h-Àrd-sgoile	Bha dàil air seo mar thoradh air buaidh COVID air sgoiltean, ùghdarrasan ionadail, SQA agus Foghlam Alba		Stiùiriche Foghlam
	Tha plana Gàidhlig air a chur an gnìomh aig gach Àrd-sgoil a tha a' libhrigeadh FtG/FLI	Bha dàil air seo mar thoradh air buaidh COVID air sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail.		Stiùiriche Foghlam
Prìomh Chomharra Coileanaidh 5: Barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha mi air na sgilean Gàidhlig agam a leasachadh" <i>More people agreeing with the statement "I have enhanced my Gaelic skills"</i>	Meudachadh anns an raon de dh'fhiosrachadh staitistigeil airson piseach a thomhas	Thèid statastaireachd LearnGaelic a chleachdadh gus am fàs a thomhas.		Stiùiriche Foghlam
	80% de dhaoine ag aontachadh ris a' bhàr seo	<i>Chan eil stadastaireachd ri fhaighinn fhathast mar thoradh air COVID.</i>		Stiùiriche Foghlam

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh' fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn
Le Covid-19 tha e follaiseach gu bheil an dùthaich air fad a' beachdachadh air dòighean-libhrigidh eadar-dhealaichte airson seirbheisean – a' gabhail a steach seirbheisean foghlaim. Tha coltas ann gum bi cuid de na h-atharraichean an lùib seo maireannach. Tha coltas ann gum bi cothroman airson ionnsachaidh air-loidhne a' fàs – a' bualadh air cothroman ionnsachaidh, cothroman trèanaidh agus siostaman conaltraidh nas fharsaing is msaa.
Bidh cothroman againn gus dòighean-obrach ùra a chruthachadh gus a bhith cinnteach gu bheil leasachaidhean airson na Gàidhlig co-ionann ri / nas fheàrr na leasachaidhean a' bualadh air libhrigeadh tron Bheurla.

3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart**3. Promoting Gaelic**

Prìomhachas Ro-innleachdail 3: Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil don Ghàidhlig agus a cultar	Strategic Priority 3: More people in Scotland are positive about Gaelic language and culture
<ul style="list-style-type: none"> Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' libhrigeadh na lèirsinn? 	'S e aithneachadh am facal as cudromaiche ann an co-theacsa a' phrìomhachais ro-innleachdail a tha seo. 'S ann tro bhith a' cur air adhart na Gàidhlig, tro na gnìomhan gu h-ìosal a bhios Bòrd na Gàidhlig ag amas gum bi barrachd aithneachadh am measg a' phobaill ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta gu bheil Gàidhlig mar phàirt bunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.
<ul style="list-style-type: none"> A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil? 	Tha adhartas air a bhith mar a bhiodh dùil. Tha sinn a' faicinn gu bheil na h-àireamhan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig fhathast a' fàs le còrr is 475,000 dhaoine a-nis clàraichte le Duolingo na Gàidhlig agus àireamhan luchd-tadhal LearnGaelic gu math fallain. Tha an deasbad cudromach mu dheidhinn suidheachadh na Gàidhlig anns na h-Eileanan a' leantainn air adhart agus còmhraidhean feumail aig àrd ìre air a bhith ann, le daoine a' togail dlùth ceangal eadar gnothaichean sòiseo-eacanomaigeach agus fàs na Gàidhlig anns na h-Eileanan agus sgìrean dùthchail eile.

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/03/2021	Coileanadh gu 31/03/2021	Oifigeir-stiùiridh aithris
			Dearg Orains Uaine Glas	
Prìomh Chomharra Coileanaidh 6: A' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha fhosgailte le iomadh taobh is cultar	Thèid ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig aithneachadh/àbhaisteachadh ann an tòrr de shuidheachaidhean air feadh na dùthcha air fad	Tha na h-àireamhan de dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig air-loidhne a' sìor-fhàs. Tha seo a' ciallachadh gu bheil ionnsachadh na Gàidhlig a' fàs ann an Alba agus mar thoradh air sin, thathas an dùil gum bi cleachdadh na Gàidhlig a' fàs nas àbhaistice cuideachd.		Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Barrachd còmhraidh, ionnsachaidh is com-pàirtichean le raon farsaing de bhuidhnean ann an Alba.	Tha Bòrd na Gàidhlig a' co-obrachadh le tòrr diofar bhuidhnean air feadh Alba – anns an roinn phoblaich, companaidhean prìobhaideach agus buidhnean anns an roinn shaor-thoileach.		Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Prìomh Chomharra Coileanaidh 7: Barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha Gàidhlig cudromach do dh'Alba"	Meudachadh ann an dol-a-mach ciatach a thaobh na Gàidhlig (còrr is 81% - <i>Scottish Social Attitudes Survey</i>)	Cha deach an t-suirbhidh seo air adhart ann an 2020 mar a bhathas an dùil ri linn COVID-19. Tha aonta air a shoighneadh eadar Bòrd na Gàidhlig agus NatCen (às leth ScotCen) gus fichead ceist a chur san t-suirbhidh Albannach ann an 2021. Tha dreachd cheistean air an aontachadh le co-chomhairliche aig Oilthigh Dhùn Èideann, Dr Fiona O'Hanlon, mar bhunait airson còmhraidh ri ScotCen sa bhliadhna ionmhais ùir.		Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Stuthan a tha ann agus stuthan ùra air an gabhail os làimh gu soirbheachail	Conaltradh a bharrachd le buidhnean ann an Alba (m.e. CLS, Stonewall, ùghdarrasan poblach ùra, Guth nan Siarach).		Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Barrachd phàrtaidhean poilitigeach a' gealltainn taic ri leasachadh na Gàidhlig	Tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith ann an conaltradh leis na diofar pàrtaidhean poilitigeach le iomradh air prìomhachasan airson na Gàidhlig anns an àm ri teachd. Sgrìobh Cathraiche BnG san Fhaoilleach 21 do cheannardan nam pàrtaidhean poilitigeach air an riochdachadh ann an Taigh an Ròid. Tha taic airson na Gàidhlig air ainmeachadh anns na manifestothan aca. Chaidh lethbhreac den litir a thoirt do na prìomh bhuidhnean Gàidhlig gus am brosnachadh litrichean a sgrìobhadh; agus chaidh lethbhreac a thoirt do BhPA a tha air a bhith aig coinneamh Gàidhlig tron bhliadhna. Mhol BnG gum biodh hustings Gàidhlig aig coinneamh Bhuidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig air 15 Gearran 2021 is bhruidhinn		Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

		riochdaire bho na pàrtaidh as motha air dè nì iadsan airson na Gàidhlig, le cathraiche Bhòrd na Gàidhlig anns a' chathair. Bha e follaiseach bhon choinneimh gu bheil taic thar-phàrtaidh ann airson na Gàidhlig.	
--	--	---	--

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh' fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn:
'S e an taghadh airson Pàrlamaid na h-Alba air 06 Cèitean 2021 an cothrom as motha a th' ann an-dràsta gus Gàidhlig a chur air adhart. Seo na prìomh theachdaireachdan a thog sinn leis na pàrtaidhean poilitigeach:
<ol style="list-style-type: none"> 1. Ag aithneachadh gu bheil slàinte is beothalachd cultaran dùthchasach na h-Alba a' beartachadh na dùthcha. 2. Taic airson a bhith a' buileachadh Plana Nàiseanta leantainneach airson na Gàidhlig. 3. Feuchainn ri Ath-sgrùdadh fhaighinn air Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gus coimhead air mar a ghabhadh a neartachadh gus adhartas a nochdadh, agus gus a dèanamh nas fhreagarraiche airson dèiligeadh ri dùbhlain san àm ri teachd. 4. Feuchainn ri dhèanamh cinnteach gu bheil gach moladh poileasaidh aig Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh agus a' toirt iomradh air cultar Gàidhlig na h-Alba. 5. Cumail taic ris na coimhearsnachdan Gàidhlig ro-chudromach sna h-eileanan agus ann an sgìrean dùthchail. 6. Cumail taic ri leasachadh a bharrachd air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus a bhith ag aithneachadh nam buannachdan bho bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig. 7. Cumail taic ris a' Ghàidhlig mar stòras eaconamach airson na h-Alba, a' brosnachadh turasachd, a' cruthachadh chothroman obrach agus a' toirt chothroman do dh'òigridh a bhith a' togail chùrsaichean-dreuchd leis a' Ghàidhlig. 8. Nuair a thathar a' dealbhadh poileasaidhean a thaobh iomadachd is co-ionannachd, dèan cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig agus a cultar daonnan mar phàirt de seo.

4. Deagh Riaghladh**4. Good Governance**

Prìomhachas Ro-Innleachdail 4: Gun cùm Bord na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige	Strategic Priority 4: Bòrd na Gàidhlig continues to develop how it works
--	--

<ul style="list-style-type: none"> ▪ Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' libhrigeadh na lèirsinn? 	Tha an t-adhartas gu ruige seo a' cur ri ar lèirsinn tro: Trèanadh is leasachadh airson an sgioba air fad; prògram leasachadh a' leantainn air aithisgean luchd in-sgrùdaidh. Tha suidheachadh a thaobh obair bhon taigh a' ciallachadh gu bheil sinn a' dèanamh tòrr adhartais a thaobh na h-àrainneachd. Tha an aithisg sgrùdaidh bhliadhnail a' dearbhadh gu bheil adhartas air a bhith ann agus a' sealltainn far a bheil barrachd leasachadh ri dhèanamh. Bha an t-Àrd-neach-Sgrùdaidh riarachta leis an aithisg sgrùdadh bhliadhnail agus rinn e co-dhùnadh nach biodh Aithisg Earrann 22 a dhith air an sgrùdadh 19/20.
<ul style="list-style-type: none"> ▪ A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil? 	Tha e air a bhith dùbhlach an t-adhartas a bu mhath leinn a dhèanamh a dhèanamh leis gu bheil barrachd obair ann air sgàth 's gu bheil sinn sgapte agus tha sin fhèin ag adhbharachadh obair a bharrachd. A dh'aindeoin sin, tha deagh adhartas air a bhith ann.

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/03/21	Coileanadh gu 31/03/21	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg Orains Uaine Glas	
Prìomh Chomharra Coileanaidh 8: Barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh ris a' bheachd "Tha m' obair aig Bòrd na Gàidhlig a' toirt toileachas dhomh agus tha i a' dèanamh diofar" More of our staff agreeing with the statement "My work at Bòrd na Gàidhlig is fulfilling and makes a difference"	Tha luachan na buidhne againn air fhighe a-steach san dòigh-obrach againn	Tha sinn a' cleachdadh nan luachan mar phàirt den t-siostam measadh coileanaidh pearsanta, agus aig tòiseach coinneamhan m.e. Dè tha Dol		Ceannard
	Thathar a' toirt an trèanaidh is na taice a tha a dhith don luchd-obrach	A bharrachd air a' cho-labhairt, chum sinn a' chiad seisean leasachaidh leth-latha nuair a choimhead sinn air cuspairean eadar-dhealaichte (air am moladh leis an sgioba) agus toraidhean suirbhidh bliadhnail aig an luchd-obrach agus suirbhidh sunnd (gach cairteal). Dh'aontaich am bòrd-stiùiridh gun tèid eòlaiche 'change management' a thrusadh gus taic a thoirt dhan bhuidhinn gus barrachd atharrachadh a dhèanamh. Thig na tòraidhean bho cheisteachan luchd-obrach 2021 sa Chèitean is bidh fios ann an uair sin an robh adhartas ann gus nach robh.		Ceannard
Prìomh Chomharra Coileanaidh 9: Tha barrachd den luchd-ùidh againn ag aontachadh ris a' bheachd "Tha Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh a dhleastanasan gu h-	Cliù corporra ciatach le luchd-ùidh air daingneachadh	Tha an siostam a-nise leantainneach gu bheil coinneamhan a' bhùird-stiùiridh agus comataidhean air an cumail gu poblach, le fiosrachadh air na meadhanan-sòisealta ro làimh; agus pàipearan rim fhaighinn. Bha an Cathraiche is an Ceannard air beulaibh Comataidh PAPLS far an do bhruidhinn iad air obair Bhòrd na Gàidhlig.		Ceannard

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.1 PT1

èifeachdach agus tha e a' cur ris na tha sinn a' dèanamh" More of our stakeholders agreeing with the statement "Bòrd na Gàidhlig is effective in its role and contributes to what we do"		Thèid ceisteachan luchd-ùidh fhoillseachadh air-loidhne sa Chèitean is bidh fios againn air na toraidhean às dèidh sin.		
	Cleachdaidhean fallain a thaobh stiùireadh ionmhais is cunnairt gan glèidheadh	Choimhead Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd agus am Bòrd-stiùiridh air a' chlàr mhì-chinntean ro-innleachdail gach cairteal tron bhliadhna. Chaidh in-sgrùdadh a dhèanamh air smachdan ionmhais is solarachadh s/t 28/09/2020 is fhuair sinn aithisgean math – smachdan ionmhais gun mholadh sam bith; aithisg air solarachadh le 3 molaidhean meadhanaich is trì molaidhean iosail.		Ceann an Ionmhais
Prìomh Chomharra Coileanaidh 10: Lùghdaichidh sinn na h-eimiseanan carboin againn gach bliadhna, a' ruigsinn meidh-neoni (net zero) de dh'eimiseanan cho luath 's a ghabhas agus ro 2045.	Bun-loidhne de dh'eimiseanan carboin is targaidean lùghdachaidh air bhonn agus gan ruigsinn	Tha an sgioba rianachd ag obair air seo an-dràsta agus seo am fiosrachadh as ùire a th' againn. ScotRail - 216 bookings, 57,553 mìltean sa bhliadhna agus le eimiseanan CO2 de 3414.09 kg. Loganair - chan urrainn dhaibh an fhiosrachadh sin a thoirt dhuinn aig an àm seo. Leis gu bheil Taigh a' Ghlinne Mhòir dùinte an-dràsta, chan eil e comasach aig an ìre seo fiosrachadh fhaighinn mu dheidhinn siubhal le càraichean.		Manaidsear Gnìomhan
	An dòigh-obrach againn mar bhuidheann air atharrachadh gus tighinn gu meidh-neoni ann an eimiseanan cho luath 's a ghabhas	O thoiseach na bliadhna 20/21, chan eil neach sam bith sa bhuidhinn air a bhith a' siubhal. Ged nach thaghadh sinn seo, leis gu bheil na dòighean eile airson coinneamhan a chumail ag obair gu math, bidh sinn gan cumail fiu 's nuair a bhios e ceadachd dhuinn a bhith a' siubhal.		Manaidsear Gnìomhan

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn
Chaidh eòlaichean stiùireadh atharrachaidh a thrusadh agus tha iadsan ag obair leis a' bhuidhinn gus ceum eile a dhèanamh ann an leasachadh leantainneach. Bheir seo taic mhòr a thaobh leasachadh na buidhne, an dà chuid tro eòlas sònraichte agus barrachd capacity gus cùisean a ghluasad air adhart. Chùm LPM coinneamhan le riochdairean coimhearsnachd far an robh BnG an làthair is bha iomradh an sin air an obair a tha a' bhuidheann a' dèanamh. Cuideachd, bha BnG mar phàirt den Summit a chaidh a chumail le LPM san Dùbhlachd 2020 agus bha cothrom ann gus bruidhinn air obair BnG. Bha coinneamh eile ann 01/02/2021.

Dearg Orains Uaine Glas

Bidh aithisgean adhartais gu tric a' dèanamh feum de shiostam le 'solais trafaig' gus sealltainn dè an t-adhartas a thathar a' dèanamh le pròiseactan. Ge-tà, tha cho èifeachdach 's a tha an goireas measaidh seo gu tur an urra ris cho dìcheallach 's a tha am manaidsear le uallach air a shon agus cho fìor 's a tha an ìre-adhartais a chaidh a chomharrachadh airson a' phròiseict. Cha bu chòir siostam nan solas-trafaig a chleachdadh gus trioblaidean fhalach, agus 's e an t-amas a th' aige adhartas a chomharrachadh agus sealltainn gu soilleir nuair dh'fheumas an Sgioba-stiùiridh/am Bòrd-stiùiridh rudeigin a dhèanamh mu chion adhartais – m.e., a' tomhas adhartais, a' cur ghnìomhan an sàs gus cùisean a chur ceart, agus a' cumail fios ris an Sgioba-stiùiridh agus ris a' Bhòrd-stiùiridh.

	Adhartas sa bhliadhna seo gu ruige seo	Ro-mheasadh air an t-suidheachadh a bhios ann aig deireadh na bliadhna ionmhais
	<ul style="list-style-type: none"> Bha buaidh aig COVID-19 air a' ghnìomh seo 	<ul style="list-style-type: none">
	<ul style="list-style-type: none"> Cha do thòisich an obair seo fhathast. Tha duilgheadasan mòra ann leis a' phròiseact seo. Feumaidh manaidsearan cùisean a leasachadh sa bhad. 	<ul style="list-style-type: none"> Tha cunnart ann nach bi am pròiseact deiseil nuair a bu chòir dha a bhith Feumar gnìomhan leasachaidh a chur an sàs airson a' phròiseict gus cinn-uidhe ghnòthachais a choileanadh agus/no gus dèanamh cinnteach gun tèid an obair thoirt gu buil [Nota: 1: Ma tha manaidsear an dùil gum bi ìre-adhartais dhearg ann aig deireadh na bliadhna, bu chòir dhaibh innse dè na goireasan is gnìomhan a tha dhìth gus an ìre-adhartais atharrachadh, agus/no carson nach gabh am pròiseact a choileanadh.] [Nota 2: Bu chòir don Sgioba-stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus faicinn dè as coireach gu bheil ìre-adhartais dhearg ann agus gus plana gnìomh a dhealbh airson dèanamh cinnteach nach fhàs cùisean nas miosa agus gus an cron a nì an cion adhartais air cliù na buidhne agus air a' bhuidhinn san fharsaingeachd a lùghdachadh gu ìre cho beag 's as urrainn.]
	<ul style="list-style-type: none"> Chan eil e air a choileanadh, thathar a' dèanamh adhartas. Tha obair air tòiseachadh air seo. Tha an obair a' dol air adhart mar a bhathar an dùil. 	<ul style="list-style-type: none"> Thathar an dùil gum bithear air adhartas nach beag a dhèanamh air seo aig deireadh na bliadhna, ach cha bhi an gnìomh air a choileanadh gu tur. [Nota 3: Bu chòir don Sgioba-stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus bruidhinn air dè na gnìomhan/goireasan a dh'fhaodadh cuideachadh le bhith a' coileanadh na h-obrach gus an gabh e comharrachadh mar Uaine.]
	<ul style="list-style-type: none"> Tha an gnìomh seo air a choileanadh, agus chan eil duilgheadasan ann. 	<ul style="list-style-type: none"> Thathar an dùil gun tèid an gnìomh a choileanadh a rèir a' chlàir-ama/plana/buidseat a chaidh aontachadh.



A' freagairt ri	A' Bhòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	16/06/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	12.2

Tìotal a' Phàipeir	Aithisgean Bhliadhnail nan Comataidhean	
Moladh do Bhuill	Airson Aontachadh	
Neach labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha	Seòrsachadh na h-Aithris
Comataidh Poileasaidh is Goireasan Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd	18/05/2021 26/05/2021	Airson Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 - Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd 2020/21 PT2 - Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Poileasaidh is Goireasan 2020/21	
1.0	Adhbhar	
1.1	Gus na h-aithisgean seo a chur air beulaibh a' Bhùird-stiùiridh airson an aonta	
2.0	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Tha na h-aithisgean seo a' toirt fiosrachadh dhan Cheannard agus bidh iomradh orra sa Governance Statement san Aithisg Bhliadhnail 2020/21.	
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Tha an aithisg bhliadhnail agus na cunntasan nam prìomh sgrìobhainnean gus sealltainn gu bheil modhan-riaghlaidh èifeachdach gan cur an sàs.	
3.2	Tha Pàipearan-taic 1 agus 2 a toirt fiosrachadh air obair a' Chomataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd (PT1) agus a' Chomataidh Poileasaidh agus Ghoireasan (PT2) tron bliadhna.	
4.0	Moladh	
4.1	Thathas ag iarraidh air a' Bhòrd-stiùiridh: <ul style="list-style-type: none"> • beachdachadh air Aithisg a' Chomataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd (Pàipear-taic 1) agus Aithisg a' Chomataidh Poileasaidh agus Ghoireasan (Pàipear-taic 2) • aonta foirmeil a thoirt dhaibh. 	
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach	
5.1	Buidhean air Ionmhas	
	Tha an dà chomataidh a' dèiligeadh ri ionmhas ann an dòighean eadar-dhealaichte agus tha iomraidhean air sin sna h-aithisgean.	
5.2	Buidhean air Luchd-obrach	
	Tha Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan a' dèiligeadh ri cùisean sgiobachd agus tha iomradh air sin san aithisg aice.	
5.3	Buidhean air Trèanadh	
	Tha Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan a' dèiligeadh ri cùisean trèanaidh is leasachaidh agus tha iomradh air sin san aithisg aice.	
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra	
	Tha am pàipear seo a toirt taic dhan Bhòrd-stiùiridh ann an coileanadh nan uallaichean co-cheangailte ri na cunntasan agus an aithisg bhliadhnail.	

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.2

5.5	Buaidhean air Cliù			
	AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN	
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	<input checked="" type="checkbox"/>	Clann	<input checked="" type="checkbox"/>
	Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
	Slàinte	<input checked="" type="checkbox"/>	Eadar-Nàiseanta	<input checked="" type="checkbox"/>
	Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>		
5.6	Buaidhean air Cliù			
	Tha na h-aithisgean seo a' sealltainn cho cudromach agus farsaingeachd 's a tha obair an dà chomataidh.			
5.7	Buaidhean air Slàinte, Sàbhailteachd is Sunnd			
	Tha Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan a' dèiligeadh ris na cuspairean seo agus tha iomradh air sin san aithisg aice.			
5.8	Buaidhean Laghail			
	Tha an Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan a dhith gus na dleastanasan ann an Schedule I, Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, an coileanadh. Tha na h-aithisgean seo a' cur ris an aithisg sin.			
5.9	Buaidhean air Co-ionannachd			
	Chan eil gin ann.			
5.10	Buaidhean air an Àrainneachd			
	'S e an aon buaidh a tha air an àrainneachd nach robh aig buill no oifigear a bhith a' siubhal airson nan coinneamhan is tha sin math a thaobh na h-àrainneachd.			

ANNUAL REPORT TO THE BOARD FROM THE AUDIT AND ASSURANCE COMMITTEE	AITHISG BHLIADHNAIL NA COMATAIDH SGRÙDAIDH IS DEARBHACHD DHAN BHÒRD-STIÙIRIDH
<p>1. BACKGROUND</p> <p>1.1 The Audit and Assurance Committee (AAC) is required to report annually to the full Board on its activities over the year, and on the reports presented to the Committee by the organisation's internal and external auditors.</p> <p>1.2 This Annual Report is presented on behalf of the Audit and Assurance Committee to cover the period of its operations from April 2020 to March 2021.</p> <p>2. OVERVIEW</p> <p>2.1 The period of this Annual Report covers consideration of final accounts for 2019/20, together with associated reports from Deloitte LLP, the organisation's external auditors.</p> <p>2.2 The Committee has also continued to have oversight of the work of the organisation's internal auditors and consider reports issued by them.</p> <p>2.3 The Committee met four times over the period covered by this report.</p> <p>3. WORK OF THE COMMITTEE</p> <p>Meetings of the AAC</p> <p>3.1 Annex A lists the membership of the Committee over the period and the regular attendees from the Leadership Team, Deloitte LLP, and internal auditors, Wylie & Bisset.</p> <p>3.2 The AAC held meetings on 07 May 2020, 27 August 2020, 12 November 2020, and 28 January 2021. In accordance with good practice, the Committee met privately with the internal and external auditors at the end of committee meetings when required. The Chair held meetings with officers and the Chair of the Board during the year and presented a draft of the minutes of each Committee meeting to the following Board meeting. The Chair provides information to Board on reports that have been through AAC and then presented to Board for approval.</p>	<p>1. CÙL-FHIOSRACHADH</p> <p>1.1 Feumaidh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd (CSD) aithris gach bliadhna dhan làn Bhòrd-stiùiridh air a h-obair thar na bliadhna, agus air na h-aithisgean a chaidh a thoirt dhan Chomataidh le luchd-sgrùdaidh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne.</p> <p>1.2 Tha an Aithisg Bhliadhnail seo air a thoirt seachad às leth na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd a' coimhead air a h-obair bhon Ghiblean 2020 gus am Màrt 2021.</p> <p>2. TAR-SHEALLADH</p> <p>2.1 Tha ùine na h-Aithisg Bhliadhnail seo a' gabhail a-steach beachdachadh air na cunntasan deireannach airson 2019/20, còmhla ri aithisgean co-cheangailte bho Deloitte LLP, an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh aig a' bhuidhinn.</p> <p>2.2 Tha a' Chomataidh cuideachd air a bhith a' cumail sùil air obair in-sgrùdairean na buidhne agus a' beachdachadh air aithisgean a rinn iad.</p> <p>2.3 Choinnich a' Chomataidh ceithir tursan rè àm na h-aithisg seo.</p> <p>3. OBAIR NA COMATAIDH</p> <p>Coinneamhan CSD</p> <p>3.1 Tha Leas-phàipear A a' liostadh ballrachd na Comataidh thar na h-ùine cho math ri luchd-frithealaidh cunbhalach bhon Sgioba Stiùiridh, Deloitte LLP, agus in-sgrùdairean Wylie & Bisset.</p> <p>3.2 Chùm CSD coinneamhan air 07 Cèitean 2020, 27 Lùnastal 2020, 12 Samhain 2020 agus 28 Faoilleach 2021. A rèir deagh chleachdadh, choinnich a' Chomataidh ris an luchd-sgrùdaidh a-staigh agus a-muigh gu prìobhaideach aig deireadh coinneamhan na Comataidh nuair a bha seo a dhìth. Chùm an Cathraiche coinneamhan le oifigearan agus Cathraiche a' Bhùird-stiùiridh rè na bliadhna agus thug e dreach de gheàrr-chunntas gach coinneamh Comataidh chun na coinneamh Bùird-stiùiridh a leanas. Bheir an Cathraiche fiosrachadh dhan Bhòrd mu aithisgean a chaidh tro CSD agus an uair sin thèid an toirt dhan Bhòrd-stiùiridh airson aonta.</p>

Key Activities	Prìomh Ghnìomhan
<p>4. In addition to management reports from the organisation's Internal and external auditors, considered in further detail below, the Committee also considered a number of other issues throughout the year:</p> <p>4.1.2 Following the formation of an Improvement Plan Steering Group in 2019, the Committee continued to receive reports on progress in implementing the Improvement Plan from the Chair of the Improvement Plan Steering Group at each meeting in 2020/21.</p> <p>4.1.3 The Committee continued to take a strategic oversight of the organisation's risk management strategy and considered the strategic risk register at every meeting in 2020/21. The Committee has considered the appropriateness of coverage of the strategic risk register throughout the year, and adequacy of mitigation action, in periods between full Board considerations of risk management.</p> <p>4.1.4 The Committee reviewed and updated its Terms of Reference, and prepared and considered a Committee Work Plan which was reviewed at every meeting</p> <p>4.1.5 The Committee approved a Conflicts of Interest Policy.</p> <p>4.1.6 The Committee approved a Best Value Statement.</p> <p>4.1.7 The Committee reviewed and approved the Governance Statement as part of its consideration of final accounts, prior to recommending the accounts to the Board and their signature by the Accountable Officer.</p> <p>4.1.8. The Committee gave consideration and agreement to forward audit activity plans. The Committee agreed the plan of internal audit activity for 2020/21 as part of the Audit Needs Assessment by the internal auditors Wylie & Bisset. The Committee also agreed the plan for the 2020/21 external audit and oversaw progress in delivery of the external audit.</p>	<p>4. A bharrachd air aithisgean riaghlaidh bho luchd-sgrùdaidh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne, air an tèid beachdachadh nas mionaidiche gu h-ìosal, bheachdaich a' Chomataidh air grunn chùisean eile tron bhliadhna:</p> <p>4.1.2 Às dèidh stèidheachadh Buidheann Stiùiridh Plana Leasachaidh ann an 2019, chùm a' Chomataidh a' faighinn aithisgean air adhartas ann a bhith a' buileachadh a' Phlana Leasachaidh bho Chathraiche Buidheann Stiùiridh a' Phlana Leasachaidh aig gach coinneamh ann an 2020/21.</p> <p>4.1.3 Tha a' Chomataidh air a bhith a' cumail sùil air ro-innleachd riaghladh chunnartan na buidhne agus a' beachdachadh air a' chlàr chunnartan ro-innleachdail. aig a h-uile coinneamh ann an 2020/21. Tha a' Chomataidh air beachdachadh air freagarrachd susbaint a' chlàr chunnartan ro-innleachdail fad na bliadhna, agus iomchaidheachd nan gnìomhan lasachaidh, aig amannan eadar deasbadaidh aig an làn Bhòrd-stiùiridh air riaghladh chunnartan.</p> <p>4.1.4 Rinn a' Chomataidh ath-sgrùdadh agus ùrachadh air na Cumhachan Iomraidh aca agus dh'ullaich agus bheachdaich iad air Plana Obrach Comataidh a chaidh ath-sgrùdadh aig a h-uile coinneamh.</p> <p>4.1.5 Dh'aontaich a' Chomataidh ri Poileasaidh Strì eadar Com-pàirtean.</p> <p>4.1.6 Dh'aontaich a' Chomataidh ri Aithris Luach As Fheàrr.</p> <p>4.1.7 Rinn a' Chomataidh ath-sgrùdadh air, agus thug iad aonta dhan Aithris Riaghlachais mar phàirt den beachdachadh aca air na cunntasan deireannach, mus do mhol iad na cunntasan dhan Bhòrd agus mus cuireadh an t-Oifigear Chunntachail ainm-sgrìobhte riutha.</p> <p>4.1.8. Bheachdaich a' Chomataidh air, agus dh'aontaich iad ri, planaichean sgrùdaidh airson an ama ri teachd. Dh'aontaich a' Chomataidh plana gnìomhachd in-sgrùdaidh airson 2020/21 mar phàirt den Mheasadh Feumalachdan Sgrùdaidh leis na h-in-sgrùdairean Wylie & Bisset. Dh'aontaich a' Chomataidh cuideachd ris a' phlana airson sgrùdadh taobh a-muigh airson 2020/21 agus chùm iad sùil air adhartas a thaobh lìbhrigeadh sgrùdadh taobh a-muigh.</p>

<p>4.1.9 The Committee considered the draft letter of representation from the organisation to Deloitte LLP, the external auditor, prior to its signature by the Accountable Officer as an appropriate reflection of the organisation's position for preparation of the accounts for 2019/20 and conduct of the financial and wider control procedures over the course of the year.</p> <p>4.1.10 All members of the Committee and the Accountable Officer undertook training and development focusing primarily on Effective Audit Committee.</p> <p>Internal Audit</p> <p>5. Bòrd na Gàidhlig's internal audit service up to 31 March 2021 was provided by Wylie & Bisset and continues for the year to 31 March 2022. The AAC approved the Internal Audit Plan 20/21 at their meeting in April 2020.</p> <p>6. Over the course of the period of this report, seven management reports were presented to the Committee. A further two reports (Internal Audit Recommendations Follow-up and Improvement Plan) were undertaken during the period and reported post year end. The findings and consequent recommendations for action are graded according to the internal auditors' assessment of the significance of the underlying weakness to the effective management of the organisation.</p> <p>7. The Internal Audit opinion for year 2020/21 is that "Bord na Gàidhlig did have adequate and effective risk management, control and governance processes to manage its achievement of the Organisation's objectives at the time of our audit work. In our opinion, the Organisation has proper arrangements to promote and secure value for money."</p> <p>8. Table One below presents the overall conclusion and a summary of the number of internal audit recommendations, classified according to the degree of risk assessed by the internal auditors, for the reports set out in the Internal Audit Plan 20/21.</p>	<p>4.1.9 Bheachdaich a' Chomataidh air an dreachd litir riochdachaidh bhon bhuidhinn gu Deloitte LLP, an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh, mus do chuir an t-Oifigear Cunntachail ainm-sgrìobhte ris mar riochdachadh iomchaidh air suidheachadh na buidhne airson na cunntasan ullachadh airson 2019/20 agus obrachadh nam modhan ionmhais agus smachd nas fharsainge thar na bliadhna.</p> <p>4.1.10 Rinn a h-uile ball den Chomataidh agus an t-Oifigear Cunntachail trèanadh is leasachadh a' cuimseachadh gu sònraichte air Comataidh Sgrùdaidh Èifeachdach.</p> <p>In-sgrùdadh</p> <p>5. Chaidh an t-seirbheis in-sgrùdaidh aig Bòrd na Gàidhlig a libhrigeadh le Wylie & Bisset gu 31 Màrt 2021 agus leanaidh seo airson na bliadhna gu 31 Màrt 2022. Dh'aontaich CSD ris a' Phlana In-sgrùdaidh airson 20/21 aig a' choinneimh aca sa Ghiblean 2020.</p> <p>6. Thar ùine na h-aithisge seo, chaidh seachd aithisg riaghlaidh a thoirt dhan Chomataidh. Chaidh dà aithisg eile (Ais-sgrùdadh air Molaidhean In-sgrùdaidh agus Plana Leasachaidh) a dhèanamh rè na h-ùine sin agus chaidh aithris a dhèanamh orra an dèidh deireadh na bliadhna. Tha na toraidhean agus molaidhean airson gnìomhan aca air an rangachadh a rèir measadh an in-sgrùdaire air cudromachd an laigse bhunaitich ann an riaghladh èifeachdach na buidhne.</p> <p>7. Is e beachd an In-sgrùdaidh airson na bliadhna 2020/21 gu robh "pròiseasan riaghladh chunnartan, smachd agus riaghlachais iomchaidh agus èifeachdach aig Bòrd na Gàidhlig gus amasan na Buidhne a choileanadh nuair a rinn sinn an obair sgrùdaidh againn. Nar beachd-ne, tha ullachaidhean iomchaidh aig a' Bhuidhinn gus luach an airgid a bhrosnachadh agus a thoirt gu buil."</p> <p>8. Tha Clàr a h-Aon gu h-ìosal a' toirt dhuinn a' chòrdhùnaidh san fharsaingeachd agus gearr-chunntas de dh'àireamh nam molaidhean in-sgrùdaidh, air an seòrsachadh a rèir na h-ìre riosg a chaidh a mheasadh leis an luchd in-sgrùdaidh, airson nan aithisgean a tha air am mìneachadh ann am Plana In-sgrùdaidh 20/21.</p>
--	---

Clàr a h-Aon: Geàrr-chunntas air co-dhùnaidhean an in-sgrùdaidh
Table One: Summary of Internal Audit Findings

Raon Sgrùdadh	Rangachadh ga Mholadh Àrd	Rangachadh ga Mholadh Meadhan-rang	Rangachadh ga Mholadh Ìosal	Àireamh de raointean deagh chleachdaidh	Co-dhùnadh san Fharsaingeachd
Audit area	Recommendation Grading High	Recommendation Grading Medium	Recommendation Grading Low	Number of Areas of Good Practice	Overall Conclusion
Smachd Ionmhais <i>Financial Controls</i>	0	0	0	11	Làidir <i>Strong</i>
Riaghlachas Corporra <i>Corporate Governance</i>	0	1	4	7	Susbainteach <i>Substantial</i>
Seirbheisean Roinnte agus Solarachadh Coitcheann <i>Shared Services and General Procurement</i>	0	3	3	5	Susbainteach <i>Substantial</i>
Tabhartasan gu Bhuidhnean Gàidhlig <i>Grants to Gaelic Organisations</i>	0	0	0	4	Làidir <i>Strong</i>
Rianachd Mhì-chinntean <i>Risk Management</i>	0	0	1	8	Làidir <i>Strong</i>
Leantainneachd Gnothaich agus Ath-thogail às dèidh Tubaist <i>Business Continuity & Disaster Recovery</i>	0	3	1	8	Susbainteach <i>Substantial</i>
Buidhnean bhon Taobh a-muigh (PBC) - Stiùireadh Dèanadais <i>External Organisations (MFOs) - Performance Management</i>	0	0	0	6	Làidir <i>Strong</i>
Plana Leasachaidh <i>Improvement Plan</i>	0	0	0	1	Làidir <i>Strong</i>

Iar-sgrùdadh Bliadhnail <i>Annual Follow-up</i>	1*	2*	*2	n/a	<i>Làidir Strong</i>
Iomlan Total	1	9	11	50	
Iomlan 19/20 airson comas a dhèanamh Total 19/20 for comparison purposes	3	11	15	57	

*No new recommendations; all outstanding recommendations partially implemented

*Chan eil moladh ùr sam bith ann, chaidh a h-uile moladh gun rèiteachadh a chur an gnìomh gu ìre

<p>Internal Control Effectiveness Categories</p> <p>9. In many organisations, only high priority recommendations which are typically considered to have strategic importance are brought to the attention of the Committee. In line with transparency and best practice the Committee is made aware of all recommendations made by the internal auditors, through consideration of full management reports following each audit review.</p> <p>10. The Committee has agreed management responses to all recommendations made and continues to monitor progress made.</p> <p>External Audit</p> <p>11. The Audit & Assurance Committee considered Deloitte's report to those charged with governance on the audit of the 2019/20 accounts at its meeting of 27 August 2020.</p> <p>12. The external audit report noted that BnG has effective financial management processes in place and further developments were recommended; that it is financially sustainable in the short term, welcomed the development of a medium-term financial plan and workforce plan, and cautioned of the risks of over-quick change without sufficient support to implement it; that improvements have been made in governance and transparency, with further work to be embedded; and that substantial improvements have been made in ensuring value for money, again with further development recommended.</p> <p>13. The accounts and external auditor's report for 2019/20 were considered and approved by</p>	<p>Roinnean-seòrsa airson Èifeachdas Smachd air an Taobh a-staigh</p> <p>9. Ann am mòran bhuidhnean, 's e dìreach na molaidhean le àrd-phrìomhachas a tha air am meas cudromach gu ro-innleachdail a bhios air an toirt gu aire na Comataidh mar as trice. Airson a bhith follaiseach, agus a' leantainn deagh chleachdadh, thèid fios a chumail ris a' Chomataidh mu gach moladh a nì na h-in-sgrùdairean, tro bhith a' beachdachadh air na làn aithisgean riaghlaidh às dèidh gach lèirmheas sgrùdaidh.</p> <p>10. Tha a' Chomataidh air freagairtean riaghlaidh aontachadh ris a h-uile moladh a chaidh a dhèanamh agus tha iad a' cumail sùil air adhartas.</p> <p>Sgrùdadh bhon Taobh a-muigh</p> <p>11. Bheachdaich a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd air aithisg Deloitte dhan fheadhainn a tha an urra ri riaghlachas a thaobh sgrùdadh chunntasan 2019/20 aig a' choinneimh aca air 27 Lùnastal 2020.</p> <p>12. Nochd an aithisg sgrùdaidh bhon taobh a-muigh gu bheil pròiseasan riaghladh ionmhais èifeachdach aig BnG agus chaidh tuilleadh leasachaidhean a mholadh; gu bheil e seasmhach a thaobh ionmhas sa gheàrr-ùine, chuireadh fàilte air leasachadh plana ionmhais meadhan-ùine agus plana luchd-obrach, agus thugadh rabhadh mu na cunnartan a tha an lùib atharrachadh ro luath gun taic gu leòr gus a bhuileachadh; gun deach leasachaidhean a dhèanamh ann an riaghlachas agus follaiseachd, le tuilleadh obrach ri dhaingneachadh; agus gun deach leasachaidhean mòra a dhèanamh ann a bhith a' dèanamh cinnteach à luach an airgid, a-rithist le tuilleadh leasachaidh air a mholadh.</p> <p>13. Chaidh na cunntasan agus aithisg an neach-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh airson 2019/20 a</p>
---	---

the Committee and recommended to the Board. The accounts were signed by the Chief Executive as Accountable Officer and Deloitte LLP on 23 September 2020, submitted to the Auditor General, and laid before the Scottish Parliament on 11 December 2020.

14. The Annual Audit Plan for 2020/21 was presented to the Committee by the external auditors, where they commended the organisation for "quite fundamental and significant changes", acknowledged the improvement that has been made and thanked the organisation for its perseverance.

Strategic Risk Management

15. The organisation's strategic risk register has been reviewed during the year by the Committee and full Board, ensuring it reflects the delivery priorities and strategic environment of the organisation in its delivery of the Corporate Plan 2018-23. The Board has sight of the strategic risk register and is able to comment on it quarterly, while considering wider corporate performance reports.

Conclusions

16. The Audit and Assurance Committee considers that it has been successful in progressing the Board's governance and internal control priorities during the period covered by this annual report. It is mindful that work remains to ensure continuous improvement is embedded. Ensuring there is the capacity, support and skills to do so will be key to its success.

17. The Committee has engaged through the year with issues identified by the organisation's internal and external auditors, and also by the organisation's officers. The Committee has received reports on issues raised, considered recommendations made, and approved responses and actions. The Committee has shaped and approved the overall audit plan, and has guided the direction and approach of the internal auditors and their programme of work. The Committee has also monitored delivery against approved action plans.

dheasbad agus aontachadh leis a' Chomataidh agus chaidh am moladh dhan Bhòrd. Chaidh na cunntasan a shoidhnigeadh leis a' Cheannard mar Oifigear Cunntachail agus Deloitte LLP air 23 Sultain 2020, agus chaidh an cur air adhart chun Àrd-neach-sgrùdaidh agus an cur air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba air 11 Dùbhlachd 2020.

14. Chaidh am Plana Sgrùdaidh Bliadhnail airson 2020/21 a thoirt don Chomataidh leis an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh, far an do mhol iad a' bhuidheann airson "atharrachaidhean gu math bunaiteach agus cudromach", thug iad aithne don leasachadh a chaidh a dhèanamh agus thug iad taing don bhuidhinn airson a bhith dìcheallach.

Riaghladh Chunnartan Ro-innleachdail

15. Chaidh clàr chunnartan ro-innleachdail na buidhne ùrachadh tron bhliadhna leis a' Chomataidh agus leis an làn Bhòrd-stiùiridh, a' dèanamh cinnteach gu bheil e a' nochdadh prìomhachasan libhrigidh agus àrainneachd ro-innleachdail na buidhne ann an libhrigeadh a' Phlana Chorporra ùr airson 2018-23. Faodaidh am Bòrd-stiùiridh an clàr chunnartan ro-innleachdail fhaicinn agus faodaidh iad beachdan a thoirt seachad air gach ràithe nuair a bhithear a' beachdachadh air aithisgean dèanadais corporra nas fharsainghe.

Co-dhùnaidhean

16. Tha a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd den bheachd gu bheil iad air a bhith soirbheachail a' toirt air adhart prìomhachasan riaghlachais agus in-smachd a' Bhùird-stiùiridh rè ùine na h-aithisg bhliadhnail seo. Tha iad mothachail gu bheil obair fhathast ri dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil leasachadh leantainneach air a dhàingneachadh. Airson a bhith soirbheachail, tha e deatamach gun dèanar cinnteach gu bheil an comas, an taic agus na sgilean ann a tha a dhìth.

17. Tha a' Chomataidh air a dhol an sàs ann an cùisean a chaidh a chomharrachadh leis an luchd-sgrùdaidh a-staigh agus a-muigh aig a' bhuidhinn, agus le oifigearan na buidhne. Tha a' Chomataidh air aithisgean fhaighinn air cùisean a chaidh a thogail; air beachdachadh air molaidhean a chaidh a dhèanamh; agus air freagairtean is gnìomhan aontachadh. Tha a' Chomataidh air cumadh, agus air aontachadh ris a' phlana sgrùdaidh iomlan, agus thug iad stiùireadh dha na h-in-sgrùdairean air an dòigh-obrach agus prògram-obrach aca. Tha a' Chomataidh cuideachd air sùil a chumail air libhrigeadh a rèir planaichean gnìomha aontaichte.

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.2 PT1

<p>18. The Committee will continue to address key issues of internal control and the development of appropriate processes within the organisation.</p> <p>19. The Committee will continue to have oversight of the organisation's approach to and handling of risk management, and of wider aspects of corporate governance. In particular, members will seek to ensure that lessons are learned from operational experience and that wherever possible reviews of working practices and learning from them lead to improvements in BnG's systems.</p> <p>20. During the year, we successfully transitioned to holding Committee meetings in public (via webcasting). This has resulted in increased openness and transparency in the organisation's work. This was achieved despite the challenges caused by COVID restrictions and home working. I would like to thank my fellow Board members who served on the Committee for their contribution. I would also like to thank the Leadership Team and the Administration Team for their support in facilitating and in their preparation of papers for the Committee meetings and in their willingness, and determination, to implement improvements in the way we work.</p> <p>21. I also want to thank our internal and external auditors who have attended the meetings throughout the period reported to present reports and provide effective advice.</p> <p>Stewart MacLeod Audit and Assurance Committee Chair May 2021</p>	<p>18. Cumaidh a' Chomataidh orra a' dèiligeadh ri prìomh chùisean a thaobh in-smachd agus a bhith a' leasachadh phròiseasan iomchaidh taobh a-staigh na buidhne.</p> <p>19. Cumaidh a' Chomataidh cuideachd sùil air dòigh-obrach agus dòigh-làimhseachaidh na buidhne a thaobh riaghladh chunnartan, agus air taobhan nas fharsainge de riaghlachas corporra. Gu sònraichte, feuchaidh buill ri dhèanamh cinnteach gun tèid leasan ionnsachadh bho eòlas obrachaidh agus, uair sam bith a ghabhas a dhèanamh, gun tig leasachaidhean anns na siostaman againn mar thoradh air sgrùdaidhean air cleachdaidhean obrach agus na dh'ionnsaicheas sinn bhuapa.</p> <p>20. Tron bliadhna, ghluais sinn gu soirbheachail gu bhith a' cumail coinneamhan Comataidh gu poblach (tro chraoladh-lìn). Tha sin air cur ri fosgailteachd agus follaiseachd ann an obair na buidhne. Rinneadh seo a dh'aindeoin nan dùbhlann a dh'adhbharaich cuingealachaidhean COVID agus obair bhon taigh. Bu toil leam taing a thoirt do bhuill eile a' Bhùird a bha air a' Chomataidh airson an cuid obrach. Bu mhath leam taing a thoirt don Sgioba Stiùiridh agus an Sgioba Rianachd cuideachd airson an cuid taic ann a bhith a' cur coinneamhan na Comataidh air dòigh agus ag ullachadh phàipearan air an son agus airson an deòin, agus an dìchill a bhith daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air an dòigh sa bheil sinn ag obair.</p> <p>21. Bu toil leam taing a thoirt dhan luchd-sgrùdaidh a-staigh is a-muigh againn a tha air na coinneamhan a fhrithéaladh tro àm na h-aithisge seo gus aithisgean a thoirt seachad agus gus comhairle èifeachdach a thoirt seachad.</p> <p>Stiùbhart MacLeòid Cathraiche na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd An Cèitean 2021</p>
---	---

Annex A**Leas-phàipear A**

<p>Membership of the Bòrd na Gàidhlig Audit and Assurance Committee April 2020 to March 2021</p> <p>Members: Allan Campbell Jennifer Gilmour Stewart MacLeod (Chair)</p> <p>Attendance:</p>	<p>Ballrachd Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd Bòrd na Gàidhlig Giblean 2020 gu Màrt 2021</p> <p>Buill: Ailean Caimbeul Jennifer Gilmour Stiùbhart MacLeòid (Cathraiche)</p> <p>Làthaireachd:</p>
---	---

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.2 PT1

Member	Number of meetings 2019-20	Attendance	Ball	Àireamh de Choinneamhan 2019- 20	Làthaireachd
Stewart MacLeod (Chair)	4	4	Stiùbhart Macleòid (Cathraiche)	4	4
Allan Campbell		4	Ailean Caimbeul		4
Jennifer Gilmour		4	Jennifer Gilmour		4
Regular Attendees: <u>Leadership Team</u> Shona MacLennan, Ceannard Alex Graham, Head of Finance (Until 31 January 2021) Mairianne Stewart, Head of Finance & Corporate Affairs (From January 2021) <u>Deloitte LLP</u> Conor Healy, Manager <u>Wylie & Bissett LLP</u> Scott McCready, Manager Occasional Attendees: <u>Bòrd na Gàidhlig</u> Louise Maclean, Operations Manager <u>Deloitte LLP</u> Pat Kenny, Director Jordan Cooke, Auditor			Luchd-frithealaidh Cunbhalach <u>Sgioba Stiùiridh</u> Shona Nicllinnein (Ceannard) Ailig Greumach, Ceann an Ionmhais (gu 31 Faoilleach 2021) Mairianne Stewart, Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra (bho Faoilleach 2021) <u>Deloitte LLP</u> Conor Healy, Manaidsear <u>Wylie & Bissett LLP</u> Scott McCready, Manaidsear Luchd-frithealaidh bho àm gu àm <u>Bòrd na Gàidhlig</u> Louise Nicilleathain, Manaidsear Gnìomhan <u>Deloitte LLP</u> Pat Kenny, Stiùiriche Jordan Cooke, Neach-sgrùdaidh		

AITHISG BHLIADHNAIL NA COMATAIDH POILEASaidh IS GHOIREASAN DHAN BHÒRD-STIÙIRIDH	ANNUAL REPORT TO THE BOARD FROM THE POLICY AND RESOURCES COMMITTEE
<p>1. CÙL-FHIOSRACHADH</p> <p>1.1 Bidh a’ Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan (CPG) a’ dèanamh aithris gach bliadhna dhan Bhòrd-stiùiridh air a h-obair thar na bliadhna, agus air na h-aithisgean a chaidh a thoirt dhan Chomataidh le luchd-rannsachaidh is eile.</p> <p>1.2 Tha an Aithisg Bhliadhnail seo air a toirt seachad às leth na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan agus i a’ coimhead air a h-obair eadar an Giblean 2020 agus am Màrt 2021.</p> <p>2. TAR-SHEALLADH</p> <p>2.1 Tha ùine na h-Aithisg Bliadhnail seo a' gabhail a-steach beachdachadh air na cunntasan deireannach airson 2020/21.</p> <p>2.2 Tha a’ Chomataidh air a bhith a’ cumail sùil air obair oifigearan agus luchd-rannsachaidh a chaidh a chur air bhonn leis a’ bhuidhinn.</p> <p>2.3 Choinnich a’ Chomataidh sia tursan rè àm na h-aithisg seo.</p> <p>3. OBAIR NA COMATAIDH</p> <p>Coinneamhan CPG</p> <p>3.1 Tha Leas-phàipear A a’ liostadh ballrachd na Comataidh thar na h-ùine cho math ri luchd-frithealaidh cunbhalach bhon Sgioba-stiùiridh.</p> <p>3.2 Chùm CPG coinneamhan air 21 Giblean 2020; 9 Ògmhios 2020; 24 Lùnastal 2020; 27 Dàmhair 2020; 2 Gearran 2021 agus 15 Gearran 2021. Chaidh na coinneamhan uile a chraoladh beò air Teams Live. Thug Cathraiche na CPG seachad dreachd de na geàrr-chunntasan airson ceithir de na coinneamhan aig CPG dhan ath choinneimh Bùird-stiùiridh, is thèid dreachd de na geàrr-</p>	<p>1. BACKGROUND</p> <p>1.1 The Policy and Resources Committee (PRC) reports annually to the Board on its activities over the year, and on the reports presented to the Committee by researchers and others.</p> <p>1.2 This Annual Report is presented on behalf of the Policy and Resources Committee to cover the period April 2020 to March 2021.</p> <p>2. OVERVIEW</p> <p>2.1 The period of this Annual Report covers consideration of final accounts for 2020/21.</p> <p>2.2 The Committee has continued to have oversight of the work of officers and external research commissioned by the organisation.</p> <p>2.3 The Committee met six times during the period covered by this report.</p> <p>3. WORK OF THE COMMITTEE</p> <p>Meetings of the PRC</p> <p>3.1 Annex A lists the membership of the Committee over the period and the regular attendees from the Leadership Team.</p> <p>3.2 The PRC held meetings on 21 April 2020; 9 June 2020; 24 August 2020; 27 October 2020; 2 February 2021; 15 February 2021. All of these meetings were broadcast live via Teams Live. The PRC Chair presented a draft of the minutes of four meetings to the following Board meeting, and draft minutes of two minutes will be</p>

<p>chunntasan airson dà de na coinneamhan aig CPG dhan ath choinneimh Bùird-stiùiridh air sgàth clàr-ama nan coinneamhan.</p> <p>Prìomh ghnìomhan</p> <p>4. A bharrachd air aithisgean bhon luchd-stiùiridh air adhartas air plana gnìomh 2019-20, aithisgean ionmhais is buaidh COVID-19 air BnG fhèin agus air na buidhnean is pròiseactan air am maoineachadh le BnG, bheachdaich a' Chomataidh air grunn chùisean eile tron bhliadhna.</p> <p>4.1.1 Tha dleastanas air a' Chomataidh gus planaichean Gàidhlig a sgrùdadh agus aontachadh. Thèid na planaichean seo a sgrùdadh le Pannal nam Planaichean mus tèid iad air adhart dhan Chomataidh. Tron ùine Giblean 2020 gu Màrt 2021, dh'aontaich a' Chomataidh ri Amasan Àrd-ìre aig 13 buidhnean (Foghlam Alba; Coilltearachd na h-Alba; Riaghaltas na h-Alba; Ùghdarras Theisteanas na h-Alba; Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath; Nàdar Alba; Oilthigh Ghlaschu; Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba; Ùghdarras Poilis na h-Alba; Poileas Alba; Seirbheis Ambaileans na h-Alba; Comhairle Baile Obar Dheathain; agus Stòras Mara Cailleanach Earranta) agus ri 10 Planaichean Gàidhlig (Comhairle Fhìobha; Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas; Comhairle Siorrachd Chlach Mhanainn; Comhairle Dhùn Bhreatainn an Ear; Comhairle Dhùn Bhreatainn an Iar; Comhairle na h-Eaglaise Brice; Coimisean na Croitearachd; Comhairle Lodainn an Ear; Comhairle Siorrachd Àir a Deas; agus Comhairle Lodainn Mheadhanaich).</p> <p>4.1.2 Dh'aontaich CPG ris an dreachd Plana Gnìomh airson 21/22, agus ris an dreachd buidseat airson 21/22 agus mhol iad dhan Bhòrd-stiùiridh iad.</p> <p>4.1.3 Dh'aontaich CPG grunn iarrtasan taic-airgid. Dh'aontaich a' Chomataidh ris na Prìomhachasan is Bun-riaghailtean aig Sgeamaichean Taic-airgid ùra 2021/22. Dh'aontaich CPG cuideachd ris a'</p>	<p>presented to a future board meeting, due to timetabling of meetings.</p> <p>Key Activities</p> <p>4. In addition to management reports on progress with the operational plan 2020-21, financial reports and the impact of COVID-19 on BnG itself and the organisations and projects funded by BnG, the Committee also considered a number of other issues throughout the year.</p> <p>4.1.1 The Committee has responsibility for scrutinising and approving Gaelic language plans. These are considered in detail by the Plans' Panel before being submitted to the Committee. During the period April 2020 – March 2021, the Committee agreed the High Level Aims for 13 organisations (Education Scotland; Scottish Forestry; Scottish Government; Scottish Qualifications Authority; North Lanarkshire Council; Nature Scot; University of Glasgow; Scottish Fire and Rescue Service; Scottish Police Authority; Police Scotland; Scottish Ambulance Service; Aberdeen City Council; and Caledonian Maritime Assets Ltd) and 10 Gaelic Language Plans (Fife Council; South Lanarkshire Council; Clackmannanshire Council; East Dunbartonshire Council; West Dunbartonshire Council; Falkirk Council; Crofting Commission; East Lothian Council; South Ayrshire Council; and Midlothian Council).</p> <p>4.1.2 The Committee approved the draft Operational Plan 21/22 and the draft budget 21/22 and recommended them to the Board.</p> <p>4.1.3 The Committee agreed a number of funding applications. The Committee agreed the new Priorities and Rules for 2021/22 Funding Schemes. PRC also agreed the public</p>
--	--

<p>cho-chomhairle phoblach air maoineachadh BnG agus gun tèid buidheann-obrach a stèidheachadh gus molaidhean a thoirt air adhart.</p> <p>4.1.4 Fhuair a' Chomataidh aithisg air buaidh taic BnG air obair òigridh is chuir iad fàilte air an adhartas. Fhuair iad aithisg air Buaidh COVID-19 air pròiseactan maoinichte le BnG cuideachd.</p> <p>4.1.5 Fhuair a' Chomataidh aithisgean cunbhalach air cuspairean co-cheangailte ri foghlaim, mar eisimpleir Leasachadh Ìre as Àirde, Bogadh airson Tidsaran, Leasachaidhean Foghlam Luchd-lonnsachaidh, agus àireamhan foghlaim.</p> <p>4.1.6 Dh'aontaich a' Chomataidh ri moladh gun tèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha an Stiùireadh Reachdail air a chleachdadh le molaidhean airson leasachadh.</p> <p>4.1.7 Bheachdaich a' Chomataidh air Ro-innleachd ICT2020-23 is mhol iad dhan Bhòrd-stiùiridh i.</p> <p>4.1.8 Dh'aontaich a' Chomataidh ris na poileasaidhean a leanas: Measadh Coileanaidh (Ùrachadh); Siubhal is Cosgaisean (Ùrachadh); Dìomhaireachd; Cleachdadh Post-d agus an Eadar-lìn.</p> <p>4.1.9 Rinn buill na Comataidh fèin-mheasadh air èifeachdas na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan. Chaidh na freagairtean a chruinneachadh agus a bharrachd air a bhith a' comharrachadh grunn phrìomh neartan aig a' Chomataidh thug iad cunntas cuideachd air grunn raointean airson leasachadh. Chaidh na gnìomhan a chur ri clàr puingean gnìomh na Comataidh.</p> <p>Co-dhùnaidhean</p> <p>5. Tha a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan den bheachd gu bheil i air a bhith soirbheachail ann a bhith a' toirt air adhart prìomhachasan corporra a' Bhùird-stiùiridh rè ùine na h-aithisg bliadhna seo.</p>	<p>consultation on BnG funding and establishment of a working group to bring forward proposals.</p> <p>4.1.4 The Committee received a report on the impact of BnG support on youth work and welcomed the progress. They also received a report on the impact of COVID-19 on BnG-funded projects.</p> <p>4.1.5 The Committee received regular reports on education topics, such as Senior Phase Development, Immersion for Teachers, Gaelic Learners Education developments and education data.</p> <p>4.1.6 The Committee agreed a review of how the Statutory Guidance is being used and proposals for development.</p> <p>4.1.7 The Committee considered the ICT Strategy 2020-2023 and recommended it to the Board.</p> <p>4.18. The Committee agreed the following policies: Performance Management (updated), Travel and Subsistence (updated), Confidentiality, and E-mail and Internet Use.</p> <p>4.1.9 Committee members carried out a self-assessment of the effectiveness of the Policy and Resources Committee. The responses were collated and as well as identifying a number of key strengths of the Committee it also reported a number of areas for improvement. The recommendations were added to the Committee's register of action points.</p> <p>Conclusions</p> <p>5. The Policy and Resources Committee considers that it has been successful in progressing the Board's corporate priorities during the period covered by this annual report.</p>
---	--

<p>6. Feuchaidh a' Chomataidh ri sùil a chumail air dòigh-obrach agus dòigh-làimhseachaidh na buidhne a thaobh prìomhachasan corporra, eadar poileasaidhean, ro-innleachdan agus goireasan a chur gu feum anns an dòigh as èifeachdaiche.</p> <p>7. Bu toil leam taing a thoirt do Bhuill eile a' Bhùird-stiùiridh a bha air a' CPG. Bu mhath leam taing a thoirt dhan Sgioba-stiùiridh agus dhan Sgioba Rianachd cuideachd airson an cuid taice ann a bhith a' cur coinneamhan comataidh air dòigh agus ag ullachadh phàipearan agus airson an deòin, agus an dìcheall a bhith daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air an dòigh sa bheil sinn ag obair.</p> <p>Dòmhnall MacLeòid Cathraiche na Comataidh Poileasaidhean is Ghoireasan An Cèitean 2021</p>	<p>6. The Committee will seek to continue to have oversight of the organisation's corporate priorities, through strategies, policies and the most effective use of resources.</p> <p>7. I would like to thank my fellow Board members who served on the PRC. I would also like to thank the Leadership Team and the Administration Team for their support in facilitating and in their preparation of papers for the Committee meetings and in their willingness, and determination, to continually strive for improving the way we work.</p> <p>Donald MacLeod Policy and Resources Committee Chair May 2021</p>
--	--

Eàrr-ràdh A

Annex A

<p>Ballrachd Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan aig Bòrd na Gàidhlig Giblean 2020 gu Màrt 2021</p> <p>Buill: Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche) Màiri T NicAonghais Johan Nic a' Ghobhainn</p> <p>Làthaireachd:</p> <table border="1"> <thead> <tr> <th>Ball</th> <th>Àireamh de choinneamhan 2020-21</th> <th>Làthaireachd</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td>Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche)</td> <td rowspan="3">6</td> <td>6</td> </tr> <tr> <td>Màiri NicAonghais</td> <td>6</td> </tr> <tr> <td>Johan Nic a' Ghobhainn</td> <td>6</td> </tr> </tbody> </table>			Ball	Àireamh de choinneamhan 2020-21	Làthaireachd	Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche)	6	6	Màiri NicAonghais	6	Johan Nic a' Ghobhainn	6	<p>Membership of the Bòrd na Gàidhlig Policy and Resources Committee April 2020 to March 2021</p> <p>Members: Donald MacLeod (Chair) Mary MacInnes Johan Smith</p> <p>Attendance:</p> <table border="1"> <thead> <tr> <th>Member</th> <th>Number of meetings 2020-21</th> <th>Attendance</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td>Donald MacLeod (Chair)</td> <td rowspan="3">6</td> <td>6</td> </tr> <tr> <td>Mary MacInnes</td> <td>6</td> </tr> <tr> <td>Johan Smith</td> <td>6</td> </tr> </tbody> </table>			Member	Number of meetings 2020-21	Attendance	Donald MacLeod (Chair)	6	6	Mary MacInnes	6	Johan Smith	6
Ball	Àireamh de choinneamhan 2020-21	Làthaireachd																							
Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche)	6	6																							
Màiri NicAonghais		6																							
Johan Nic a' Ghobhainn		6																							
Member	Number of meetings 2020-21	Attendance																							
Donald MacLeod (Chair)	6	6																							
Mary MacInnes		6																							
Johan Smith		6																							
<p>An Làthair gu cunbhalach: <u>Sgioba-stiùiridh</u> Shona NicIllinnein Daibhidh Boag Jim Whannel Ailig Greumach (gu 31 Faoilleach 2021)</p> <p>An Làthair gu neo-chunbhalach: <u>Oifigearan</u> Steven Kellow Joanne McHale Peadar Morgan Louise NicIlleathain Mairianne Stewart (bho 1 Gearran 2021)</p> <p><u>Taobh a-muigh</u> Liz Taylor</p>			<p>Regular Attendees: <u>Leadership Team</u> Shona MacLennan Daibhidh Boag Jim Whannel Alex Graham (until 31 January 2021)</p> <p>Occasional Attendees: <u>Officers</u> Steven Kellow Joanne McHale Peadar Morgan Louise Maclean Mairianne Stewart (from 1 February 2021)</p> <p><u>External Attendees:</u> Liz Taylor</p>																						



A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	16/06/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	12.3

Tìotal a' Phàipeir	Adhartas nam Planaichean	
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh *	
Neach labhairt:	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba-stiùiridh	07/06/2021	Airson Fiosrachadh *
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha PT1 – Clàr-dàta 2020-2021	
1.0	Adhbhar	
1.1	Airson fiosrachadh a thoirt do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh mu adhartas le bhith a' cur nam planaichean Gàidhlig aontaichte an gnìomh.	
2.0	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Thòisich pròiseas dearcnachaidh ùr anns a' Mhàrt 2019. Thòisich an siostam seo gu cothrom a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig tomhas a dhèanamh air buaidh nam planaichean Gàidhlig, an dà chuid aig ìre gach ùghdarras agus aig ìre nàiseanta.	
2.2	Tha am Foirm Dàta Bliadhnail mar bhunait air a' phròiseas seo, le bhith a' tionail dàta àireamhail (quantitative) agus dàta càileachdail (qualitative) mar a tha air a mhìneachadh anns na leanas: - <ul style="list-style-type: none"> • Prìomh Dhàta Measaidh le fòcas air dàta co-cheangailte ri buaidh nam planaichean aig ìre ro-innleachdail. • Prìomhachasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig le fòcas air ciamar a tha a' bhuidheann a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig, ionnsachadh na Gàidhlig agus cur air adhart na Gàidhlig. • Fiosrachadh dearcnachaidh eile co-cheangailte ri dleastanasan reachdail eile aig na buidhnean, a' gabhail a-steach dleastanasan airson foghlam Gàidhlig a bhrosnachadh fo Achd an Fhoghlaim 2016, dleastanasan mar phàrantan corporra agus dleastanasan airson co-ionannachd. • Fiosrachadh mu bhith a' cur Amasan airson Seirbheisean Corporra an gnìomh le siostam solais-trafaig mar thomhas air adhartas. 	
2.3	Ged a tha an siostam seo stèidhichte gu mòr air an fhiosrachadh a tha am Bòrd a' faighinn bho na h-ùghdarrasan poblach, tha an t-Oifigear Buileachaidh cuideachd a' dèanamh rannsachadh air-loidhne mar as trice, airson fianais a lorg.	
2.4	Bidh an t-Oifigear Buileachaidh ag ullachadh freagairt airson gach aithisg dearcnachaidh, le fòcas air deagh chleachdadh far a bheil sin iomchaidh, a' togail cheistean far bheil fiosrachadh a dhith agus a' toirt molaidhean seachad air ciamar as urrainn dhaibh a bhith a' dèanamh nas fhèarr.	
2.5	Bidh an t-Oifigear Buileachaidh ag amas air coinneachadh ris a h-uile buidheann gach bliadhna, gu sònraichte às dèidh an aithisg dearcnachaidh fhaighinn. A bharrachd air sin, bidh an t-oifigear a' riochdachadh Bòrd na Gàidhlig aig coinneamhan GIG (Gaelic Implementation Group) aig na h-ùghdarrasan agus a' dèanamh taisbeanaidhean.	

2.6	Mar a h-uile rud eile am-bliadhna, tha na coinneamhan dearcnachaidh air fad air a bhith air-loidhne agus ged nach eil seo cho math ri coinneachadh aghaidh-ri-aghaidh, tha conaltradh math air a bhith ann leis a' mhòr-chuid de na h-ùghdarrasan poblach.
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh
3.1	Chithear an Clàr-dàta airson 2020/21 ann am PT1 leis an fhiosrachadh àireamhail a fhuair Bòrd na Gàidhlig gu ruige seo. Chithear gu bheil Oifigear Buileachaidh nam planaichean air na leanas a chomharrachadh gus an t-eadar-dhealachadh a shealltainn eadar dàta 2019-20 agus 2020-21.
	<ul style="list-style-type: none"> • fàs ann an uaine • crìonadh ann an dearg • dubh far nach robh atharrachadh ann
3.2	Tha 67 ùghdarrasan poblach air a' chlàr uile-gu-lèir. Tha 8 de na buidhnean aig ìre dreachd phlana an-dràsta agus tha 4 ann a fhuair aonta air na planaichean aca dìreach bho chionn greis. Tha seo a' fàgail 55 ùghdarrasan poblach far an robhas an dùil ri aithisgean dearcnachaidh ro dheireadh a' Mhàirt 2020. Fhuaras aithisgean bho 49 buidhnean (89.1%) – 48 anns a' chruth ùr agus 1 anns an t-seann stoidhle. Tha fàs air a bhith ann an 2020-21 an taca ri 2019-2020 far nach d'fhuair sinn ach 75% de na h-aithisgean dearcnachaidh. Tha Oifigear Buileachaidh nam planaichean ann an conaltradh leis na 7 buidhnean eile airson aithisgean fhaighinn.
3.3	Tha an clàr-dàta air a bhriseadh sìos ann an 5 prìomh roinnean, le ceistean a bhios a' toirt seachad gearr-iomradh air na thachair mar na leanas: - <ul style="list-style-type: none"> • Fios bhon Phoball – cia mheud brath sgrìobhte anns a' Ghàidhlig a thàinig a-steach bhon phoball? • A' sgaoileadh fiosrachaidh – cia mheud pìos sa Ghàidhlig a chur an t-ùghdarras poblach a-mach air na meadhanan sòisealta agus cia mheud fios-naidheachd Gàidhlig a sgaoil iad? • Luchd-obrach – cia mheud neach-obrach a fhuair trèanadh sa Ghàidhlig, cia mheud dreuchd le Gàidhlig riatanach a th' aig an ùghdarras agus cia mheud luchd-obrach le sgilean Gàidhlig a tha ag obair dhan ùghdarras? • Foillseachaidhean – cia mheud foillseachadh dà-chànanach a sgoil an t-ùghdarras? • Inbhe – cia mheud soidhne dà-chànanach a chur an t-ùghdarras an àird?
3.4	Ged a tha beàrnan fhathast anns an dàta seo leis gu bheil fiosrachadh fhathast a dhìth bho 5 ùghdarrasan agus nach robh e comasach dhan a h-uile ùghdarras an dàta air fad a thoirt seachad, thathas den bheachd gu bheil an clàr-dàta (PT1) a' toirt seachad dealbh feumail aig ìre gach ùghdarras aig ìre nàiseanta.
3.5	'S e siostam caran ùr a tha seo dhan Bhòrd agus dha na h-ùghdarrasan poblach fhathast agus bheir e greis gus am bi na pròiseasan air fad ag obair mar bu chòir. Thathas an dùil gun tig piseach air an obair seo anns na bliadhnaichean ri tighinn oir tha e follaiseach bhon dàta am-bliadhna gun robh e comasach dhan mhòr-chuid de na buidhnean dàta slàn a chur a-steach an taca ris an-uiridh.
	Seo gearr-iomradh air na prìomh phàtranan a nochd ann an dàta 20-21:
3.6	<u>Oifigearan Gàidhlig</u>

Gu sònraichte anns an dàta airson sgaoileadh fiosrachaidh dhan phoball (fios air na meadhanan sòisealta agus fiosan-naidheachd), thathar fhathast mothachail gu bheil ùghdarrasan aig a bheil oifigearan Gàidhlig no Oifigearan aig a bheil sgilean Gàidhlig a' conaltradh leis a' phoball tro mheadhanan na Gàidhlig nas trice agus nas cunbhalaiche na buidhnean eile. Tha seo follaiseach anns an àrdachadh a chunnacas am-bliadhna le Oilthigh Ghlaschu, Àrainneachd Eachdraidheil Alba, Foghlam Alba, Leasachadh Sgilean na h-Alba, Sabhal Mòr Ostaig agus Pàrlamaid na h-Alba. Thathar an dùil àrdachadh fhaicinn a-rithist an ath-bhliadhna leis gu bheil cleachdadh nam meadhanan sòisealta a' fàs nas cudromaiche.

3.7 Gàidhlig mar sgil riatanach

Chithear am fiosrachadh mu dhreuchdan far a bheil Gàidhlig air ainmeachadh mar sgil riatanach, ged a tha beagan crìonadh air a bhith aig ìre nàiseanta ann an 2020-2021, tha fàs air a bhith ann aig Comhairle na Gàidhealtachd, Foghlam Alba, Comhairle Pheairt is Ceann Rois, Oilthigh Ghlaschu agus Comhairle Baile Ghlaschu. Tha e follaiseach gu bheil buaidh eaconamach leis na dreuchdan seo. Tha e fhathast follaiseach ge-tà gu bheil dreuchdan teagaisg mar chnap mhòr de na h-àireamhan seo agus gu bheil barrachd obair a dhìth gus dreuchdan far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach a cruthachadh ann an roinnean eile. Le sin a ràdh ge-tà, tha fàs air a bhith ann aig Foghlam Alba, Leabharlann Nàiseanta na h-Alba agus Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh far a bheil oifigearan ag obair dhaibh ann an dreuchdan eadar-dhealaichte.

3.8 Trèanadh Luchd-obrach

Ged a tha crìonadh air a bhith aig ìre nàiseanta anns an àireamh de luchd-obrach a fhuair trèanadh ann an Gàidhlig, tha àrdachadh mòra air a bhith ann aig Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba, Oilthigh Ghlaschu, VisitScotland agus Comhairle nan Eilean Siar ann an 2020-21. Feumar a bhith mothachail ge-tà gu bheil na h-àireamhan seo a' gabhail a-steach trèanadh ann an sgilean Gàidhlig agus seiseanan mothachadh Gàidhlig.

3.9 Conaltradh leis a' Phoball

Bhathar mothachail bhon dàta an-uiridh gun robh duilgheadasan aig cuid den na buidhnean fiosrachadh a cruinneachadh dhuinn co-cheangailte ri conaltradh sa Ghàidhlig bhon phoball ach chithear am-bliadhna gu bheil fàs air a bhith ann. Thathar mothachail ge-tà gu bheil sin air tachairt leis gun robh e comasach do barrachd buidhnean an dàta seo a cruinneachadh. Tha an dàta co-cheangailte ri Comhairle Baile Ghlaschu agus Leasachadh Sgilean na h-Alba gu math brosnachail. Tha e follaiseach gu bheil barrachd oidhirp a dhìth aig ìre nàiseanta gus dèanamh cinnteach gu bheil na cothroman airson Gàidhlig a cleachdadh air am brosnachadh aig gach ùghdarras poblach air-loidhne nas trice agus na cunbhalaiche.

3.10 Dùbhlain

Bhathar an dùil gum biodh barrachd buidhnean air siostaman a cruthachadh airson am fiosrachadh àireamhail seo uile a chruinneachadh. Mar a chithear anns a' chlàr tha beàrnann ann fhathast, gu sònraichte airson fiosrachadh co-cheangailte ri luchd-obrach aig a bheil sgilean Gàidhlig, tha seo a' ciallachadh nach eil am fiosrachadh coileanta. Thathar an dùil gun tig fuasglaidhean air seo anns na bliadhnaichean a tha romhainn.

3.11 Chithear anns a' Chlàr-dàta airson 2020/21 gu bheil 5 buidhnean air dheireadh leis na h-aithisgean aca agus 1 dhuibh air an cur a-steach anns an t-seann chruth. Tha seo ag adhbharachadh duilgheadas do dh'Oifigear Buileachaidh nam Planaichean, leis nach eil am fiosrachadh measaidh coileanta agus tha tòrr conaltraidh a dhìth leis na buidhnean nach eil air aithisgean a chur thugainn airson fuasglaidhean fhaighinn air a' chùis.

- 3.12 Tha Sgioba nam Planaichean gu math mothachail an-dràsta mun bhuidhnean a th' aig Covid-19 air pròiseas nam planaichean. Tha sinn air a bhith gu math taiceil do na buidhnean tron bhliadhna mu dheireadh le bhith a' tabhainn sinidhean air cinn-làithean airson aithisgean dearcnachaidh a chur a-steach leis gu bheil tòrr de na buidhnean air a bhith a dèiligeadh le prìomhachasan eile mar thoradh air buaidh a' ghalair. A dh'aindheoin sin, thathar mothachail gu bheil adhartas air a bhith ann aig cuid de na buidhnean mar eisimpleir le trèanadh ann an sgìlean Gàidhlig agus mothachadh Gàidhlig dhan luchd-obrach a ghluasad air-loidhne gus na seiseanan seo a cumail a' dol tron glasaidh-shluaigh, rud a tha air a bhith brosnachail agus rud a dh'fhaodadh a bhith gu math feumail a chumail mar chleachdadh àbhaisteach san àm ri teachd.
- 3.13 Tha e follaiseach gu bheil obair dearcnachaidh air na planaichean Gàidhlig a' sìor-fhàs leis gum bi 12 buidhnean ùra a tighinn a-steach dhan phròiseas seo a dh'aithghearr. Tha an àireamh seo a' gabhail a-steach nam 4 buidhnean a fhuair aonta air a' phlana bho chionn greis agus na 8 buidhnean ùra a tha ag obair air an dreachd phlana aca.
- 3.14 Anns a' bhliadhna 2020-21 ghabh Oifigear Buileachaidh nam Planaichean uallach airson obair Oifigear Phlanaichean Gàidhlig nuair a bha beàrn san sgioba fad 6 mìosan agus dh'adhbharaich sin dàil air pròiseas freagairtean a' Bhùird air adhartas leis na planaichean.
- 3.15 Gus an obair seo a' coileanadh gu soirbheachail, tha barrachd goireasan, taic agus dòighean-obrach ùra a dh'fheum. Tha e fhathast gu math follaiseach aig amannan gu bheil tòrr taic agus comhairle a dh'fheum aig cuid de na h-ùghdarrasan poblach airson na planaichean Gàidhlig a' cur an gnìomh agus chan eil ach aon oifigear buileachaidh aig Bòrd na Gàidhlig.
- 3.16 Tha am foirm mar a tha e an-dràsta feumach air ùrachadh. Thathar an dùil beachdachadh air foirm air-loidhne a cruthachadh a bhios nas fhasa do dh'oifigearan a' Bhùird agus oifigearan aig na h-ùghdarrasan fhèin. Bidh seo cuideachail cuideachadh ann a bhith gearradh sìos air an ùine a tha e cosg a bhith a' togail dàta bho fhoirmichean.

4.0 Moladh

Gum bi na buill a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo.

5.0 Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach**5.1 Buidhean air Ionmhas**

Chan eil buaidh air ionmhas.

5.2 Buidhean air Luchd-obrach

Leis gu bheil obair nam planaichean a' sìor-fhàs fad na h-ùine, tha e gu math cudromach gu bheil luchd-obrach gu leòr aig Bòrd na Gàidhlig gus an obair seo a choileanadh gus soirbheachail.

5.3 Buidhean air Trèanadh

Chan eil aig an ìre seo.

5.4 Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra

A' toirt fàs air cleachdadh Gàidhlig	A' toirt fàs air ionnsachadh Gàidhlig	A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig
<input checked="" type="checkbox"/>	<input checked="" type="checkbox"/>	<input checked="" type="checkbox"/>

Tha dlùth cheangal ann eadar na planaichean reachdail agus a' cur air adhart cleachdadh, ionnsachadh agus ìomhaigh na Gàidhlig.

	<p>Bidh na planaichean reachdail a' cur air adhart nam prìomh amasan anns a' phlana chorporra aig Bòrd na Gàidhlig gu sònraichte mar a leanas:-</p> <p><i>"A' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a' toirt taic do dh'Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig</i></p>		
5.5	Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta		
	AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA		
	Còraichean daonna	<input checked="" type="checkbox"/>	Clann
	Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan
	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn
	Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-Nàiseanta
	Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach		<input checked="" type="checkbox"/>
5.6	Buidhean air Cliù		
	Leis nach eil dàta coileanta 19-20 agus 20-21 ann mar a bhathas an dùil, bidh seo a' toirt buaidh air cliù na buidhne.		
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd		
	Chan eil gin ann.		
5.8	Buidhean Laghail		
	Tha dleastanas dearcnachaidh aig Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005		
5.9	Buidhean air Co-ionannas		
	Ged nach eil fiosrachadh mu dheidhinn co-ionannas mar phàirt den aithisg seo, tha Bòrd na Gàidhlig a' trusadh fiosrachadh co-cheangailte ri co-ionannas gach bliadhna nuair a tha sinn a' tional dàta nam planaichean.		
5.10	Buidhean air Àrainneachd		
	Chan eil buaidh ann.		

Ainm na Buidhne	Fiosrachadh	Aithisgean Dearcnachaidh 2020-21 (2019-2020)							
		Prìomh Dhata Measaidh							
		Fios bhon Phoball	A' sgaoidleadh fiosrachadh		Luchd-obrach			Foillseachaidhean	Inbhe
Brath sgrìobhte / Written communication	Pìos air na meadhanan soisealta / Posts on social media	Fios-naidheachd / News releases	Luchd-obrach a fhuair treanadh / Staff who have received training	Dreuchdan le Gaidhlig riatanach / Posts where Gaelic is essential	Luchd-obrach le sgilean Gaidhlig / Staff with Gaelic skills	Foillseachaidhean da-ghananach / Bilingual publications	Soidhnichean da-ghananach/ Bilingual signage		
PGR001 Alba Cruthachail									
PGR002 Arainneachd Eachdraidheil Alba		5	51	4	0	2	Fios ri tighinn 21/22	0	55
PGR005 Coimeasan na Croitearachd		3	6	7	12	1	10	1	0
PGR006 Colaisde a' Chaisteil		10	50	4	11	5	24	4	5
PGR007 Comhairle Aonghais	Aithisg 2019-2020 a dhìth fhathast								
PGR008 Comhairle Baile Dhun De		0	6	1	<5	0	18	0	0
PGR009 Comhairle Baile Dhun Eideann		Fios ri tighinn 21/22	Fios ri tighinn 21/22	3	85	68	Fios ri tighinn 21/22	0	0
PGR010 Comhairle Baile Glaschu		720	800	2	30	130	140	0	0
PGR011 Comhairle Baile Obar Dheathain		3	Fios ri tighinn 21/22	0	Fios ri tighinn 21/22	8	Fios ri tighinn 21/22	3	0
PGR012 Comhairle Chrichean na h-Alba	aig ìre dreachd phlana								
PGR013 Comhairle Dhun Phris is Ghall-Ghaidhealaibh		0	4	1	48	0	<5	1	0
PGR014 Comhairle Earra-Ghaidheal is Bhoid	Aithisg 2018-2020 a dhìth fhathast								
PGR015 Comhairle Fhìobha		20	20	0	23	0	18	1	0
PGR016 Comhairle Inbhir Chluaidh		0	500	0	<5	7	10	1	0
PGR017 Comhairle Lodainn an Ear	An dùil ris a'chiad aithisg 2021								
PGR018 Comhairle Lodainn an Iar	An dùil ris a'chiad aithisg 2022								
PGR019 Comhairle Lodainn Mheadhanaich	An dùil ris a'chiad aithisg 2022								
PGR020 Comhairle Maoineachaidh na h-Alba		0	9	1	<5	0	35	1	0
PGR021 Comhairle Mhoireibh		0	0	0	0	0	8	0	0
PGR022 Comhairle na Gaidhealtachd		11	30	24	74	215	536	241	380
PGR023 Comhairle na h-Eaglaise Brice	Aithisg 2018-2020 a dhìth fhathast								
PGR024 Comhairle nan Eilean Siar		15	325	18	118	167	1300	Fios ri tighinn 21/22	Fios ri tighinn 21/22
PGR025 Comhairle Peairt & Ceann Rois			306	2	200	15		8	0
PGR026 Comhairle Sruighlea		0	Fios ri tighinn 21/22	0	<5	7	11	0	0
PGR027 Comhairle Siorrachd Air a Deas		0	0	0	104	0	18	0	5
PGR028 Comhairle Siorrachd Air a Tuath	Aithisg 2018-2020 a dhìth fhathast								
PGR029 Comhairle Siorrachd Air an Ear		20	10	0	9	9	13	0	9
PGR030 Comhairle Siorrachd Chlach Mhanain	An dùil ris a'chiad aithisg 2021								
PGR031 Comhairle Siorrachd Dhun Bhreatainn an Ear		0	0	0	0	9	27	0	0
PGR032 Comhairle Siorrachd Dhun Bhreatainn an Iar	An dùil ris a'chiad aithisg 2021								
PGR033 Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas	Aithisg 2019-2020 a dhìth fhathast								
PGR034 Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath		0	Fios ri tighinn 21/22	0	<5	25	Fios ri tighinn 21/22	0	0
PGR035 Comhairle Siorrachd Obar Dheathainn		0	0	0	0	0	Fios ri tighinn 21/22	0	10
PGR036 Comhairle Siorrachd Rinn Friu		0	0	0	0	0	0	0	0
PGR037 Comhairle Siorrachd Rinn Friu an Ear		0	0	0	0	1	Fios ri tighinn 21/22	0	0
PGR038 Dualchas Nadair na h-Alba		8	11	5	28	1	39	1	6
PGR039 Foghlam Alba		20	101	1	Fios ri tighinn 21/22	13	10	289	0
PGR040 Gaileiridhean Naiseanta na h-Alba		1	0	0	<5	0	11	0	0
PGR041 Iomairt na Gaidhealtachd is nan Eilean		0	13	6	<5	2	76	Fios ri tighinn 21/22	Fios ri tighinn 21/22
PGR042 Leabharlann Naiseanta na h-Alba		10	27	0	0	6	12	1	2
PGR043 Leasachadh Sgìlean h-Alba		540	30	8	6	2	39	14	0
PGR045 NHS Eileanan Siar	Aithisg 2019-2020 a dhìth fhathast								
PGR046 NHS Gaidhealtachd		4	4	4	<5	4	200	4	4
PGR048 Oilthigh Glaschu		1	657	4	105	18	64	2	0
PGR049 Oilthigh na Gaidhealtachd is nan Eilean		26	105	14	41	142	157	3	Fios ri tighinn 21/22
PGR050 Oilthigh Obar Dheathainn		0	1	1	6	8	26	1	1
PGR051 Oilthigh Strath Chluaidh	Aig ìre dreachd phlana								
PGR052 Parlamaid na h-Alba buidheann Chorpóra		60	660	86	73	2	49	10	Fios ri tighinn 21/22
PGR053 Poileas Alba		Fios ri tighinn 21/22	15	0	0	0	47	1	Fios ri tighinn 21/22
PGR054 HIAL		0	6	0	0	0	Fios ri tighinn 21/22	6	26
PGR055 Riaghaltas na h-Alba		4	54	6	<5	1	0	8	0
PGR056 Sabhal Mor Ostaig		Fios ri tighinn 21/22	520	30	16	81	98	Fios ri tighinn 21/22	63
PGR057 Seirbheis Ambaileans na h-Alba		0	0	0	8	0	30	0	1
PGR058 Seirbheis Smalaidh is Teasairginn na h-Alba		0	1	0	471	0	98	2	0
PGR059 Spors Alba		0	8	0	13	0	15	1	18
PGR060 Storas Mara Cailleanach Earranta		0	4	0	38	0	<5	2	Fios ri tighinn 21/22
PGR061 Taighean Tasgaidh Naiseanta na h-Alba		0	0	0	7	0	6	0	0
PGR062 Ughdarras Pairc Naiseanta a' Mhònaidh Ruaidh		0	48	0	0	1	0	0	4
PGR063 Ughdarras Pairc Naiseanata Loch Laomainn		0	12	0	0	0	Fios ri tighinn 21/22	5	0
PGR064 Ughdarras Poilis na h-Alba		0	0	0	0	0	6	1	0
PGR065 Ughdarras Theisteanas na h-Alba		0	24	0	0	0	Fios ri tighinn 21/22	14	0
PGR066 Visit Alba		0	0	10	63	0	<5	4	5
PGR067 Coimisean Fearrain na h-Alba	Aig ìre dreachd phlana								
PGR068 Iomairt na h-Alba	Ag uallachadh plana								
PGR071 Coilltearachd na h-Alba	Ag uallachadh plana								
PGR07 Coilltearachd agus Fearann Alba	Ag uallachadh plana								
Buaidh Naiseanta		1481	4418	242	1614	950	3159	630	594



A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	16/06/21
Àite:	Aig astar
Nì a' chlàr-ghnothaich	12.4

Tìotal a' Phàipeir	Adhartas nas Luaithe	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh	
Neach-labhairt:	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd Jim Whannel, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig	
Air ullachadh le:	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd	
Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba-stiùiridh	07/06/2021	Airson fiosrachadh
1	Adhbhar	
1.1	Airson am fiosrachadh as ùire a thoirt do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh mu dheidhinn na h-iomairt Adhartas nas Luaithe.	
2.	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Chaidh an iomairt Adhartas nas Luaithe a stèidheachadh eadar Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba, gus na prìomhachasan ann am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 a thoirt air adhart. Tha am pìos seo ann am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23: “Fàs nas luaithe is buaidh nas fharsainghe Tha sinn riarachtaiche gu bheil prìomhachasan a' Phlana seo freagarrach airson fàs a thoirt air a' Ghàidhlig aig ìre nas luaithe ann an Alba.”	
2.2	Bha a' chiad choinneamh “Adhartas nas Luaithe” ann am Battleby, faisg air Peairt anns an Lùnastal 2018, le riochdairean bho còrr is 20 ùghdarras poblach an làthair agus le Iain Swinney, Leas-phrìomh Mhinistear na h-Alba sa chathair. Bha coinneamh Adhartas nas Luaithe eile anns an Lùnastal 2019 agus dà eile air-loidhne anns an t-Sultain 2020 agus sa Ghearran 2021.	
2.3	Tha obair Adhartas nas Luaithe a' dol air adhart le diofar bhuidhnean a' gabhail uallach airson 5 sruthan-obrach mar a leanas :-	
	Trusadh agus glèidheadh Thidsearan	Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTCS) agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (SFC)
	Ionnsachadh didseatach agus meadhanan	MG ALBA is Comhairle nan Eilean Siar (CnES)
	Eaconamaidh agus margaidh-obrach	Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) is Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE)

	Ceanglaichean coimhearsnachd	Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) agus Comhairle nan Eilean Siar (CnES)
	Cleachdadh agus taic airson luchd-ionnsachaidh	MG ALBA
2.4	A bharrachd air co-obrachadh eadar diofar ùghdarrasan poblach, tha co-obrachadh taobh-a-staigh na buidhne a' dol air adhart cuideachd, le fòcas air na 5 sruthan-obrach seo.	
2.6	Dhearbhaich buill Co-cruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean (Convention of the Highlands and Islands) anns a' Mhàirt 2021 gum bi iad a' cumail sùil air leasachadh na Gàidhlig fo sgèith nan diofar cuspairean air a' chlàr-gnothaich aca, mar eisimpleir taigheadas is leasachaidhean eaconamach.	
3.	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Chaidh Shirley-Anne Somerville BPA ainmeachadh mar Rùnaire an Fhoghlaim mar phàirt de dhreuchdan caibineat Riaghaltas na h-Alba a chaidh fhoillseachadh air 19 Cèitean 2021 agus bidh uallach aice airson na Gàidhlig.	
3.2	Ged nach e soilleir aig an ìre seo de an inbhe a bhios aig an iomairt "Adhartas nas Luaithe" fhèin san àm ri teachd, thathas an dùil gum bi an obair fo sgèith nan 5 sruthan-obrach a' leantainn air adhart. Tha an dòigh-obrach seo air a bhith gu math cuideachail le bhith tarraing diofar ùghdarrasan poblach nas dlùithe ri chèile.	
3.3.	Tha an dòigh-obrach seo air a bhith gu math feumail cuideachd gus am Plana Nàiseanta 2018-23 a thoirt air adhart agus thathas an dùil gum bi e feumail mar phàirt de Phlana Nàiseanta 2023-28.	
3.4	Thathas an dùil gum bi na pròiseactan a tha fo sheòl mu thràth fo sgèith nan 5 sruthan-obrach a' cumail a' dol.	
4.	Moladh	
4.1	Gum bi Buill a' Bhùird-stiùiridh a' gabhail fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo.	
5.	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach	
5.1	Buidhean air Ionmhas	
	Chan eil gin ann.	
5.2	Buidhean air Luchd-obrach	
	Tha e follaiseach gu bheil buaidh aig seo air obair taobh a-staigh na buidhne, le fòcas às ùr air na sruthan-obrach a' dèanamh diofar agus gu bheil seo a' còrdadh ri daoine. Tha dlùth cheangal eadar an obair seo agus a bhith a' cur phlanaichean reachdail aig na h-ùghdarrasan poblach an gnìomh, agus tha Adhartas nas Luaithe a' cruthachadh cothrom an ceangal eadar leasachadh na Gàidhlig agus planaichean reachdail a neartachadh am measg an sgioba.	
5.3	Buidhean air Trèanadh	
	Tha diofar luchd-obrach a' faighinn chothroman tron phròiseas seo gus na sgilean pearsanta aca fhèin a leasachadh.	
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra	
	Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 "Fàs nas luaithe is buaidh nas fharsainghe Tha sinn riarachta gu bheil prìomhachasan a' Phlana seo freagarrach airson fàs a thoirt air a' Ghàidhlig aig ìre nas luaithe ann an Alba."	

	Tha dlùth cheangal ann eadar Adhartas nas Luaithe agus a' cur air adhart cleachdadh, ionnsachadh agus ìomhaigh na Gàidhlig mar a tha Plana Corporra na buidhne ag amas air, gu sònraichte mar a leanas:- <i>“A’ dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a’ toirt taic do dh’Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig”</i>		
5.5	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta		
AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN	
Fòcas air a bhith a’ cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh’Alba air fad soirbheachadh tro bhith a’ cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		’S e comann-sòisealta a th’ annainn a tha a’ dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a’ toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann	<input checked="" type="checkbox"/>
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>		
5.6	Buaidhean air Cliù		
	Tha e cudromach gum bi Bòrd na Gàidhlig a’ toirt ceannas do dh’Adhartas nas Luaithe leis an dùil gum bi e soirbheachail. Bidh seo a’ neartachadh cliù na buidhne.		
5.7	Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd		
	Chan eil gin ann.		
5.8	Buaidhean Laghail		
	Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 a chur an gnìomh.		
5.9	Buaidhean air Co-ionannachd		
	Chan eil gin ann.		
5.10	Buaidhean air an Àrainneachd		
	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.		



A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	16/06/21
Àite:	Aig astar
Nì a' chlàr-ghnothaich	12.5

Tìotal a' Phàipeir	Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh*	
Neach-labhairt:	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd	
Air ullachadh le:	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd	
Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba-stiùiridh	07/06/2021	Airson fiosrachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Clàr-ama Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28	
1	Adhbhar	
1.1	Airson fiosrachadh às ùr a thoirt dha na Buill air adhartas le Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28.	
2.	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta na Gàidhlig (PNG) fhoillseachadh co-dhiù gach 5-bliadhna. Chaidh am fear a th' ann an-dràsta fhoillseachadh anns a' Mhàrt 2018 agus feumar an ath fhear fhoillseachadh tràth sa bhliadhna 2023.	
2.2	Feumaidh Bòrd na Gàidhlig am PNG a sgrìobhadh agus an uair sin a chur gu Ministearan na h-Alba airson aonta. Thathas den bheachd gun feum an dreachd mu dheireadh aig Bòrd na Gàidhlig a bhith deiseil as t-Samhradh 2022. Tha an clàr-ama ann am PT1 stèidhichte air a' cheann-ùidhe seo.	
2.3	Thathas ag amas a' chiad dreachd a chur air beulaibh a' Bhùird-stiùiridh air 06 Dàmhair 2021 airson aonta, mus tèid e a-mach gu co-chomhairle phoblach airson trì mìosan.	
3.	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Aig an ìre seo, tha ìre 1 – Ullachadh a' tighinn gu ceann le fòcas a' gluasad gu sgrìobhadh a' chiad dreachd.	
3.2	Còmhraidhean le luchd-uidh Cumaidh Bòrd na Gàidhlig 5 coinneamhan poblach air-loidhne eadar 07 agus 17 Ògmhios 2021 a' togail air a' cheisteachan a sgaoil Bòrd na Gàidhlig san Dùbhlachd 2020 mu chiad smuaintean air an ath Phlana Nàiseanta agus a' togail air na diofar chòmhraidhean le coimhearsnachdan sa bhliadhna mu dheireadh.	
3.3	Thèid seisean a chumail do luchd-labhairt a th' anns na h-eileanan is sgìrean dùthchail 07 Ògmhios, do luchd-labhairt a tha a' fuireach ann am bailtean is bailtean mòra air 10 Ògmhios, do dhuine a bhios a' gabhail pàirt sa choimhearsnachd air-loidhne air 14	

	<p>Ògmhios, le seisean sònraichte airson òigridh air 09 Ògmhios. Thèid seisean a chumail sa Bheurla cuideachd air 17 Ògmhios. A bharrachd air na coinneamhan seo, bidh cothrom aig daoine beachdan a chur a-steach tro phost-d mar phàirt den phròiseas.</p>
3.4	<p>Thèid gach coinneamh fhosgladh le Cathraiche a' Bhùird agus an uair sin, bi taisbeanadh ann bhon Stiùiriche Planadh Cànanais is Leasachaidhean Coimhearsnachd a bhios a' coimhead gu sònraichte air na prìomh phuingeann bho ghrunn cho-chomhairleachaidhean agus deasbadaidh thairis air a' bhliadhna mu dheireadh, a' gabhail a-steach ceisteachan Bhòrd na Gàidhlig air a' Phlana Nàiseanta, suirbhidh air cleachdadh na Gàidhlig am measg dhaoine òga, co-comhairle ro-innleachdail air maoinachadh Bhòrd na Gàidhlig, còmhradh coimhearsnachd anns na h-eileanan a chur Alasdair Allan BPA agus Buill Pàrlamaid na h-Alba eile air dòigh agus sreath de chòmhradh a chaidh air adhart fo stiùir an Leas-phrìomh Mhinistear, Iain Swinney BPA.</p>
3.5	<p><u>PNG#3 – Lèirmheas</u></p> <p>Às dèidh pròiseas solarachaidh poblach tron làrach-lìn Public Contracts Scotland, tha Bòrd na Gàidhlig air coimisean a chur air dòigh le sgioba rannsachaidh fo stiùir Sabhal Mòr Ostaig gus leirmheas neo-eisimeileach a chumail air adhartas mu chur an gnìomh PNG 2018-23 gu ruige seo.</p>
3.6	<p>Thathas an dùil gum bi am pròiseact a' ruith gu tràth sa Lùnastal 2021 le an t-amas aithisg ullachadh a bhios a' sealltainn dè chaidh a choileanadh gu ruige seo agus dè tha ri dhèanamh fhathast, a' gabhail a-steach na cothroman agus na dùbhlannan a th' air a bhith ann agus a bhios ann fhathast gu deireadh a' phlana. Bidh an aithisg seo mar ghoireas air leth feumail ann a bhith ag ullachadh PNG 2023-28.</p>
3.7	<p>'S e iad an Dr Lindsay Milligan Dombrowski agus an Dr Stuart Dunmore a bhios a' cruinneachadh agus a' sgrùdadh an dàta, le taic ro-innleachdail a bharrachd bhon Dr Gillian Rothach agus an Dr Tim Armstrong (Sabhal Mòr Ostaig), an Dr Kathryn Jones (IAITH: Ionad na Cuimrigh airson planadh cànanais), An t-Ollamh Michelle NicLeòid (Oilthigh Obar Dheathain) agus An t-Ollamh Rob Dunbar (Oilthigh Dhùn Èideann).</p>
4.	Moladh
4.1	Gum bi Buill a' Bhùird-stiùiridh a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo.
5.	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach
5.1	Buidhean air Ionmhas
	Chaidh aontachadh roimhe ri buidseat suas ri £30,000 + VAT gus an lèirmheas a chumail air Plana Nàiseanta 2018-23 agus tha an coimisean aig Sabhal Mòr Ostaig taobh a-staigh a' bhuidseit seo.
5.2	Buidhean air Luchd-obrach
	'S e fear de na dleastanasan as motha a th' air Bòrd na Gàidhlig a bhith a' sgrìobhadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus bidh seo a' toirt buaidh mhòr air luchd-obrach na buidhne. Tha e cudromach gum bi luchd-obrach na buidhne a' faighinn ùine gu leòr agus taic gu leòr bho thaobh a-muigh na buidhne far a bheil sin a dhìth gus an dleastanas seo a thoirt air adhart mar bu chòir.

5.3	Buaidhean air Trèanadh			
	Chan eil aig an ìre seo ach tha e cudromach gum bi trèanadh ann dhan sgioba far a bheil sin a dhìth tron phròiseas seo.			
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra			
	<p>Leis gu bheil an dleastanas seo air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, 's e pròiseact deatamach a th' ann gus an Achd seo a chur an gnìomh. Dh'fhaodadh tu argamaid a dhèanamh gur e seo an gnìomh as ro-innleachdaile a th' aig a' bhuidhinn.</p> <p>Ann am Plana Corporra 2018-23 tha sinn a' cantainn gur e fear de na prìomh dhleastanasan air Bòrd na Gàidhlig a bhith "Ag ullachadh a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig agus a' co-òrdanachadh coileanadh a' Phlana sin."</p> <p>Bidh aig Bòrd na Gàidhlig ri Plana Corporra 2023-28 ullachadh, le ceanglaichean làidir ri PNG 2023-28 airson sealltainn mar a bhios sinn a' cur a' Phlana Nàiseanta ùir an gnìomh.</p>			
5.5	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta			
	AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN	
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus inghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	<input checked="" type="checkbox"/>	Clann	<input checked="" type="checkbox"/>
	Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
	Àrainneachd	<input checked="" type="checkbox"/>	Bochdainn	<input checked="" type="checkbox"/>
	Slàinte	<input checked="" type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input checked="" type="checkbox"/>
	Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>		
5.6	Buaidhean air Cliù			
	Mar fhear de na prìomh dhleastanasan air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 tha e cudromach airson cliù na buidhne gun ullaich sinn PNG 2023-28 a tha a' gabhail a-steach nam prìomhachasan aig luchd-labhairt na Gàidhlig agus a bhios a' toirt stiùir soilleir do leasachadh a' chànain thairis air na bliadhnaichean ri thighinn. Tha e cudromach cuideachd gum bi sinn a' coileanadh an dleastanas seo a rèir a' chlàir-ama a tha stèidhichte anns an Achd.			
5.7	Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd			
	Chan eil gin ann.			
5.8	Buaidhean Laghail			
	Tha dleastanas reachdail air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gus am Plana Nàiseanta na Gàidhlig ullachadh.			
5.9	Buaidhean air Co-ionannachd			

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.5

	Bidh againn ri measadh a' dèanamh air a' bhuidh air co-ionannachd aig ìre 4 – Dreachd 2.
5.10	Buidhean air an Àrainneachd
	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.

Seisean Fosgailte | Open Session
Cuspair 12.5 PT1

PNG 2023-28

Clàr-ama

Bliadhna		2020				2021												2022												2023															
Mìos		9	10	11	12	1	2	3	4	5	6	7	8	9	10	11	12	1	2	3	4	5	6	7	8	9	10	11	12																
Ìrean																																													
1	Ullachadh	Còmhraidhean le luchd-ùidh																																											
						PNG#3 - Lèirmheas																																							
2	Dreach 1 (D1)					Sgrìobhadh D1																																							
3	Co-chomhairle phoblach																	Co-chomhairle																											
4	Dreach 2 (D2)																	Sgrìobhadh D2																											
5	Riaghaltas na h-Alba																	Riaghaltas na h-Alba																											
6	Foillseachadh																																												
Riaghladh																																													
Buidheann-obrach PNG#4																	D1																												
Coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh																																													



For	Board Meeting
Date of Meeting	16/06/2021
Location:	Online
Item on Agenda	12.6

Paper Title	Finance Report as at 31 March 2021	
Recommendation	For Information *	
Spokesperson	Mairianne Stewart, Head of Finance & Corporate Affairs (Interim)	
Governance Route	Date of Meeting	Decision
Leadership Team	21/04/2021	For Information
Policy & Resources Committee	18/05/2021	For Information
Appendices:	PT1 – Finance Report to 31.03.2021	
1.0	Purpose	
1.1	To give information to the Board on the financial position for year 1 April 2020 to 31 March 2021. The paper is in English as the report will be presented in English.	
2.0	Background	
2.1	Grant in Aid for 2020-21 was revised in March 2021, increasing from £5.179m to £5.329. We received an additional £150k to strengthen the Gaelic Development Officer network. The high level Income and Expenditure budgets are detailed below:	
2.2	Income:	£m
	Grant-in-Aid	5.329
	Other Income (CnP)	0.100
	Carried forward from 19/20	0.072
	Returned Funding	0.060
	Total	5.561
	Costs:	
	Development	4.005
	Running Costs	1.556
	Total	5.561

2.3	Summary of Expenditure				
		Expenditure Year to Date	Budget Year to Date	Variance Year to Date	Annual Budget
	31 March 2021				
	Summary	£m	£m	£m	£m
	Development - Usage	2.392	2.045	(0.347)	2.045
	Development - Learning	1.429	1.585	0.156	1.585
	Development - Promotion	0.324	0.375	0.051	0.375
	Development - TOTAL	4.145	4.005	(0.140)	4.005
	Running Costs	1.508	1.556	0.048	1.556
	TOTAL	5.653	5.561	(0.092)	5.561
2.4	Summary of Income and Expenditure				
		Current Month	Year to date	Annual Budget Total	
	31 March 2021				
	Income	£m	£m	£m	
	Grant in Aid	0.457	5.329	5.329	
	Other Income (CnP.)	0.000	0.065	0.100	
	Returned Funding	0.075	0.183	0.060	
		0.532	5.577	5.489	
	Expenditure	1.266	5.653	5.561	
		(0.734)	(0.076)	(0.072)	
	Funds carried forward	0.824	0.166	0.166	
	Funds going forward	0.090	0.090	0.094	
3.0	Main Points				
3.1	At the end of the financial year, both Development Spend and Running costs were closely aligned to the full year budget.				
3.2	Development spend at the end of Quarter 3 was behind budget by 21%, partly as a result of Covid. During Quarter 4, significant effort was focussed into working with development partners to manage this and as expected, the budget was fully utilised.				
3.3	Running Costs ended the year 3% lower than budget. We obtained agreement to vire the underspend to Development costs.				

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 12.6

4.0	Recommendation			
4.1	Members are requested to consider the report and note the information.			
5.0	Main Strategic Impacts			
5.1	Impact on Finance			
	As described above.			
5.2	Impact on Staff			
	N/a.			
5.3	Impact on Training			
	N/a			
5.4	Links to Strategic and Corporate Aims			
	This paper supports the Committee in fulfilling the aims for the year.			
5.5	Links to the National Performance Framework			
	Our Purpose		Our Values	
	To focus on creating a more successful country with opportunities for all of Scotland to flourish through increased wellbeing, and sustainable and inclusive economic growth		We are a society which treats all our people with kindness, dignity and compassion, respects the rule of law, and acts in an open and transparent way	
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Human Rights	<input type="checkbox"/>	Children & Young People	<input type="checkbox"/>
	Culture	<input type="checkbox"/>	Communities	<input type="checkbox"/>
	Environment	<input type="checkbox"/>	Poverty	<input type="checkbox"/>
	Health	<input type="checkbox"/>	International	<input type="checkbox"/>
	Learning	<input type="checkbox"/>	Economy	<input checked="" type="checkbox"/>
	Successful innovative businesses	<input checked="" type="checkbox"/>		
5.6	Impacts on Reputation			
	It is important the BnG continues to demonstrate its effective management of its finances.			
5.7	Impacts on Health and Safety			
	n/a			
5.8	Legal Impacts			
	n/a			
5.9	Impacts on Equality			
	n/a			
5.10	Impacts on the Environment			
	n/a			

Seisean Fosgailte – Open Session
Cuspair 12.6

DEVELOPMENT SPEND	Expenditure	Budget	Variance
	Year to Date	Year to Date	Year to Date
	£	£	£
Gaelic Usage			
ACG - Local Mods Delivery	5,003	5,000	3
Hubs - An Tosgan Rent & Costs	29,741	30,000	(259)
Feisean nan Gàidheal - Contribution to Core Costs	62,600	30,600	32,000
Feisean nan Gàidheal - Sgoil Shamraidh Drama	20,000	20,000	-
Feisean na Gàidheal - Song Writing	5,000	5,000	-
Feisean na Gàidheal - Feis TV	10,000	10,000	-
CnL - Contribution to Core Costs	90,270	90,270	-
CnL - Gaelic Publishing Grants	69,000	69,000	-
CNAG - Iomairtean	316,200	316,200	-
CNAG - National Youth Programme	20,000	20,000	-
An Lochran - Contribution to Core Costs	11,000	16,000	(5,000)
An Lochran - Annual Programme	-	-	-
An Lochran - An Leanag Lease & Service costs	6,707	25,000	(18,293)
ICCI - Gaelic Usage Programme	30,500	30,500	-
Tobar An Dualchais - Contribution to Core Costs	11,250	29,250	(18,000)
Canan - FilmG	15,200	19,000	(3,800)
Ceòlas - Sgoil Shamraidh	14,400	14,400	-
Ceòlas - Tachartasan	10,000	10,000	-
Acair - Contribution to Core Costs	27,540	27,540	-
Theatre gu Leor - Contribution to Core Costs	44,370	44,370	-
Theatre gu Leor - Creative Learning Programme	11,500	11,500	-
Collaboration Fund	46,990	80,000	(33,010)
Covid-19 Support Fund - Usage	135,800	88,000	47,800
GLAIF - Gaelic Language Plans Support - Usage	501,548	450,000	51,548
GLAIF - Gaelic Language Plans Support - Iomairtean	452,029	332,360	119,669
Taic Freumhan Coimhearsnachd (TFC) [Community Grants	92,652	112,110	(19,458)
Colmcille [Irish Partnership]	103,098	80,000	23,098
Gaelic Arts Projects	13,286	25,000	(11,714)
Discretionary National Gaelic Language Plan Projects	3,682	4,000	(318)
Corpus Development	49,699	50,000	(301)
Total Gaelic Usage	2,209,065	2,045,100	163,965
Gaelic Learning			
Stòrlann - An Seotal	15,000	15,000	-
Stòrlann - Resources (0-5, Primary, Secondary, Adult)	200,000	200,000	-
Stòrlann - An t-Alltan	60,000	60,000	-
Stòrlann - Prelims	10,000	10,000	-
Feisean nan Gàidheal - Feis Sgoil	60,000	60,000	-
CnL - Training Programme	11,000	11,000	-
Comann nam Parant (CnamP)	127,500	127,500	-
ICCI - Gaelic Tuition	48,960	48,960	-
Tobar An Dualchais - Contribution to Core Costs	3,750	9,750	(6,000)
Faclair na Gàidhlig - Contribution to Core Costs	76,500	76,500	-
MG Alba - Learn Gaelic Digital Officer	34,740	34,740	0
Ceòlas - GIFT	-	-	-
Ceòlas - Oifigearan Curriculum	23,800	35,700	(11,900)
Ceòlas - Clasaichean Coimhearsnachd	2,000	2,000	-
Acair - Gaelic Publishing Programme	20,000	20,000	-
GLAIF - GIFT	42,350	125,000	(82,650)
GLAIF - Learning	255,510	300,000	(44,490)
Early Years Support Scheme	58,290	150,000	(91,710)
Education and Learning Projects	202,204	100,000	102,204
Covid-19 Support - Education	28,875	56,000	(27,125)
ITE Support	62,211	75,000	(12,789)
Data and Information Commissions	78,704	50,000	28,704
Canadian Scholarships	8,000	8,000	-
Teacher Recruitment Events	-	10,000	(10,000)
Total Gaelic Usage	1,429,393	1,585,150	(155,757)
Gaelic Promotion			
ACG - Contribution to Core Costs	43,350	43,350	-
ACG - Royal National Mod Delivery	52,500	52,500	-
Feisean nan Gàidheal - Blas Festival	20,000	20,000	-
CnL - Marketing	7,500	7,500	-
CnL - Duais Dhòmhnaill Meek	3,000	3,000	-
ICCI - Contribution to Core Costs	25,500	29,500	(4,000)
Ainmean Àite na h-Alba - Contribution to Core Costs	81,600	81,600	-
Acair - Marketing	10,000	10,000	-
GLAIF - Promotion	9,260	6,300	2,960
Covid-19 Support - Promotion	33,750	56,000	(22,250)
Marketing Campaigns & Duaisean Gaelic	37,825	65,000	(27,175)
Total Gaelic Promotion	324,285	374,750	(50,465)
Add Returned Funding:	183,000		
Total Development Spend	4,145,743	4,005,000	(140,743)

Seisean Fosgailte – Open Session
Cuspair 12.6

RUNNING COSTS	Expenditure Year to Date	Budget Year to Date	Variance Year to Date
Staff Costs			
Salaries	867,739	879,971	(12,232)
National Insurance	83,686	84,454	(768)
Pension Costs	132,090	158,184	(26,094)
Training Costs	15,435	40,000	(24,565)
Recruitment Fees	-	2,000	(2,000)
Premises Costs			
Rent	3,345	3,084	261
Service Charge	1,500	7,728	(6,228)
Other	5,650	1,872	3,778
Travel & Hospitality			
Travel UK	2,123	32,071	(29,948)
Travel Overseas	-	548	(548)
Internal Hospitality	-	1,386	(1,386)
External Hospitality	-	2,500	(2,500)
Subsistence	315	-	315
IT Costs			
Telephones	6,603	13,000	(6,397)
Broadband	9,013	12,893	(3,880)
Website & Domains	132	15,300	(15,168)
Sharepoint	-	-	0
Software	30,107	11,818	18,289
IT Maintenance & Repairs	48,672	31,312	17,360
Hardware	19,898	2,000	17,898
Shared Service Costs			
Property Costs	51,144	40,000	11,144
Disaster Recovery	-	-	0
HR Outsourcing	3,737	15,000	(11,263)
Professional Fees			
Internal Audit	15,300	15,300	0
External Audit	24,972	14,534	10,438
Payroll Outsourcing	1,601	1,680	(79)
Legal Fees	11,698	6,000	5,698
Other Professional Fees	68,330	82,000	(13,670)
External Consultancy	22,341	-	22,341
Other Costs			
Postage	143	420	(277)
Courier	386	90	296
Printing	331	750	(419)
Stationery	1,236	1,800	(564)
Publications	68	2,400	(2,332)
Translation Costs	32,831	30,000	2,831
Repairs & Maintenance	-	100	(100)
Annual report	4,290	7,000	(2,710)
Communications	39,971	35,000	4,971
Other Office Costs	3,316	3,450	(134)
Gifts and Charitable Donations	-	300	(300)
Losses and Special Payments	-	-	0
Other Core Running Costs	-	-	0
Capital Expenditure			
Furniture & Fittings	-	-	0
IT	-	-	0
Total Running Cost Spend	1,508,003	1,555,945	(47,942)
Total 'CASH' Spend	5,653,746	5,560,945	(92,801)



A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	16/06/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	13.1

Tìotal a' Phàipeir	Ro-innleachd Rianachd Mhì-chinntean	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba-stiùiridh	12/05/2021	Ri Aontachadh
Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd	26/05/2021	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Ro-innleachd Rianachd Mhì-Chinntean	
1.0	Adhbhar	
1.1	Tha am pàipear seo airson gun tèid aonta a chur ri ùrachadh na Ro-innleachd Rianachd Mhì-Chinntean.	
2.0	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Chaidh an ro-innleachd aontachadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd agus an uair sin leis a' Bhòrd-stiùiridh sa Chèitean 2020.	
2.2	Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air na siostaman airson smachd a chumail air mì-chinntean le luchd in-sgrùdaidh Wylie Bissett mar phàirt den obair aca ann an 2020-21. Cha robh molaidhean aca airson leasachadh san ro-innleachd.	
2.3	Bheachdaich a' Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd air an ro-innleachd ùr aig a' choinneimh aca air 26/05/2021 is bha molaidhean aca a tha a-nise san ro-innleachd.	
2.4	Tha na h-atharraichaidhean uile air a chomharrachadh.	
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Tha an ro-innleachd a-nise a' comharrachadh moladh a thàinig bhon sgioba-stiùiridh gun tèid na seòrsa mhi-chinntean a leudachadh agus gun robh an tìotal Cliù nas iomchaidh na Na Meadhanan.	
3.2	Leis gun deach ùrachadh a dhèanamh air an ro-innleachd, tha seo a' coileanadh dleastanas a thaobh ùrachadh air an ro-innleachd a bu chòir a bhith a' tachairt gach bliadhna.	
4.0	Moladh	
4.1	Aire a thoirt don fiosrachadh sa phàipear seo. Aonta a thoirt don phàipear.	
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach	
5.1	Buidhean air Ionmhas	
	Cha bhi buaidh air ionmhas.	

Seisean Fosgailte
Cuspair 13.1 PA

5.2	Buaidhean air Luchd-obrach			
	Cha bhi buaidh air luchd-obrach			
5.3	Buaidhean air Trèanadh			
	Bu chòir do bhuill a' bhùird-stiùiridh is stiùirichean a bhith ga leughadh agus ga thuigsinn.			
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra			
	Tha am fiosrachadh seo a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.			
5.5	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta			
	AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN	
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann	<input type="checkbox"/>
	Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>
	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
	Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
	Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>		
5.6	Buaidhean air Cliù			
	Mura robh ro-innleachd mar seo aig a' bhuidhinn, dh'fhaodadh gun tigeadh droch chliù oirre.			
5.7	Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd			
	Cha bhi buaidh air slàinte is sàbhailteachd.			
5.8	Buaidhean Laghail			
	Cha bhi buaidh laghail ann.			
5.9	Buaidhean air Co-ionannas			
	Cha bhi buaidh air co-ionannas.			
5.10	Buaidhean air an Àrainneachd			
	Cha bhi bhuidh air an àrainneachd.			

Pàipear-taice 1
BÒRD NA GÀIDHLIG
RO-INNLEACHD AIRSON RIAGHLADH CUNNARTAN

1. RO-RÀDH

- 1.1 Gabhaidh riaghladh cunnartan a-steach dearbh-aithneachadh agus measadh mì-chinntean agus cothroman ceangailte ri solarachadh nan amas aontaichte. Faodaidh nam mì-chinntean agus cothroman seo a bhith taobh a-staigh no taobh a-muigh a' bhuidhinn.
- 1.2 Faodaidh riaghladh cunnartan obair aig diofar ìrean a' bhuidhinn. Aig an ìre as àirde, tha riaghladh ro-innleachdail cunnartan a' dèanamh fòcas air solarachadh nan amas corporra fad-ùineach, mar is tric mar a chaidh a stèidheachadh ann am Planaichean Corporra agus Obrachaidh. Bidh cunnartan innleachdach agus libhrigidh ceangailte ri planaichean obrachaidh bliadhnaile agus ri planaichean sònraichte a' phròiseact agus na gnìomhachd air leth.
- 1.3 Tha pròiseasan airson riaghladh cunnartan a' stèidheachadh freagairtean planaigte a' bhuidhinn ris na mì-chinntean agus na cothroman gun fheuchainn seo ann an libhrigidh na h-amasan againn. 'S e am fòcas a th' aig riaghladh cunnartan a bhith ag obair gus taic a chur ri choileanas targaidean agus amasan. Tron phròiseas riaghladh cunnartan againn tha sinn ag amas ri dearbh-aithneachadh na prìomh mhì-chinnteach aig am bhiodh buaidh diùltach air an libhrigidh againn, agus dearbh-aithneachadh nan ceum a tha sinn an dùil ri gabhail ann an beagachadh nam mì-chinntean seo. Tha sinn cuideachd ag amas ri measadh a dhèanamh air cothroman nuair a thigeadh iad am bàrr, beachdachadh air na buaidhean agus iar-bhailean a dh'fhaodadh a bhith aca, agus dearbhachadh ma dh'fheumar a leantainn na roghainn seo nas fhaide.
- 1.4 Feumaidh iadsan aig a bheil dleastanas airson marasgladh nan amas a' mhiannachd chunnairt aca stèidheachadh - an t-eadh ris a bheil iad deònach gabhail ri mì-chinnt a thaobh amasan ro-innleachdail, innleachdach agus obrachaidh, agus an ìre de dh'obair aig am feum fòcas nas motha a bhith a thaobh meudachadh ìrean mì-chinntean ceangailte ri libhrigidh. Tha ar dòigh-obrach airson riaghladh cunnartan ag amas ri taic a chur ri measadh cunnartan, an comas airson lùghdachadh no maothachadh nan cunnart seo, agus dearbhadh ma bhios an ìre de chunnart a tha fhathast ann furasta gabhail ris.

2. RIAGHLADH RO-INNLEACHDAIL CUNNARTAN

- 2.1 Thèid Riaghladh Cunnartan ann am Bòrd na Gàidhlig a stiùireadh bhon ìre ro-innleachdail. Tha dleastanas reachdail aig a' bhuidheann airson iarrtas Plana Nàiseanta na Gàidhlig gu Ministearan na h-Alba gach còig bliadhnaichean, agus tha sinn a' co-ghluasad a libhrigeadh. Tha am Bòrd ag aontachadh Plana Corpora còig-bliadhna airson na buidhinn agus a' stèidheachadh clàr-chunnairt ro-innleachdail a bhios dearbh-aithneachadh na prìomh chunnartan a dh'fhaodadh buaidh mhòr a thoirt air coileanadh nam prìomhachasan agus amasan fad-ùine an sàs anns na Planaichean Nàiseanta agus Corpora. Tha am Bòrd, le taic bhon Sgioba Stiùiridh, cuideachd a' stèidheachadh sreath de gnìomhan maothaidh aig a bheil fòcas air lùghdachadh ìrean mì-chinntean - dè cho coltach 's a tha cunnart a thachairt no buaidh a th' aige ma tha e a' tachairt - gu ìrean furasta gabhail ris nuair a 's urrainn dha.
- 2.2 Tha dleastanas aig a' Bhòrd airson dòigh dèiligeadh ri cunnart ro-innleachdail a stiùireadh nuair a tha e a' libhrigeadh na h-amasan fad-ùine aige agus tha e a' dèanamh seo le bhith amalachadh lèirmheas a shuidheachain air cunnart ro-innleachdail mar pàirt fìchte a-steach den lèirmheas riaghailteach aige air libhrigeadh a' Phlana Chorporra. Thathar a' sgrùdadh stàite nan cunnart ro-innleachdail gach ràith agus cuideachd ri taobh ùrachaidhean air an taisbeanadh le in-sgrùdadh air libhrigeadh an aghaidh planaichean ro-innleachdail. Tha fighe a-steach na pròiseasan seo a' dèanamh cinnteach gu bheil pròiseas stiùireadh cunnairt fhathast buntainneach agus ceangailte ri pròiseas sgrùdaidh libhrigeadh prìomhachasan a' bhuidhinn.

- 2.3 Faodar dè cho slàn 's a tha clàr-chunnairt Bòrd na Gàidhlig a sgrùdadh aig na puingean seo agus cuideachd dè cho èifeachdach 's a tha gnìomhan maothaidh. Faodar mì-chinntean ùra no cothroman a nochdas, agus na modhan orra ris a bheilear an dùil, a chur ris agus faodar chunnartan a tha air lùghdachadh gu h-urranta a thoirt air falbh bhon chlàr.
- 2.4 Eadar coinneamhan a' Bhùird, tha dleastanas airson sùil a chumail air riaghladh ro-innleachdail cunnartan agus air a' clàr-chunnairt agus gnìomhan rianachd aig Comataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd a' Bhùird. Tha iad a' lionadh an dleastanas seo le bhith dèanamh sgrùdadh air a' clàr-chunnairt aig na coinneamhan ràitheil aca agus a' faighinn ùrachaidhean bhon Sgioba Stiùiridh air cunnartan air leth ùra a nochdas eadar nan coinneamh. Tha an Sgioba Stiùiridh cuideachd a dhèanamh leirmheas gu tric air a' chlàr-chunnairt.

3. MIANNACHD CHUNNART

- 3.1 Tha ar miannachd chunnart fon ro-innleachd corporra againn, libhrigeadh nan amasan chorporra againn agus dùilean an luchd-ùidh. Tha an dòigh-obrach airson riaghladh cunnartan mar a chaidh mìneachadh roimhe a' bunachadh gu bheil dòigh-obrach spionnmhor an àite gnàthach aig Bòrd na Gàidhlig ro miannachd chunnart. Tha seo gu h-àraidh follaiseach air sgàth 's gu bheil miannachd chunnart bheag a thaobh cùisean corporra agus ionmhasail, mar a tha iomchaidh airson buidheann poblach. Tha miannachd chunnart nas motha anns an obair leasachaidh againn, a' dèanamh e comasach dhuinn dòighean-obrach a dh'ùr-ghnàthaich agus rannsachadh thar sreath nas fharsainge de suidheachaidhean agus cnàmh-sgeulan.

4. MEASADH CHUNNARTAN

- 4.1 'S e eileamaid den dòigh-obrach riaghladh cunnartan againn a th' ann am mheasadh àireamhachail coltas agus buaidh, an dà chuid ro agus às dèidh gnìomhan maothaidh. Ach 's e prìomh shònrachan miannachd chunnart a th' ann an luachadh a' Bhùird air farsaingeachd a' chlàr-chunnairt ro-innleachdail agus dè gu freagarrach 's a tha freagairtean stiùireadh agus maothaidh, an àite dòigh-obrach gnàthach ro lùghdachadh sgòr nan cunnart.
- 4.2 Thèid measadh a dhèanamh air cunnartan airson ath-dhearbhadh brìgh na muiseige agus dè an ìre aig am bu chòir an cunnart a bhith. Tha sgòr aig gach cunnart aig ìre mòr, meadhanach mòr no beag stèidhichte air **Buaidh x Coltachd** a' cunnairt. Tha sgòr aig buaidh agus coltachd eadar 1 is 5, stèidhichte air na bùird-stiùiridh fodha. Bu chòir do luchd-mheasaidh a' cunnairt an roinn buaidh no coltachd as iomchaidh a thaghadh airson gach cunnart. Tha na clàraidhean-chunnairt againn a' stèidhicheadh ìre measaidh chunnartan às dèidh a' bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith aig gnìomhan riaghladh agus maothaidh.
- 4.3.4 Bidh buaidh a' cunnairt a rèir dè cho mòr agus iomadh-fhillte 's a tha e, agus cuideachd a rèir a' mhiannachd chunnairt ceangailte ris a' Ghnìomhachas.

Sgòr	Ionmhasail	Obrachaidh	Neach-ùidh	Clìù	Daoine	Lùghdachadh a' Bhuidseid	Gèilleadh
1	Chan eil buaidh air ar comas buidsead co-chothromach libhrigeadh.	Chan eil buaidh air ar comas an t-seirbhis libhrigeadh.	Beagan dragh aig luchd-ùidh, ach gun cron air misneachd	Beagan craoladh air na meadhanan ionadail (as bith math no dona) ach gun a bhith leantainn gu buaidh air clìù Bòrd na Gàidhlig.	Buaidh bheag air ar luchd-obrach Chan eil draghan mì-shealbhar ann a thaobh brosnachadh no sochairean.	<£3%	Gun bhuidhean air ar comas dèanamh cinnteach gun urrainnear gèilleadh.

2	Bidh sinn a' libhrigeadh buidsead co-chothromach gun co-cheartachaidhean mòra.	Bidh buaidh glè bheag air ar comas an t-seirbhis libhrigeadh.	Cron bheag air misneachd an luchd-ùidh, le impleachd sa gheàrr-ùine.	Craoladh gu prìomhach air na meadhanan ionadail le beagan air na meadhanan nàiseanta is sòisealta le buaidh bheag air cliù Bòrd na Gàidhlig.	Buaidh air brosnachadh an luchd-obrach. Lùghdachadh beag ann an toradh an luchd-obrach.	4% gu 9%	Bidh glè bheag de bhuidheachd air a' chomas againn dèanamh cinnteach gun gèill sinn.
3	Feum air gnìomhachas gus buidsead co-chothromach libhrigeadh. Comas airson buaidh mi-shealbhar air libhrigeadh an t-seirbhis	Bidh lùghdachadh anns ar comas na foincsean againn libhrigeadh agus dh'fhaodadh gum bi lùghdachadh beag anns an seirbhis.	Cron meadhanach mòr air misneachd an luchd-ùidh, le impleachd sa gheàrr-ùine agus 's dòcha impleachd san fhad-ùine.	Craoladh air na meadhanan nàiseanta/sòisealta le buaidh meadhanach mòr agus sa gheàrr-ùine air cliù Bòrd na Gàidhlig.	Reat frithealachadh an luchd-obrach a lùghdachadh. Cùisean slàinte a' tighinn am bàrr. Buaidh air foincsean airson libhrigeadh an aghaidh planaichean.	10% gu 14%	Feum air gnìomhan a bharrachd gus dèiligeadh ri neo-ghèilleadh agus prògram leasachaidh coileanta an gnìomh..
4	Chan eil maoinachadh gu leòr ann, a' leantainn gu buaidh mi-shealbhar air pàirtean den foincsean libhrigeadh againn.	Briseadh foincsean airson ùine fhada. Iarbhàilean mòra.	Cron mòr air misneachd an luchd-ùidh - impleachd san fhad-ùine air an dàimh	Craoladh air na meadhanan nàiseanta/sòisealta le buaidh mhòr agus sa mheadhan-ùine air cliù Bòrd na Gàidhlig.	Luchd-obrach a' fàgail an t-seirbhis. Eu-comas airson foincsean agus amasan a ruigsinn. Chan urrainn do Bhòrd na Gàidhlig na prìomhachasan ro-innleachdail libhrigeadh.	15% gu 25%	Dùbhlain mòra a thaobh gèilleadh agus prògram leasachaidh farsaing an gnìomh.
5	Fàilleadh a chum leis na chaidh teachd-a-steach, bidh buaidh air a h-uile pàirt den libhrigeadh foincsean againn, feum airson eadar-theachd bhon Riaghaltas	Fàilleadh na foincsean againn libhrigeadh	A' dèanamh sgrìos de misneachd an luchd-ùidh, buaidh glè mhòr air misneachd a dh'ath-thogail airson dàimh sam bith san àm ri teachd	Dunaidh mhòr PR, cron mhòr agus fad-ùine air cliù Bòrd na Gàidhlig	Eu-comas libhrigeadh an aghaidh plana chorpóra no dùilean nam ministear.	>25%	Neo-ghèilleadh chun na h-ìre is gum bi feum air eadar-theachd bhon Riaghaltas.

4.4 Tha an sgòr ag innse dè cho coltach 's a tha e gun nochd a' chunnart, agus tha e cuideachd a' gabhail a-steach sgèile airson pròiseactan sònraichte atharrachadh no raointean-obrach ùra.

Sgòr	Mìneachadh
1	Glè Bheag - Far a bheil tachartas neo-dhàicheil no glè mhì-choltach
2	Beag - Far am faod tachartas a thachair ach tha e nas coltaiche nach tachair e
3	Meadhanach Mòr - Far a bheil e coltach no dàicheil gun tachair tachartas
4	Mòr - Far a bheil e glè choltach gun tachair tachartas
5	Glè Mhòr - Far a bheil e gu bhith cinnteach gun tachair tachartas

4.5 Far a bheil sgòr aig cunnart, gheibh e sgòr Glè Mhòr, Mhòr, Meadhanach Mòr no Beag.

Coltachd	5	B	MM	M	GM	GM
	4	B	MM	M	M	GM
	3	B	MM	M	M	M
	2	B	B	M	MM	MM
	1	B	B	B	B	B
		1	2	3	4	5
		buaidh				

4.6 Nuair a chuir sinn Rangachadh Cunnartan ann tha sinn a' cleachdadh nan slat-tomhais a leanas airson dearbhachadh dè dh'fheumas sinn a dhèanamh. Tha seo a' dèanamh pàirt den miannachd chunnart againn.

Glè Mhòr	Sgòr airson Cunnairt 20-25	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar gnìomhan lasachaidh a chur an sàs sa bhad agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Mhòr	Sgòr airson Cunnairt 12-16	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar rianan-smachd a chur an sàs gus an cunnart a lùghdachadh agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Meadhanach Mòr	Sgòr airson Cunnairt 6-10	Faodar rianan-smachd a chur an sàs no faodar gabhail ris a' chunnart. Nithear sgrùdadh air gach ràith.
Beag	Sgòr airson Cunnairt 1-5	Gabhar ris an ìre de chunnart seo, fhad 's a nithear sgrùdadh air gach sia mìosan.

4.7 Cho luath 's a chaidh sgrùdadh a dhèanamh air cunnart tha e deatamach dearbhachadh dè am freagairt as iomchaidh airson dèiligeadh ris. Tha còig dòighean taisgte airson dèiligeadh ri chunnartan. Tha iad:

Gabh ris - Gabhar ri iarbhailean a' chunnairt ma thachras e. Ma thathar a' fulang a' chunnairtchan feumar rianan-smachd a chur ann agus mar sin feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach ràith.

Dèilig ris - Gabhar gnìomh gus lùghdachadh coltachd agus/no buaidh a' chunnairt.

Gluais e - Thoir ear às pàirt den chunnart gu cuideigin eile

Cuir às dha - Sguirear dheth an gnìomh/cleas aig a bheil a' chunnart ma tha seo iomchaidh

Gabh cothrom - Roinnear an cunnart le com-pàirtiche an sàs anns an obair

5. DREUCHDAN AGUS DLEASTANASAN

5.1 Tha dleastanas aig a' Bhòrd airson dèanamh cinnteach gu bheil ullachaidhean èifeachdach ann airson neo-theagmhaidheachd a sholarachadh air riaghladh chunnartan. Nì buill a' Bhùird sgrùdadh air a' chlàr-chunnairt ro-innleachdail aig coinneamh a' bhùird gach ràith agus dearbh-aithnichidh iad roinn cunnairt ùra airson a' bhuidhinn.

5.2 Tha Comataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd (CSD) a' solarachadh taic dhan a' Bhòrd a thaobh cùisean riaghladh, stiùireadh agus cumail smachd air cunnart. Nì iad ath-sgrùdadh air a' chlàr-chunnairt ro-innleachdail aig coinneamhan ràitheil, le fiosrachadh air meudachadh/lùghdachadh anns na cunnartan solarachta.

- 5.3 Tha dleastanas aig an Sgioba Stiùiridh airson a' chlàr-chunnairt ro-innleachdail a leasachadh agus airson gnìomhan a chur air dòigh gus chunnartan fheabhasachadh. Tha iad ainmichte fa leth agus tha dleastanasan aca airson cunnartan sònraichte. Tha dleastanas aca cuideachd airson leasachadh agus marasgladh a' chlàr-chunnairt obrachaidh aig an aon àm 's a tha iad a' cur air dòigh gnìomhan ainmichte, an aon rud ris a' chlàr-chunnairt ro-innleachdail. Bu chòir dhaibh cuideachd fios a thoirt don Chomataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd air cunnart ro-innleachdail ùr sam bith a thig am bàrr eadar nan coinneamh ACC.

6. CLÀR-CHUNNAIRT OBRACHAIDH

- 6.1 Tha an clàr-chunnairt obrachaidh a' dearbh-aithneachadh nan cunnart ro coileanadh nan amasan obrachaidh. Thathar a' sealltainn air cunnartan anns an aon dòigh-measaidh ris a' chlàr-chunnairt ro-innleachdail agus thèid na h-aon prionnsabalan a chleachdadh airson sealltainn air cunnartan. A-rithist, thèid gach cunnart a riarachadh gu ball an Sgioba Stiùiridh aig a bhios dleastanas air a shon. Thèid an clàr-chunnairt obrachaidh ath-ùrachadh aig coinneamhan an Sgioba Stiùiridh gach mìos agus thèid aithisg dhan Chomataidh Sgrùdaidh agus an uair sin dhan a' Bhòrd.

7. LÈIRMHEAS

- 7.1 Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air miannachd chunnairt Bòrd na Gàidhlig gach bliadhna agus bithear a' beachdachadh air leis a' Bhòrd airson dearbhachadh gu bheil a' mhiannachd fhathast iomchaidh airson amasan ro-innleachdail am fàire a' bhuidhinn sholarachadh an lorg factaran agus cuingealachdan taobh a-muigh agus taobh a-staigh.

Shona C NicIlinnein
Ceannard
01.06.2020

Mhi-chinntean Ro-innleachdail

Seisean Fosgailte: Cuspair 13.2

Àireamh a' Chunnairt	Mineachadh air a' Chunnart	Buaidh a' chunnairt (nan tigeadh an cunnart gu bith, sgrìobhaibh na rudan a dh'fhaodadh tachairt)	Rianan-smachd gan Cur an Sàs (Le bhith a' gabhail ealla ris a' bhuaidh, sgrìobhaibh dè tha a dh'fhàidh gus buaidh a' chunnairt a lùghdachadh)	Gnìomh Gabh ris / Dèilig ris / Gluais e / Cuir às dha / Gabh Cothrom	Ceann-latha air an deach a chomharra chadh	Nuair a rinneadh an sgrùdadh mu dheireadh air rianan-smachd	Measadh Làithreach air a' Chunnart			Sgòr a bh' ann roimhe	Glusad san ìre de Chunnart	Sgòr gun ghniomhan lasachaidh			Cò ris a tha an cunnart an urra
							A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt						
1.1	Buaidh Covid-19 air seann-dhaoine	A' call pàirt mhòr de ghinealach luchd-labhairt fileanta na Gàidhlig aig a bheil beartas briathrachas agus eòlas cultarail, a' lagachadh bunait a' chànain.	A' dèanamh cinnteach gun tèid obair a dhèanamh sa bhad gus conaltradh bhiorail a mheudachadh eadar seann daoine agus daoine òga	Dèilig ris: Còmhla ri com-pàirtichean, brosnachaich conaltradh thar ghinealach airson aonarachd nan seann-dhaoine lùghdachadh agus tar-aiseag cànan a mheudachadh.	Màrt 2020	Cèitean 2021	3	2	6	12	↓	4	3	12	Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd
1.2	Lùghdachadh san eaconomaidh, a' fàgail gu bheil ìre nas lugha de mhaoineachadh poblach ann agus feum a bharrachd airson maoineachadh ann an seirbhisean cùraim èiginneach (b' e seo puing 4.2 sa chlàr mu dheireadh)	Ìre nas lugha de mhaoineachadh airson leasachadh na Gàidhlig	A' dèanamh cinnteach gu bheil Feabhas Luach na prìomh phrionnsabal ann am modh-obrach Bòrd na Gàidhlig.	Dèilig ris: Tha Bòrd na Gàidhlig a' leantainn air ag obair a rèir prionnsabalan Feabhas Luach. Gabh ris Ullaich suidheachaidhean àrd-ìre stèidhichte air prìomhachasan leasachaidh air eagal 's gum bi maoineachadh nas lugha ann Gabh cothrom: Co-obrach le buidhnean eile san roinn phoblaich airson roghainn seirbheis co-roinnte a meudachadh agus gus beachdachadh air co-obrachadh a bharrachd	Giblean 2019	Cèitean 2021	4	4	16	16	→	4	4	16	Ceann Ionmhais is Cùisean Corporra
1.3	Chan urrainn do com-pàirtichean pròiseactan a libhrachadh (a chaidh a mhaoineachadh le BnG)	Ìre nas lugha de ghniomhan anns a' Ghàidhlig; comas nas lugha airson nam prìomhachasan ro-innleachdail aig BnG a libhrigeadh.	Co-obrachadh le com-pàirtichean airson beachdachadh air roghainn eile agus gus roghainnean eile a chruthachadh.	Dèilig ris: Lean air le conaltradh gu tric leis na prìomh bhuidhnean maoinichte. Gabh cothrom: A' beachdachadh air, còmhla ri com-pàirtichean, roghainn eile no leasachaidhean ùra airson taic a chur ri libhrigeadh seirbheis na Gàidhlig. Cuir fòcas air ath-stèidheachadh tachartasan aghaidh-ri-aghaidh a chumas taic ri cleachdadh na Gàidhlig ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig.	Giblean 2020	Cèitean 2021	4	2	8	12	↓	4	4	16	Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd
1.4	Call luchd-obrach air sgàth tinneis	Comas lùghdaichte obair BnG a dhèanamh agus buaidh air misneachd an luchd-obrach.	Prògram taic airson luchd-obrach ag obair bhon taigh.	Dèilig ris: Ath-sgrùdaich prìomhachasan na buidhne. Dèan cinnteach gu bheil sunnd na phrìomhachas airson luchd-obrach agus airson a' bhùird. Cuir an gnìomh pròtacalan ùra gu làidir gus an cunnart bho thinneas a lùghdachadh nuair a gheibhear cead a bhith ag obair san oifis a-rithist	Màrt 2020	Cèitean 2021	4	2	8	12	↓				Ceannard
1.5	Lùghdachadh ann an tarbhadh an luchd-obrach	Lùghdachadh air comas gus obair BnG a libhrigeadh mar thoradh air a' obair bhon taigh.	Prògram taic do luchd-obrach ann a bhith ag obair bhon taigh.	Dèilig ri Dèan ath-sgrùdadh air prìomhachasan na buidhne.	Màrt 2021	Cèitean 2021	4	2	8	-	-	4	4	16	Ceannard

Glè Mhòr	Sgòr airson Cunnart 20-25	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar gnìomhan lasachaidh a chur an sàs sa bhad agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Mòr	Sgòr airson Cunnart 12-19	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar rianan-smachd a chur an sàs gus an cunnart a lùghdachadh agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Meadhanach Mòr	Sgòr airson Cunnart 6-11	Faodar rianan-smachd a chur an sàs no faodar gabhail ris a' chunnart. Nithear sgrùdadh air gach ràith.
Beag	Sgòr airson Cunnart 1-5	Gabhar ris an ìre de chunnart seo, fhad 's a nithear sgrùdadh air gach sia mìosan.

Cho luath 's a thèid sgrùdadh a dhèanamh air cunnart tha e deatamach co-dhùnadh dè an fhreagairt as iomchaidh airson dèiligeadh ris. Tha còig dòighean ann airson dèiligeadh ri cunnartan. 'S iad:

- Gabh ris** – Gabh ri buaidh a' chunnairt ma thachras e. Ma thathar a' fulang a' chunnairt chan fheumar rianan-smachd a chur ann agus mar sin feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach ràith.
- Dèilig ris** - Gabh gnìomh gus coltachd agus/no buaidh a' chunnairt a lùghdachadh.
- Gluais e** - Thoir air falbh pàirt den cunnart is thoir seo do chuideigin eile.
- Cuir às dha** - Sguir den gnìomh aig a bheil a' chunnart ma tha seo iomchaidh.
- Gabh cothrom** – Co-roinn an cunnart le com-pàirtiche eile a tha an sàs anns an obair.

Mhi-chinntean Ro-innleachdail

Seisean Fosgailte: Cuspair 13.2

Àireamh a' Chunnairt	Mineachadh air a' Chunnart	Buaidh a' chunnairt (nan tigeadh an cunnart gu bith, sgrìobhaibh na rudan a dh'fhaodadh tachairt)	Rianan-smachd gan Cur an Sàs (Le bhith a' gabhail ealla ris a' bhuaidh, sgrìobhaibh dè tha a dh'fhios a' chunnairt a lùghdachadh)	Gnìomh Gabh ris / Dèilig ris / Gluais e / Cuir às dha / Gabh Cothrom	Ceann-latha air an deach a chomharra chadh	Nuair a rinneadh an sgrùdadh mu dheireadh air rianan-smachd	Measadh Làithreach air a' Chunnart			Sgòr a bh' ann roimhe	Glusad san ìre de Chunnart	Sgòr gun ghniomhan lasachaidh	Cò ris a tha an cunnart an urra
							A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt				
		bhuaidh aig glasadh-sìos leantainneach.		Gabh Cothrom Dèan cinnteach gum faigh an fheadhainn as buailtiche buaidh a bhith orra an cothrom gus tilleadh gu obair na h-oifis an toiseach.									

2. Tha barrachd dhaoine a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd bhon Ghàidhlig aig obair, aig an taigh agus anns a' choimhearsnachd.

2.1	Tha coimhearsnachdan traidiseanta na Gàidhlig a' fàs nas aosta agus a' lùghdachadh	Bidh dìth feachd-obrach a tha gnìomhach gu h-eaconomach a' lùghdachadh chothroman airson tar-chur eadar-ghinealach agus airson cleachdadh	A' dèanamh cinnteach gu bheil na poileasaidhean a tha buntainn ri coimhearsnachdan Gàidhlig ag amas air òganaich a chumail agus a tharraing a-steach.	Dèilig ris: Gàidhlig a bhith mar phàirt ann an leasachadh poileasaidhean. Cuir ri co-chomhairleachaidhean poblach. Gabh cothrom Cuir taic ri iomairtean a tha ag amas air daoine a chumail agus a tharraing a-steach do choimhearsnachdan na Gàidhlig, a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh bhuidhnean gus faicinn gur e cothrom a th' ann an obair bhon taigh airson òganaich a bhith a' fuireach anns na h-eileanan. Cleachdaibh co-chomhairleachaidh beò agus an obair ùr timcheall air a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig #4 gus barrachd conaltradh a dhèanamh le coimhearsnachdan traidiseanta. Cùm oirnn a bhith a' cur cuideam air na teachdaireachdan anns a' Phlana Nàiseanta mun bhuaidh aig ceistean sòisio-eaconomach.	Samhain 2019	Cèitean 2021	3	3	9	9	→	4	3	12	Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd
2.2	Cunntais-shluaigh na h-Alba 2021 (air a chur air ais gu 2022)	Bhiodh droch bhuaidh aig lùghdachadh leantail each luchd-labhairt na Gàidhlig air sealladh a' phobaill agus an luchd-poilitigs.	A' brosnachadh luchd-labhairt na Gàidhlig na sgilean Gàidhlig aca aithneachadh anns a' chunntais-shluaigh.	Gabh ris: Ro-innleachd conaltraidh gus daoine a bhrosnachadh gus na sgilean Gàidhlig aca aithneachadh ann an cunntais-shluaigh na h-Alba (2022 a nis). Ro-innleachd conaltraidh ann mus tig tòraidhean a' chunntais-shluaigh a-mach. Gabh cothrom: Brosnaich duine sam bith aig a bheil sgilean Gàidhlig gus pàirt a ghabhail ann am pròiseas a' chunntais-shluaigh. Cleachd an seisean fiosrachaidh a tha san amharc le Clàran Nàiseanta na h-Alba agus na buidhnean Gàidhlig gus an ro-innleachd conaltraidh fhiosrachadh.	Samhain 2019	Cèitean 2021	3	2	6	6	→	4	3	12	Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd
2.3	Eaconamaidh	Bidh maoinachadh lùghdaichte airson buidhnean poblach a' fàgail gu bheil nas lugha air a chosg air a' Ghàidhlig.	A' co-obrachadh le buidhnean poblach gus am brosnachadh gus taic a chumail suas airson na Gàidhlig.	Dèilig ris: Dèan an argamaid gur e so-mhaoine eaconomaigeach a th' anns a' Ghàidhlig Deasaich Planaichean Gàidhlig a bhios ag adhartachadh nam prìomhachasan riatanach.	Samh 2019	Cèitean 2021	4	4	16	16	→	4	4	16	Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Glè Mhòr	Sgòr airson Cunnairt 20-25	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar gnìomhan lasachaidh a chur an sàs sa bhàd agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Mòr	Sgòr airson Cunnairt 12-19	Cha ghabhar ris an ìre de chunnart seo agus feumar rianan-smachd a chur an sàs gus an cunnart a lùghdachadh agus feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach mìos.
Meadhanach Mòr	Sgòr airson Cunnairt 6-11	Faodar rianan-smachd a chur an sàs no faodar gabhail ris a' chunnart. Nithear sgrùdadh air gach ràith.
Beag	Sgòr airson Cunnairt 1-5	Gabhar ris an ìre de chunnart seo, fhad 's a nithear sgrùdadh air gach sia mìosan.

Cho luath 's a thèid sgrùdadh a dhèanamh air cunnart tha e deatamach co-dhùnadh dè an fhreagairt as iomchaidh airson dèiligeadh ris. Tha còig dòighean ann airson dèiligeadh ri cunnartan. 'S iad:

- **Gabh ris** – Gabh ri buaidh a' chunnairt ma thachras e. Ma thathar a' fulang a' chunnairt chan fheumar rianan-smachd a chur ann agus mar sin feumar sgrùdadh a dhèanamh air a' chunnart gach ràith.
- **Dèilig ris** - Gabh gnìomh gus coltachd agus/no buaidh a' chunnairt a lùghdachadh.
- **Gluais e** - Thoir air falbh pàirt den cunnart is thoir seo do chuideigin eile.
- **Cuir às dha** - Sguir den gnìomh aig a bheil a' chunnart ma tha seo iomchaidh.
- **Gabh cothrom** – Co-roinn an cunnart le com-pàirtiche eile a tha an sàs anns an obair.

Ùrachadh mu dheireadh:
26.05.2021

Mhi-chinntean Ro-innleachdail

Seisean Fosgailte: Cuspair 13.2

Àireamh a' Chunnairt	Mineachadh air a' Chunnart	Buaidh a' chunnairt (nan tigeadh an cunnart gu bith, sgrìobhaibh na rudan a dh'fhoadadh tachairt)	Rianan-smachd gan Cur an Sàs (Le bhith a' gabhail ealla ris a' bhuaidh, sgrìobhaibh dè tha a dh'ith gus buaidh a' chunnairt a lùghdachadh)	Gnìomh Gabh ris / Dèilig ris / Gluais e / Cuir às dha / Gabh Cothrom	Ceann-latha air an deach a chomharrachadh	Nuair a rinneadh an sgrùdadh mu dheireadh air rianan-smachd	Measadh Làithreach air a' Chunnart			Sgòr a bh' ann roimhe	Glusad san ìre de Chunnart	Sgòr gun ghniomhan lasachaidh	Cò ris a tha an cunnart an urra
							A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt				
<p>Tha am Bòrd Stiùiridh air Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd a stèidheachadh mar Chomataidh den Bhòrd Stiùiridh gus taic a chumail ris na dleastanasan aige a thaobh chùisean co-cheangailte ri rianachd chunnartan, smachd agus riaghladh agus dearbhadh co-cheangailte ri sin tro phròiseas le sgrùdadh, ath-bhreithneachadh agus ceasnachadh cuideachail.</p> <p>Ballrachd</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha na buill den chomataidh nam Buill Bùird: Stiubhairt MacLeòid, Ailean Caimbeul agus Jennifer Gilmour • Bidh Stiubhairt MacLeoid na chathraiche air a' chomataidh. • Bheir Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra taic rùnaireachd dhan chomataidh. <p>Ag aithris</p> <ul style="list-style-type: none"> • Bidh a' chomataidh ag aithris gu foirmeil ann an sgrìobhadh dhan Bhòrd agus dhan Oifigear Chunntachail às dèidh gach coinneimh. Mar as trice bidh lethbhreac de gheàrr-chunntas na coinneimh mar bhunait na h-aithris. • Bheir a' chomataidh Aithisg Bhliadhnail dhan Bhòrd agus dhan Oifigear Chunntachail, ann an ùine gu leòr gus crìoch a chur air na cunntasan agus air an aithris air riaghladh, le geàrr-chunntas air na co-dhùnaidhean aice bhon obair a rinn i tron bhliadhna. <p>Dleastanasan</p> <p>Bheir a' chomataidh comhairle dhan Bhòrd agus dhan Oifigear Chunntachail air:</p> <ul style="list-style-type: none"> • na pròiseasan airson rianachd chunnartan, smachd agus riaghladh agus air an aithris air riaghladh; • na poileasaidhean cunntasachd, na cunntasan, agus aithisg bhliadhnail na buidhne, a' gabhail a-steach a' phròiseas airson lèirmheas a dhèanamh air na cunntasan mus tèid an cur chun an luchd-sgrùdaidh, na mearachdan a thèid a lorg, agus litir-dhearbhaidh an luchd-stiùiridh dhan luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh; • na gnìomhan a tha fa-near dhan luchd in-sgrùdaidh agus dhan luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh agus toraidhean na h-obrach aca; 	<p>The Board has established an Audit and Assurance Committee as a Committee of the Board to support it in their responsibilities for issues of risk management, control and governance and associated assurance through a process of scrutiny, review and constructive challenge.</p> <p>Membership</p> <ul style="list-style-type: none"> • The members of the committee are Board Members: Stewart MacLeod, Allan Campbell, and Jennifer Gilmour • The committee will be Chaired by Stewart MacLeod • The committee will be provided with a secretariat function by the Head of Finance and Corporate Affairs. <p>Reporting</p> <ul style="list-style-type: none"> • The committee will formally report in writing to the Board and Accountable Officer after each meeting. A copy of minutes of the meeting will usually form the basis of the report. • The committee will provide the Board and Accountable Officer with an Annual Report, timed to support finalisation of the accounts and the governance statement, summarising its conclusions from the work it has done during the year. <p>Responsibilities</p> <p>The committee will advise the Board and Accountable Officer on:</p> <ul style="list-style-type: none"> • the strategic processes for risk management, control and governance and the governance statement; • the accounting policies, the accounts, and the annual report of the organisation, including the process for review of the accounts prior to submission for audit, levels of error identified, and management's letter of representation to the external auditors; • the planned activity and results of both internal and external audit;

Seisean Fosgailte : Cuspair 15.1 PT2

<ul style="list-style-type: none"> • iomchaidheachd freagairt an luchd-stiùiridh do chùisean a chaidh a chomharrachadh le obair sgrùdaidh, a' gabhail a-steach litir/aithisg riaghlaidh an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh; • èifeachdachd na h-àrainneachd smachd taobh a-staigh na buidhne; • barantasan a thaobh riathanasan riaghladh corporra na buidhne; • molaidhean airson seirbheisean in-sgrùdaidh a chur a-mach gu tairgse • poileasaidhean an aghaidh foill, poileasaidhean an aghaidh bribeachd, poileasaidh airson draghan fhoillseachadh, agus ullachaidhean airson sgrùdaidhean sònraichte. <p>Nì a' Chomataidh ath-bhreithneachadh agus nì e ceasnachadh air na rudan a leanas far a bheil sin a dhìth:</p> <ul style="list-style-type: none"> • cunbhalachd nam poileasaidhean cunntasachd tron bhuidhinn air fad agus atharrachadh sam bith anns na poileasaidhean cunntasachd seo; • na dòighean a thèid a chleachdadh airson cunntas a thoirt air gnòthaichean cudromach no neo-àbhaisteach far am faodadh diofar dhòighean-obrach a bhith ann; • co-dhiù a tha a' bhuidheann air ìrean cunntasachd iomchaidh a leantainn agus air tuairmsean agus breithneachaidhean iomchaidh a dhèanamh, agus iad a' toirt fa-near do bheachdan an luchd in-sgrùdaidh agus an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh. <p>Nì a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd ath-sgrùdadh gach bliadhna air an èifeachdas fhèin agus bheir iad cunntas air toraidhean an ath-sgrùdaidh sin dhan Bhòrd agus dhan Oifigear Chunntachail. Beachdaichidh Cathraiche na Comataidh air ath-sgrùdadh sam bith air Ballrachd le Cathraiche a' Bhùird.</p> <p>Còraichean Faodaidh a' chomataidh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • buill a bharrachd a cho-thaghadh gus sgilean, fios agus eòlas sònraichte a thoirt dhan bhuidhinn; • comhairle shònraichte fhaighinn air stèidh ad-hoc agus sin air a phàigheadh leis a' bhuidhinn, le ùmhlachd do chead buidseit bhon Bhòrd no bhon Oifigear Chunntachail. <p>Ruigsinneachd Bidh cothrom aig an Neach In-sgrùdaidh agus aig riochdaire bhon luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh buidhinn ri Cathraiche na Comataidh gu saor agus gu dìomhair</p>	<ul style="list-style-type: none"> • the adequacy of management response to issues identified by audit activity, including external audit's management letter/report; • the effectiveness of the internal control environment; • assurances relating to the corporate governance requirements for the organisation; • proposals for tendering for internal audit services • anti-fraud policies, anti-bribery policies, whistleblowing policy, and arrangements for special investigations. <p>The Committee shall review and challenge where necessary:</p> <ul style="list-style-type: none"> • the consistency of, and any changes to, accounting policies across the organisation; • the methods used to account for significant or unusual transactions where different approaches are possible; • whether the organisation has followed appropriate accounting standards and made appropriate estimates and judgements, taking into account the views of the internal and external auditors. <p>The Audit and Assurance Committee will also annually review its own effectiveness and report the results of that review to the Board and Accountable Officer. The Chair of the Committee will consider any review of Membership with the Chair of the Board.</p> <p>Rights The committee may:</p> <ul style="list-style-type: none"> • co-opt additional members to provide specialist skills, knowledge and experience; • procure specialist ad-hoc advice at the expense of the organisation, subject to budgetary approval by the Board or Accountable Officer. <p>Access The Internal Auditor and the representative of External Audit will have free and confidential access to the Chair of the Committee.</p>
--	--

Seisean Fosgailte : Cuspair 15.1 PT2

Coinneamhan

Is iad seo na dòighean-obrach airson choinneamhan:

- coinnichidh a' chomataidh co-dhiù ceithir tursan sa bhliadhna, **gu h-àbhaisteach gach trì mìosan**. Bidh seo a' tachairt gu àbhaisteach ro choinneamh a' bhùird-stiùiridh, le ùine gu leòr son pàipearan a dhol air adhart do choinneamh a' bhùird-stiùiridh a' leantainn air choinneamh a' chomataidh. Faodaidh Cathraiche na Comataidh coinneamhan a bharrachd a chur air dòigh nuair a bhios seo iomchaidh na b(h)eachd.
- feumaidh dithis bhall den chomataidh aig a' char as lugha a bhith an làthair aig coinneamh airson cuòram.
- mar as trice, bidh an t-Oifigear Cunntachail, Ceann an Ionmhais **is Chùisean Corporra**, an Neach In-sgrùdaidh, agus riochdaire bhon Luchd-sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh an làthair aig coinneamhan comataidh.
- faodaidh a' chomataidh iarraidh air oifigear sam bith eile aig a' bhuidhinn a bhith an làthair gus cuideachadh leis na còmhraidhean aca air cùis shònraichte sam bith;
- faodaidh a' chomataidh iarraidh air duine sam bith no a h-uile duine a bhios mar as trice a' frithealadh coinneamhan na comataidh, ach nach eil nam buill, a' choinneamh fhàgail gus an gabh cùisean sònraichte a dheasbad ann an dòigh fhosgailte is fhosgarra;
- dh'fhaodte gun iarr am Bòrd no an t-Oifigear Cunntachail air a' chomataidh coinneamhan a bharrachd a chur air dòigh gus beachdachadh air cuspairean sònraichte air a bheil iad ag iarraidh beachdan na comataidh.

Riathanasan fiosrachaidh

Airson gach coinneamh, thèid na leanas a thoirt dhan chomataidh:

- aithisg le geàrr-chunntas air atharrachadh susbainteach sam bith ann an Clàr-chunnartan na buidhne;
- aithisg adhartais bhon Neach In-sgrùdaidh a' toirt geàrr-chunntas air:
 - obair a rinneadh (agus coimeas ris an obair a bha air a planadh);
 - prìomh cheistean ag èirigh às an obair In-sgrùdaidh;
 - freagairt an luchd-stiùiridh do mholadh sgrùdaidh sam bith;
 - atharrachaidhean susbainteach air a' phlana sgrùdaidh;
 - ceist sam bith a thaobh stòrasan a tha a' toirt buaidh air lìbhrigeadh amasan in-sgrùdaidh;
- aithisg adhartais bhon riochdaire bhon Luchd-sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh a tha a' toirt geàrr-chunntas air obair a rinneadh agus air na co-dhùnaidhean a tha a' tighinn am bàrr;

Meetings

The procedures for meetings are:

- the committee will meet at least four times a year, **broadly every three months**. This will normally precede board meetings with sufficient time intervals for papers from the committee to be presented to the following board meeting. The Chair of the Committee may convene additional meetings, as he/she deems necessary;
- a minimum of two members of the committee will be present for the meeting to be deemed quorate;
- committee meetings will normally be attended by the Accountable Officer, the Head of Finance **and Corporate Affairs**, the Internal Auditor, and a representative of External Audit
- the committee may ask any other officials of the organisation to attend to assist it with its discussions on any particular matter;
- the committee may ask any or all of those who normally attend but who are not members to withdraw to facilitate open and frank discussion of particular matters;
- the Board or Accountable Officer may ask the committee to convene further meetings to discuss particular issues on which they want the committee's advice.

Information requirements

For each meeting the committee will be provided with:

- a report summarising any significant changes to the organisation's Risk Register;
- a progress report from the Internal Auditor summarising:
 - work performed (and a comparison with work planned);
 - key issues emerging from Internal Audit work;
 - management response to audit recommendations;
 - significant changes to the audit plan;
 - any resourcing issues affecting the delivery of Internal Audit objectives;
- a progress report from the External Audit representative summarising work done and emerging findings;

Seisean Fosgailte : Cuspair 15.1 PT2

<ul style="list-style-type: none"> • aithisg adhartais bho Bhuidheann-stiùiridh a’ Phlana Leasachaidh, cho fad ’s a bhios e ann. <p>Nuair a bhios e iomchaidh, thèid na rudan a leanas a thoirt dhan comataidh cuideachd:</p> <ul style="list-style-type: none"> • aithisgean le fios as ùr air obair na buidhne bhon Oifigear Chunntachail; • am Plana In-sgrùdaidh bliadhnail a tha a’ mìneachadh nam Bun-riaghailtean agus na Ro-innleachd • Beachd agus Aithisg Bhliadhnail an Neach In-sgrùdaidh; • aithisgean dearbhachd càileachd air obair In-sgrùdaidh; • dreachd de chunntasan na buidhne; • an dreachd den aithris air riaghladh; • aithisg air atharrachadh sam bith air poileasaidhean cunntasachd; • An litir/aithisg stiùiridh aig an Luchd-sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh; • aithisg air moladh sam bith gus seirbheisean sgrùdaidh a chur a-mach gu tairgse; • aithisg air co-obrachadh eadar an Neach In-sgrùdaidh is an Luchd-sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh; • aithisg air na pròiseasan an aghaidh foill agus bribearachd agus air mar a thathar a’ coileanadh nam pròiseasan sin; • aithisgean bho thùsan eile taobh a-staigh nan “trì loidhnichean dearbhachd” anns an Fhrèam Dearbhachd aig Bòrd na Gàidhlig. 	<ul style="list-style-type: none"> • a progress report from the Improvement Plan Steering Group so long as it exists. <p>As and when appropriate, the committee will also be provided with:</p> <ul style="list-style-type: none"> • business update reports from the Accountable Officer; • the annual Internal Audit Plan detailing Terms of Reference and Strategy • the Internal Auditor’s Annual Opinion and Report; • quality assurance reports on the Internal Audit function; • the draft accounts of the organisation; • the draft governance statement; • a report on any changes to accounting policies; • External Audit's management letter/report; • a report on any proposals to tender for audit functions; • a report on co-operation between Internal and External Audit; • a report on the anti-fraud and anti-bribery arrangements and performance; • reports from other sources within the "three lines of assurance" in Bòrd na Gàidhlig's Assurance Framework
---	--



**BUN-RIAGHAILTEAN
PANNAL NAM PLANAICHEAN GÀIDHLIG**

**TERMS OF REFERENCE
GAELIC PLANS PANEL**

Air aontachadh le/Approved by: **Am Bòrd Stiùiridh – The Board**

Air aontachadh air/Approved on: **xx-xx-2021**

Ath-nuadhachadh a dhìth/Review due on: **xx-xx-2022**

Seisean Fosgailte : Cuspair 15.1 PT3

<p>DLEASTANASAN</p> <p>Mus tèid dreachd phlana Gàidhlig air adhart gu Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan (CPG) a' sireadh aonta, nì Pannal nam Planaichean Gàidhlig (am Pannal) sgrùdadh mionaideach air gach dreach phlana Gàidhlig.</p> <p>Bidh am pannal an urra ri :-</p> <ul style="list-style-type: none"> (a) Moladh a thoirt dhan CPG gun tèid aontachadh ri dreachd phlana no (b) Molaidhean airson atharrachaidhean sam bith a tha a dhìth a chur chun an ùghdarrais phoblach às leth a' Bhùird-stiùiridh gus am bi dreachd phlana deiseil airson aonta CPG. 	<p>RESPONSIBILITIES</p> <p>In advance of seeking approval for a draft Gaelic language plan from the Bòrd's Policy and Resources Committee (PRC), the Gaelic Plans Panel (Panel) will undertake detailed scrutiny of all draft Gaelic language plans.</p> <p>The panel will be responsible for :-</p> <ul style="list-style-type: none"> (a) Recommending to the PRC approval of a draft plan or (b) Proposing any modifications, if any, to the public authority on behalf of the Board until a draft plan is ready for approval by the PRC.
<p>BALLRACHD</p> <p>Is iad buill a' Phannail :-</p> <ul style="list-style-type: none"> • Ball a' Bhùird-stiùiridh, ainmichte gach bliadhna às leth na Comataidh Poileasaidh is Goireasan (CPG) • Ball a' Bhùird-stiùiridh, ainmichte gach bliadhna às leth na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachadh (CSD) <p>Bidh aon de na buill den Bhòrd-stiùiridh ainmichte anns a' chathair aig a' Phannal.</p>	<p>MEMBERSHIP</p> <p>Members of the Panel are :-</p> <ul style="list-style-type: none"> • A Board member, nominated annually by the Policy and Resources Committee (PRC) • A Board member, nominated annually by the Audit & Assurance Committee (AAC) <p>The Panel will be chaired by one of the nominated Board members.</p>
<p>CÒRAICHEAN</p> <p>Faodaidh am Pannal:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Buill a bharrachd a cho-thaghadh gus sgilean, fios agus eòlas sònraichte a thoirt dhan Phannal. • Comhairle shònraichte fhaighinn air stèidh ad-hoc agus sin air a phàigheadh leis a' bhuidhinn, le ùmhlachd do chhead buidseit bhon Bhòrd-stiùiridh no bhon Cheannard. 	<p>RIGHTS</p> <p>The Panel may:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Co-opt additional members to provide specialist skills, knowledge and experience to the Panel. • Procure specialist ad-hoc advice at the expense of the organisation, subject to budgetary approval by the Board or Ceannard.
<p>COINNEAMHAN</p> <p>Is iad modhan na coinneamhan:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Coinnichidh am Pannal nuair a bhios feum air gus sgrùdadh a dhèanamh air suas ri dà dhreachd phlana Gàidhlig aig gach coinneamh. 	<p>MEETINGS</p> <p>Procedures for meetings are:</p> <ul style="list-style-type: none"> • The Panel will meet as required to provide scrutiny for a maximum of two draft Gaelic language plans per meeting.

Seisean Fosgailte : Cuspair 15.1 PT3

<ul style="list-style-type: none"> • Feumaidh dithis bhall a’ bhùird-stiùiridh a bhith an làthair mus bi coinneamh air a meas cuòraichte – aon bho CPG agus aon bhon CSD. • Mura bheil e comasach do bhall a’ bhùird-stiùiridh ainmichte a bhith an làthair no ma tha iad a’ nochdadh com-pàirt ann am plana a tha fo sgrùdadh, faodaidh ball eile a’ bhùird-stiùiridh bhon CPG no CSD a bhith an làthair nan àite gus am bi riochdachadh ann bho gach comataidh air a’ Phannal. Bidh aonta a dhìth bho chathraiche na comataidh iomchaidh anns an t-suidheachadh seo. • A bharrachd air dithis bhall a’ bhùird-stiùiridh, bidh an Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd agus sgioba nam planaichean (2 x Oifigearan Phlanaichean Cànan agus Oifigear Buileachaidh nam Planaichean) an làthair aig a’ Phannal mar as àbhaist. • Gheibh am Pannal taic bhon sgioba rianachd gus coinneamhan a’ Phannail a chur air dòigh agus gus geàrr-chunntas nan co-dhùnidhean a chumail. • Thèid pàipearan a’ Phannail a sgaoileadh co-dhiù 10 latha ron choinneimh. • Feumaidh buill a’ bhùird-stiùiridh a tha a’ nochdadh com-pàirt ann am plana Gàidhlig aig ùghdarras poblach a tha fo sgrùdadh fios a leigeil gu neach-taic rianachd a’ Phannail cho luath ’s a ghabhas agus chan fhaod iad pàirt a ghabhail anns a’ Phannal nuair a tha sgrùdadh a’ dol air adhart air an dreachd phlana sin. • Faodaidh am pannal iarraidh air oifigich sam bith eile bhon bhuidhinn a bhith an làthair gus cuideachadh le còmhraidhean air cùis shònraichte. 	<ul style="list-style-type: none"> • Two Board members will be present for the Panel to be quorate – one from the PRC and one from the AAC. • If a nominated Board member is unable to attend the Panel or have a conflict of interest with a draft plan being presented, another member from either the PRC or AAC may attend in their place to ensure representation from both committees on the Panel. In this case the replacement Board members will be decided by the appropriate committee chairs. • In addition to the two Board members, the Panel will normally be attended by the Director of Language Planning and Community Developments and the Gaelic Language Plans team (2 x Language Plans Officers and Gaelic Plans Implementation Officer) • The Panel will be provided with support from the administration team to organise Panel meetings and to minute conclusions. • Papers for the Panel will be circulated at least 10 days in advance. • Board members with an interest in a public authority draft Gaelic language plan must declare this to the Panel administrative support officer as soon as possible and withdraw from the Panel whilst that draft plan is scrutinised. • The Panel may ask any other officials of the organisation to attend to assist it with its discussions on any particular matter.
<p>CLAR-AMA</p> <p>Bidh am Pannal ann cho fad ’s a tha am Bòrd-stiùiridh a’ meas gu bheil e iomchaidh. Ma thig am Pannal gu ceann, bu chòir am Bòrd-stiùiridh dearbhadh gu bheil</p>	<p>TIMESCALE</p> <p>The Panel will exist for as long as it is considered appropriate by the Board. If it ceases to exist, the Board</p>

Seisean Fosgailte : Cuspair 15.1 PT3

dòigh fhreagarrach ann gus sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air dreachd phlanaichean Gàidhlig.	should ensure that there is a mechanism to undertake detailed scrutiny of draft Gaelic language plans.
---	--



A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	24.02.2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	15.2

Tìotal a' Phàipeir	Gnàth-riaghailtean a' Bhùird-stiùiridh	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Shona C NicIlinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
-	-	-
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha Èarr-ràdh 1 – Gnàth-riaghailtean	
1.0	Adhbhar	
1.1	'S e as adhbhar don aithisg seo, cothrom a thoirt do Bhuill a' Bhùird-Stiùiridh beachdachadh air atharrachadh ann an Gnàth-riaghailtean a' Bhùird-stiùiridh, agus molaidhean a thoirt seachad ma tha atharraichean sam bith a dhìth gus cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi siostaman-riaghlaidh èifeachdach ann fhathast	
2.0	Cùl-fhiosrachadh	
2.1		
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Thathar den bheachd, ma thèid gabhail ris na Gnàth-riaghailtean ùra gum bi sin a' cuideachadh fosgailteachd na buidhne.	
4.0	Moladh	
4.1	Thathar ag iarraidh air Buill a' Bhùird-stiùiridh: <ul style="list-style-type: none"> Beachdachadh air na Gnàth-riaghailtean, gu sònraichte Earrainn 56 agus 57, agus molaidhean a thoirt seachad, ma tha atharraichean a dhìth; agus an aonta a chur ris na Gnàth-riaghailtean. 	
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach	
5.1	Buidhean air Ionmhas	
	Chan eil buaidh ionmhasail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.	
5.2	Buidhean air Luchd-obrach	
	Bidh buaidhean air dòighean-obrach sa bhuidhinn air sgàth seo.	
5.3	Buidhean air Trèanadh	
	Bidh trèanadh a dhìth sna dòighean-obrach ùra.	
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra	
	Tha na gnàth-riaghailtean a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.	
5.5	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta	
	AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar slugh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag

		obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann	<input type="checkbox"/>
Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach		<input checked="" type="checkbox"/>	
5.6	Buidhean air Cliù		
	Bidh seo a' cur ri cliù na buidhne le a bhith nas fhosgailte.		
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd		
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air Slàinte is Sàbhailteachd.		
5.8	Buidhean Laghail		
	Chan eil buaidh laghail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.		
5.9	Buidhean air Co-ionannachd		
	Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air co-ionannachd.		
5.10	Buidhean air an Àrainneachd		
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith air an àrainneachd.		



GNÀTH-RIAGHAILTEAN

AIRSON COINNEAMHAN FOIRMEIL

BÒRD-STIÙIRIDH BHÒRD NA GÀIDHLIG

STANDING ORDERS

FOR FORMAL MEETINGS OF

BÒRD NA GAIDHLIG'S BOARD

Air aontachadh le/Approved by: **Am Bòrd Stiùiridh – The Board**

Air aontachadh air/Approved on: **2020-05-26**

Ath-nuadhachadh a dhith/Review due on: 02-2022

A' Ghàidhlig is Beurla co-ionnan: CS

Clàr-innse/ Contents

Ro-ràdh	Preamble	3
Ballrachd a' Bhùird-stiùiridh	Board Membership	3
Cuòram	Quorum	4
Cleachdadh na Gàidhlig	Use of Gaelic	5
Tiomnadh cumhachdan	Delegation	5
Clàr nan Coinneamhan	Schedule of Meetings	5
Clàr-gnothaich agus Pàipearan a' Bhùird-stiùiridh	Board Agenda and Papers	6
Pàipearan a' Bhùird-stiùiridh ann an Seiseanan Dùinte	Board Papers dealt with in Closed Session	8
Òrdugh nan Gnothaichean	Order of Business	9
Làthaireachd aig coinneamhan	Attendance at Meetings	9
Ceistean Bùird	Board Questions	9
A' stiùireadh choinneamhan	Chairing of meetings	10
Co-dhùnidhean a' Bhùird-stiùiridh	Board Decisions	11
A' bhòtadh	Voting	12
Co-dhùnidhean air an cur dheth	Deferred Decisions	13
Comhairle dhan bhòrd-stiùiridh	Advice to the Board	13
Clàr nan com-pàirtean - A' clàradh com-pàirt	Declarations of Interest - Making a Declaration	14
A' bhuidh aig nochdadh com-pàirt	Effect of Declaration	14
Ceadan sònraichte	Dispensations	15
Geàrr-chunntasan a' Bhùird-stiùiridh	Board Minutes	15
A' cur bhall à dreuchd rè ùine	Suspension of Members	16
Dìomhaireachd	Confidentiality	17
Fiachanas pearsanta buill a' bhùird-stiùiridh	Personal liability of Board Members	17
A' cur stad sealach air no ag atharrachadh nan Gnàth-riaghailtean	Suspension and amendments of Standing Orders	18

(Tha seo an sàs cuideachd airson coinneamhan Comataidh Bhòrd na Gàidhlig cuideachd mur a tèid an caochladh a ràdh ann am Bun-riaghailtean na Comataidh)

(Applies also to Bòrd na Gàidhlig's Committees unless stated otherwise in Committee Terms of Reference)

Ro-ràdh

Preamble

1 Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh gus dleasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ("An Achd") a choileanadh

Bòrd na Gàidhlig was established to carry out the functions stated in the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 ("the Act").

2 Tha am pàipear seo a' mìneachadh nan dòighean-obrach mionaideach airson a bhith a' ruith choinneamhan Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig. Tha na dòighean-obrach an seo an sàs airson coinneamhan comataidhean a' Bhùird cuideachd mar a bhios iomchaidh, ach a-mhàin ma bhios Comataidh a' cur a ghnàth riaghailtean fhèin air dòigh. Ma nithear seo, feumaidh iad a bhith air an aontachadh leis a' Bhòrd.

This paper sets out the detailed procedures that apply to the conduct of meetings of Bòrd na Gàidhlig's Board. The procedures also apply to meetings of the Committees of the Board as appropriate unless a Committee adopts its own standing orders, in which case they must be endorsed by the Board.

3 Tha na Gnàth Riaghailtean seo a bharrachd air na riatanasan a tha air am mìneachadh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus na h-ullachaidhean anns na sgrìobhainnean a leanas:

These Standing Orders are in addition to the requirements as set out in the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and the provisions set out in the following documents:

- Còd-giùlain airson Buill Bhòrd na Gàidhlig (2002)
- Achd Inbhean Eiticeil sa Bheatha Phoblach is msaa (Alba) (2000)
- Riaghailtean Fiosrachadh Àrainneachdail (Alba) (2004)
- Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) (2002)
- Achd an Dìon Dàta (2018)

- Code of Conduct for Members of Bòrd na Gàidhlig (2002)
- The Ethical Standards in Public Life etc. (Scotland) Act (2000)
- Environmental Information (Scotland) Regulations (2004)
- The Freedom of Information (Scotland) Act (2002)
- The Data Protection Act (2018)

4 Thèid Buill Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a chur an dreuchd leis a' Mhinistear air a bheil Uallach agus bi ballrachd gun a bhith nas lugha na 5, no nas motha na 11, buill àbhaisteach. Thèid aon bhall a bharrachd a thaghadh leis a' Mhinistear air a bheil Uallach airson a bhith na C(h)athraiche.

Bòrd na Gàidhlig's Board members are appointed by the Responsible Minister, and the Board will consist of no fewer than 5, nor more than 11, ordinary members. An additional member is appointed by the Responsible Minister to be the Cathraiche (Chair).

Ballrachd a' Bhùird-stiùiridh

Board Membership

5 Nuair a bhios oifis a' Chathraiche bàn, feumaidh buill àbhaisteach a' bhùird-stiùiridh cuideigin ainmeachadh airson a bhith ann an cathair a' Bhùird gus an tèid cuideigin fhadadh fo fho-pharagraf (1)(b) de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Where the office of Cathraiche is vacant, the ordinary members must elect from amongst themselves a person to chair the Board until an appointment is made under sub-paragraph (1)(b) of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005.

Faodaidh an Cathraiche iar-chathraiche ainmeachadh bho bhuill a' bhùird gus a bhith na c(h)athraiche mas e is nach urrainn don Chathraiche an dreuchd a choileanadh fad ùine ghoirid. 'S e dreuchd pro-tem a tha seo agus cha tèid e an àite an ullachaidh gu h-àrd.

The Cathraiche can nominate a vice-chair from amongst the board members to act as chair in the event that the Cathraiche is unable to carry out the role for a limited term. This is a pro-tem role and will not replace the provision above.

- 6 Tha buill Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig uile air an taghadh mar dhaoine fa leth agus chan ann mar riochdairean aig buidheann. Tha cho fad 's a bhios neach nam ball den bhòrd air a mhìneachadh ann an litir fastaidh a' bhuill.

All Bòrd na Gàidhlig Board members are appointed on an individual basis and not as representatives of organisations. Duration of appointments is as set out in a member's letter of appointment.

Cuòram

- 7 Is e cuòram Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig mòr-chuid de bhuill làithreach a' Bhùird a tha comasach air co-dhùnadh a dhèanamh is aig nach robh ris a' choinneamh fhàgail mar thoradh air com-pàirt a nochdadh, a' gabhail a-steach an neach a tha na c(h)athraiche air a' choinneimh. Cha tèid co-dhùnadh sam bith a dhèanamh aig coinneamh aig bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig mur eil cuòram ann. Thèid na daoine a tha an làthair agus nach robh an làthair a chlàradh ann an geàrr-chunntas gach coinneimh.

Quorum

The quorum of Bòrd na Gàidhlig Board is a majority of members able to make the decision, having not been obliged to withdraw as a result of declaring an interest, including the person chairing the meeting. No decisions will be made at a meeting of Bòrd na Gàidhlig's Board unless a quorum is present. All attendances and absences will be recorded in the minutes of any meeting.

- 8 Ann an cuid de shuidheachaidhean, thèid coinneamhan slàn a chumail air a' fòn, tro ghairmean co-labhairt no co-labhairt bhidio agus thèid am fòrmat aontachadh leis a' Chathraiche.

In some circumstances complete meetings will be held through telephone, conference call or video conference facilities and the format shall be decided by the Chair.

Mar as trice, feumaidh daoine a bhith an làthair ach ann an suidheachaidhean air leth, agus le aonta a' Chathraiche, faodaidh Ball fa leth pàirt a ghabhail air a' fòn, tro cho-labhairt fòn, no co-labhairt bhideo. Cha bhiodh seo iomchaidh ach nuair a bhios suidheachaidhean sònraichte ann a bhiodh a' ciallachadh nach biodh e comasach dhan Bhall a bhith an làthair aig a' choinneimh. Ann an suidheachaidhean mar sin, bhiodh na Buill sin air am meas gu bheil iad an làthair agus mar phàirt den chuòram airson na coinneimh sin. Anns a h-uile suidheachadh, bhiodh an t-ùghdarras deireannach aig a' Chathraiche agus bhiodh e an urra ris a' Bhall rabhadh iomchaidh a thoirt seachad agus an teicneòlas iomchaidh a bhith ri fhaighinn aig àite na coinneimh. Ma tha Ball, gun adhbhar reusanta, air a bhith neo-làthaireach bho choinneamhan Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig airson ùine nas fhaide na 4 mìosan an dèidh a

Participation will normally be in person but, exceptionally and with the agreement of the Chair of the meeting, an individual Member may participate by telephone, conference call or video conference. This would only apply where there are exceptional circumstances which would mean that the Member would otherwise be unable to attend the meeting. In such circumstances, such Members would be deemed to be present and to constitute part of the quorum for the purposes of that meeting. In all circumstances, the Cathraiche would have the final authority and would be dependent on the Member providing suitable notice and the availability of the appropriate technology at the meeting location. If a Member, without reasonable justification, has been absent from meetings of Bòrd na Gàidhlig's Board for a period longer than 4

chèile no airson 3 coinneamhan an dèidh a chèile agus nach deach cead a thoirt seachad leis a' Chathraiche airson seo, bheir an Cathraiche comhairle dhan Mhinistear.

consecutive months or for 3 consecutive meetings and has not been given leave by the Cathraiche, the Cathraiche will advise the Minister.

- 9 Faodar cuireadh a thoirt do bhuill Comataidhean nach eil nam buill de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig, le toil a' Chathraiche, a bhith an làthair aig pàirt no aig làn choinneamh de Bhòrd Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig no taisbeanaidhean a thoirt seachad dhan Bhòrd-stiùiridh. Cha bhi còir bhòtadh aca ge-tà.

Members of Committees who are not members of Bòrd na Gàidhlig's Board may, at the discretion of the Cathraiche, be invited to attend part or all of Bòrd na Gàidhlig Board meetings or to make presentations to Bòrd na Gàidhlig's Board. They will not however be entitled to vote.

Cleachdadh na Gàidhlig

- 10 Thèid na h-ullachaidhean uile aig coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh agus a chomataidhean a chumail sa Ghàidhlig mura h-aontaich am Bòrd-stiùiridh an caochladh. Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cur ullachaidhean iomchaidh air dòigh mar as trice airson a bhith ag eadar-theangachadh ghnòthaichean dhan Bheurla agus cànanan sam bith eile a tha iad a' meas iomchaidh bho àm gu àm ann an coileanadh an obair.

Use of Gaelic

All proceedings of meetings of the Board and its committees shall be carried on in Gaelic unless the Board agrees otherwise. Bòrd na Gàidhlig shall normally make available appropriate arrangements for the translation of any proceedings into English and such other languages they may from time to time consider appropriate in the conduct of its business.

Tiomnadh cumhachdan

- 11 Dh'fhaodte gun tiomnaich Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig cumhachdan do chomataidhean a' Bhùird, do bhuidhnean eile, no do dhaoine fa leth mar a bhios e a' meas iomchaidh. Co-dhùnaidh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig an raon-ùghdarrais, ullachaidhean a thaobh na Cathrach aig coinneamhan, ballrachd, ìre nan cumhachdan tiomnaichte, agus riaghailt sam bith eile a tha a' dol leis an tiomnadh chumhachdan. Mur a tèid an caochladh a chur an cèill, bidh buidhnean agus daoine fa leth eile ag aithris gu dìreach gu Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig.

Delegation

Bòrd na Gàidhlig's Board may delegate powers to Board Committees, other groups or individuals as it considers necessary. Bòrd na Gàidhlig's board shall decide the remit, Chair arrangements and membership, level of delegated authority, and any other rules which accompany the delegation. Unless otherwise directed, Committees, other groups and individuals will report direct to Bòrd na Gàidhlig's Cathraiche.

Clàr nan Coinneamhan

- 12 Mus tòisich a' bhliadhna, aontaichidh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig cinn-latha agus àiteachan airson nan coinneamhan aca airson na bliadhna air thoiseach. Ruithidh an clàr-ama bhon Ghiblean gus am Màrt le coinneamh ann timcheall air aon uair gach trì mìosan. Thèid an clàr-ama airson coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh fhoillseachadh air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig agus thèid an clàr-gnòthaich agus na pàipearan a sgaoileadh do bhuill co-dhiù 10 làithean ro gach

Schedule of Meetings

Bòrd na Gàidhlig's Board will approve in advance of each calendar year, dates and venues for its meetings for the following year. The schedule will be from April to March with a meeting frequency of approximately once every three months. The forward schedule of Board meetings is published on Bòrd na Gàidhlig's website, and the agenda and papers will be issued to members at least 10 calendar days in advance of each meeting (unless a

coinneimh (ach a-mhàin ma tha an Cathraiche den bheachd gum biodh e na b' fheàrr a bhith a' sgaoileadh fear de na pàipearan no na pàipearan uile nas fhaisg air latha na coinneimh).

later circulation is considered preferential by the Cathraiche for one or all of the papers).

- 13 Faodaidh an Cathraiche coinneamh shònraichte de Bhòrd na Gàidhlig a chur air dòigh nuair a tha e coltach gu bheil feum air beachdachadh air cuspair gu luath. Faodaidh Ball sam bith iarraidh gun tèid coinneamh shònraichte a chumail. Bidh an co-dhùnadh mu dheireadh am bu chòir seo a dhol air adhart leis a' Chathraiche, no mur eile iad ri fhaighinn, bho Chathraiche a' Chomataidh Sgrùdaidh agus Dearbhaidh, a bhios cuideachd a' dearbhadh cò an luchd-obrach a bu chòir a bhith an làthair.

The Cathraiche may convene a special meeting of Bòrd na Gàidhlig's Board when it appears that an item of business requires urgent consideration. Any Member may request that a special meeting be convened. The final decision on whether this proceeds rests with the Cathraiche or, in their absence, the Chair of the Audit and Assurance Committee, who will also determine which members of staff should attend.

Clàr-gnothaich agus Pàipearan a' Bhùird-stiùiridh

Board Agenda and Papers

- 14 Tha an clàr-gnothaich airson gach coinneamh de Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig air ullachadh agus air aontachadh leis an Sgioba Stiùiridh airson a dhol air adhart dhan Chathraiche airson aonta. Thèid clàr-gnothaich a' Bhùird-stiùiridh a phostadh air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig às aonais nì sam bith airson seisean dùinte, seachdain ro choinneimh a' Bhùird-stiùiridh. Dh'fhaodte gun atharraich nithean air a' chlàr ron choinneimh, agus nochdaidh atharrachaidhean air a' chlàr-gnothaich air an làrach-lìn.

The agenda for each Bòrd na Gàidhlig Board meeting is prepared and cleared by the Leadership Team for approval by the Cathraiche. The Board agenda is posted on Bòrd na Gàidhlig's website minus any closed session items, one week prior to the Board meeting. Agenda items may change prior to the meeting, with any changes reflected on the website agenda.

- 15 Bu chòir àiteachan agus amannan nan coinneamhan feuchainn ris na rudan a leanas a lùghdachadh (far a bheil sin reusanta):
- cosgaisean dìreach dhan sporan phoblach.
 - an tìde a bheir e (agus mar sin cosgaisean neo-dhìreach) do na daoine a bhios a' gabhail pàirt sa choinneimh.
 - a' bhuaidh a bheireadh e air lorg àrainneachdail Bhòrd na Gàidhlig, gu sònraichte an lorg càrboin aige.
 - agus bu chòir dhaibh cuideachd ruigsinneachd don phoball a mheudachadh.

Timings and locations of meetings should seek to minimise (within reason) the following:

- the direct financial costs to the public purse.
- the time commitment (and so indirect financial cost) involved for all participants.
- the impact on Bòrd na Gàidhlig's environmental footprint, and in particular its carbon footprint.
- and maximise accessibility to the public.

- 16 Bidh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ag amas air co-dhiù aon tadhal coimhearsnachd a chumail gach bliadhna. Thèid seo a thoirt fa-near air a' chlàr-ama airson coinneamhan ri teachd.

Bòrd na Gàidhlig's Board will aim to have at least one community visit a year. This will be noted on the forward schedule.

Seisean Fosgailte
Cuspair 15.2

- 17 Thèid òrdugh nan nithean air clàr-gnothaich a' Bhùird-stiùiridh aontachadh leis a' Chathraiche/Ceannard agus bheir iad aire do na h-ullachaidhean siubhail airson luchd-obrach agus buill a tha an dùil a bhith an làthair cho fad 's a ghabhas seo dèanamh. The running order of items on the Board agenda will be agreed with the Cathraiche/Ceannard and as far as possible will take into account the travel arrangements for staff and members who plan to attend.
- 18 Bidh an Sgioba Stiùiridh a' beachdachadh air agus ag aontachadh pàipearan dhan Bhòrd mus tèid an cur gu Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ach a-mhàin ma tha pròiseasan riaghlaidh an sàs. Board papers are considered and approved by the Leadership Team prior to submission to Bòrd na Gàidhlig's Board unless other governance processes are in place.
- 19 Bidh sgioba rùnaireachd a' Bhùird-stiùiridh a' cur ri chèile, a' sgaoileadh, agus far a bheil sin a dhìth, a sgrìobhadh pàipearan airson nan nithean a chaidh aontachadh airson Clàr na coinneimh, ach a-mhàin ma chaidh aontachadh le Cathraiche na coinneimh nach eil pàipear sam bith a dhìth. The Board secretariat team will electronically collate, circulate and, where necessary, provide papers for the agreed Agenda items at a meeting, unless it has been previously agreed with the Chair of the meeting that no paper is required.
- 20 Thèid pàipearan a chur gu na daoine a tha gu bhith an làthair aig a' choinneimh gu h-eileagtronaigeach co-dhiù 10 latha ron choinneimh. Papers will be electronically sent to the meeting attendees at least 10 days prior to the meeting.
- 21 Mur eil na pàipearan deiseil airson sgaoileadh 10 làithean ron choinneimh, as dèidh co-chomhairle le Cathraiche na Coinneimh agus leis a' Cheannard, dh'fhaodte gum post sgioba rianachd a' Bhùird-stiùiridh na pàipearan nas anmoiche, gun tèid am pàipear no na pàipearan a chur sìos aig a' choinneimh fhèin, no gun tèid an nì/na nithean a thoirt far Clàr-gnothaich na coinneimh. Dh'fhaodte nach tèid cumail ris na clàran-ama sin ma thèid coinneamhan sònraichte aontachadh le rabhadh goirid, ach thèid a h-uile oidhirp a dhèanamh gus pàipearan a chur a-mach ron choinneimh. If papers are not available for dispatch 10 days prior to the meeting, the Board secretariat team may, after consultation with the Chair of the meeting and the Ceannard, make a late posting, or table the paper(s) at the meeting, or withdraw the item(s) from the Agenda of the meeting. Occasions when these timescales may not be adhered to are if Special meetings are agreed at short notice, every attempt however will be made to dispatch papers in advance of the meeting.
- 22 Faodar nithean air clàr-gnothaichean a bhith air an comharrachadh mar Fhosgailte, Dùinte no Prìobhaideach. Mar as trice, thèid coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh a chumail ann an seisean Fosgailte. Ach dh'fhaodte gum bi nithean air a' chlàr a tha air an comharrachadh mar Dùinte no Prìobhaideach. Dh'fhaodte gum tèid nithean seisean Fosgailte a chumail gu poblach. Chan fhaod am poball a bhith an làthair aig nithean seisean Dùinte agus dh'fhaodte gum bi farsaingeachd de dh'oifigearan air an Board meeting agenda items may be categorised Open, Closed or private. Board meetings will normally be held in Open session. However, there may be agenda items categorised as Closed or private. Open session items may be considered in public. Closed session items will exclude the public and may also have a range of executive representation. The Ceannard will attend both open and closed sessions unless absence is agreed with the Chair. Private session items will be board

riochdachadh cuideachd. Bidh an Ceannard an làthair an dà chuid aig seiseanan fosgailte agus dùinte ach a-mhàin ma thèid aontachadh leis a' Chathraiche nach bi i/e an làthair. Bidh buill a' bhùird-stiùiridh a-mhàin an làthair airson seiseanan prìobhaideach agus far a bheil seo a dhìth, thèid ball ainmeachadh mar sgrìobhaiche.

members only and where necessary, include a nominated scribe.

23 Thèid an clàr foirmeil de choinneamh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig taobh a-staigh 10 latha bho chaidh clàr-ghnothaich a' Bhùird-stiùiridh aontachadh aig an ath-choinneimh aig a' Bhòrd-stiùiridh.

The formal record of Bòrd na Gàidhlig's Board meeting will be published, in Gaelic and English, on Bòrd na Gàidhlig's website within 10 days following approval of the Board minute at the following Board meeting.

24 Faodaidh buill a' bhùird-stiùiridh iarraidh gun tèid nì sam bith a dheasbad ann an seisean dùinte; thèid seo a dheasbad leis a' Chathraiche agus bidh e a rèir toil a' Chathraiche. Mas e is gun tèid nì a ghabhail ann an seisean dùinte, feumaidh adhbhar iomchaidh a bhith air a thoirt seachad air a shon. Cha tèid gearr-chunntasan seiseanan dùinte fhoillseachadh air-loidhne.

Board members are permitted to request any item to be discussed in closed session; this will be discussed in conjunction with the Cathraiche and at their discretion. Should an item of business be taken in closed session, then a valid reason must be given. Closed session minutes will not be published to the website.

Pàipearan a' Bhùird-stiùiridh ann an Seiseanan Dùinte

Board Papers dealt with in Closed Session

25 Thathar a' gabhail ris gun tèid beachdachadh air pàipearan airson Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ann an Seisean Fosgailte ach a-mhàin ma tha adhbhar làidir ann airson dìomhaireachd. Gheibhear stiùireadh bho Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002, Riaghailtean Fiosrachaidh Àrainneachdail 1994 agus Achd Dìon Dàta 2018 a thaobh dè na pàipearan ris am bu chòir dèiligeadh ann an seisean dùinte. Nì an Cathraiche co-dhùnaidh air seo ann an conaltradh leis a' Cheannard.

There is a presumption that Bòrd na Gàidhlig's Board papers will be considered in Open Session unless there are strong grounds for confidentiality. The Freedom of Information (Scotland) Act 2002 is used, along with the Environmental Information Regulations 1994 and the Data Protection Act 2018, to guide which papers should be dealt with in closed session. Decisions on this are made by the Cathraiche in consultation with the Ceannard.

26 Am measg pàipearan a' Bhùird-stiùiridh a dh'fhaodadh a bhith air an deasbad ann an seiseanan dùinte (umhail do bheachdan a' Chathraiche agus a' Cheannaird) tha pàipearan a thaobh ceistean sgiobachd agus luchd-obrach. Bidh na h-adhbharan airson a bhith a' dèiligeadh ri pàipearan anns an dòigh seo air a mhìneachadh anns a' phàipear-aghaidh airson a' phàipeir sin.

Board papers which may be dealt with in closed session (subject to the views of the Cathraiche and Ceannard) include papers relating to personnel and staffing issues. The reasons for papers being dealt with in this way will be included in the cover page of the appropriate paper.

27 Ron choinneimh, faodaidh an Cathraiche no Ball eile de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig moladh

Prior to the meeting the Cathraiche or other Bòrd na Gàidhlig Board member(s) can move

gun tèid beachdachadh air nì no pàirt de nì air a' chlàr aig Seisean Dùinte den choinneimh. Tha seo a rèir toil a' Chathraiche agus cha ghabh a cheadachadh ach a-mhàin ann an suidheachaidhean air leth.

that an item, or part of an item, should be considered in Closed Session of the meeting. This is at the discretion of the Cathraiche and will only be permitted in exceptional circumstances.

Òrdugh nan Gnothaichean

Order of Business

28 Thèid gnothach a' Bhùird-stiùiridh aig a h-uile coinneamh air adhart a rèir a' chlàir-ghnothaich a chaidh a thoirt a-mach airson na coinneimh sin ach a-mhàin ma tha an Cathraiche air an caochladh a chur an cèill; faodaidh an Cathraiche òrdugh nan gnothaichean atharrachadh aig àm sam bith a rèir a thoil fhèin no às dèidh iarrais bho bhall/bhuill.

The business of the Board at all meetings will proceed in accordance with the agenda issued for that meeting unless otherwise directed by the Cathraiche who may at his/her discretion or at the request of a member(s), alter the order of business at any stage.

29 Aig a h-uile coinneamh àbhaisteach no sònraichte, cha tèid beachdachadh air gnothach sam bith ach a-mhàin gnothaichean air a' chlàr-ghnothaich ach a-mhàin far a bheil an Cathraiche den beachd gum bu chòir beachdachadh air nì aig a' choinneimh mar thoradh air suidheachadh sònraichte.

At all ordinary or special meetings, no business other than that on the agenda will be considered except where by reason of special circumstances, the Cathraiche is of the opinion that the item should be considered at the meeting.

Làthaireachd aig coinneamhan

Attendance at Meetings

30 Bidh a' chòir aig a' Cheannard a bhith an làthair aig a h-uile coinneamh aig Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig agus aig coinneamhan de na Comataidhean, ach a-mhàin airson pàirtean de choinneamhan nuair a thèid aontachadh le buill Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig gum bu chòir a' chùis a bhith air a deasbad le buill a-mhàin, mar eisimpleir far am bithear a' bruidhinn air tuarastal no coileanadh a' Cheannard.

The Ceannard shall have the right to attend all Bòrd na Gàidhlig Board meetings and meetings of the Committees, except for parts of meetings when agreed by Bòrd na Gàidhlig's Board members that the matter under discussion should involve members only, for example where the Ceannard's remuneration or performance is being discussed.

31 A bharrachd air a' Cheannard, bidh gach ball den Sgioba Stiùiridh a' frithealadh coinneamhan Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ach a-mhàin ma thèid iarraidh orra gun a bhith an làthair no ma thèid an leisgeulan a ghabhail. Bidh luchd-obrach eile an làthair airson nithean sònraichte air a' chlàr-ghnothaich nuair a bhios seo iomchaidh.

In addition to the Ceannard, all members of the Leadership Team will, except when requested or excused by the Cathraiche, attend Bòrd na Gàidhlig's Board meetings. Other members of staff will attend for particular agenda items as necessary.

32 Faodaidh Ministearan Albannach no an riochdairean a bhith an làthair aig coinneamhan Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig no a chomataidhean agus pàirt a ghabhail annta, ach chan fhaod iad bhòtadh.

Scottish Ministers or their representatives may attend and take part in either full Board or committee meetings of Bòrd na Gàidhlig, but such representative is not entitled to vote.

Ceistean Bùird

Board Questions

Seisean Fosgailte
Cuspair 15.2

- 33 Faodaidh ball sam bith ceist a chur air a' Chathraiche aig coinneamh sam bith de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig mu ghnothach buntainneach agus iomchaidh sam bith a tha ag èirigh bhon chlàr-ghnothaich. Any member may put a question to the Cathraiche at any meeting of Bòrd na Gàidhlig's Board concerning any relevant and competent business arising from the agenda.
- 34 Faodaidh buill fios a thoirt chun a' Chathraiche ron choinneimh mu cheistean a tha iad ag iarraidh a thogail nach eil co-cheangailte ri ceistean air a' chlàr-ghnothaich. Bu chòir seo a dhèanamh ann an sgrìobhadh ma ghabhas seo dèanamh. Co-dhùnaidh an Cathraiche, ann an conaltradh leis a' Cheannard, am bu chòir dèiligeadh ris a' cheist aig a' choinneimh agus bheir iad fios air ais dhan bhall mun cho-dhùnadh. Members can also notify the Cathraiche in advance of the meeting of questions that they wish to raise other than those relevant to agenda items. Wherever possible this should be done in writing. The Cathraiche, in consultation with the Ceannard, will determine whether the question should be dealt with during the meeting, and inform the member accordingly. Far an gabh a dhèanamh, thèid dèiligeadh ri ceistean ann an Seisean Fosgailte. Ann an suidheachaidhean air leth, nuair a tha ceist a' dèiligeadh ri cuspair dìomhair no doirbh, dh'fhaodte gun tèid dèiligeadh ris ann an Seisean Dùinte. Bidh seo a rèir toil a' Chathraiche ann an co-chonaltradh leis a' Cheannard. Wherever possible, questions will be dealt with in the Open Session. Exceptionally, where a question deals with a sensitive or confidential issue, it may be dealt with in Closed Session. This will be at the discretion of the Cathraiche in consultation with the Ceannard.
- 35 Nuair a thèid puing òrdugh a thogail aig coinneamh aig Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig, 's e riaghladh a' Chathraiche an co-dhùnadh mu dheireadh. When a question of order is raised at a meeting of Bòrd na Gàidhlig's Board, the Cathraiche's ruling on it will be final.
- A' stiùireadh choinneamhan**
- 36 Aig coinneamh a' Bhùird-stiùiridh, bidh Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig anns a' chathair mas e is gu bheil e/i an làthair. Mur eil an Cathraiche gu bhith an làthair, mar as trice, dh'innseadh e/i cò am ball eile a bhiodh anns a' chathair. Mur eil comhairle ann bhon Chathraiche, taghaidh na buill Bùird-stiùiridh a tha an làthair aon de na bhuill airson a bhith an ceann na coinneimh tro bhòtadh mòr-chuid. **Chairing of meetings** At a meeting of the Board, the Bòrd na Gàidhlig Cathraiche, if present, will preside. In the absence of the Cathraiche, he/she will normally indicate which other member should preside. If no advice from the Cathraiche is available, the Board members present will choose, by a majority vote of those present, one of their number to preside.
- 37 Nì an Cathraiche na leanas:
- cumar smachd agus nithear cinnteach gu bheil cothrom gu leòr aig buill a' Bhùird-stiùiridh na beachdan aca a chur an cèill mu chuspair sam bith a thathar a' deasbad;
 - nthear co-dhùnaidhean air cùisean òrdugh, raon-ùghdarrais agus buntainneachd;
 - co-dhùnar dè an t-òrdugh anns am bu chòir do bhuill a tha airson bruidhinn sin a dhèanamh; agus
- The Cathraiche will:
- preserve order and ensure that members of the Board have sufficient opportunity to express their views on any matter under discussion;
 - determine all matters of order, competency and relevancy;
 - determine in which order members wishing to speak should do so; and

- co-dhùnair a bheil bhòt a dhìth gus nach eil agus mar a nithear i
- leanar poileasaidhean agus dòighean-obrach iomchaidh Bhòrd na Gàidhlig
- determine whether or not a vote is required and how it is to be conducted.
- adhere to relevant Bòrd na Gàidhlig policy and procedure

Co-dhùnaidhean a' Bhùird-stiùiridh

38 Mar as trice, thèid co-dhùnaidhean Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a ghabhail le co-aontachd am measg nam ball a tha an làthair. Tha “ball a tha an làthair” a’ ciallachadh ball a tha an làthair aig a’ choinneimh fhèin no a tha a’ gabhail pàirt tro cheangail fòn no co-labhairt bhideo tron deasbad air an nì air a’ chlàr agus a tha cluinntinn gearr-chunntas sam bith a rinn an Cathraiche no ball ainmichte den Sgioba Stiùiridh.

Ma dh’fhàgas ball a’ choinneamh gu tràth, bidh iad air an comharrachadh mar neo-làithreach airson co-dhùnadh sam bith a chaidh a ghabhail às dèidh dhaibh falbh.

39 Tha uallach corporra air buill uile a’ Bhùird-stiùiridh airson co-dhùnaidhean a ghabh am Bòrd-stiùiridh. Mar sin, feumaidh buill gabhail ri co-dhùnadh coitcheann a’ Bhùird-stiùiridh (agus taic a chumail ri seo gu poblach), no feumaidh iad an t-àite air a’ Bhòrd a leigeil seachad.

40 Faodaidh ball de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig an t-eas-aonta aige/aice ri co-dhùnadh a’ bhùird a chlàradh cho fad ’s a bha i/e an làthair aig a’ choinneimh far an deach beachdachadh air a’ chùis seo agus cho fad ’s a dh’iarras am ball gun tèid an t-eas-aonta aige/aice a chlàradh gun dàil às dèidh an co-dhùnadh a bhith air a dhèanamh. Ma tha ball ag iarraidh atharrachadh a mholadh air gluasad bhon Cathraiche no bho bhall/bhuill mus tèid co-dhùnadh a ghabhail, bu chòir dhaibh 1) neach-taic iarraidh airson an atharrachaidh fhoirmeil sin agus ma gheibhear sin, 2) bhòt fhaighinn bho mhòr-chuid de bhuill a’ Bhùird-stiùiridh.

41 Thèid beachdan sgrìobhte mu nithean air a’ chlàr-ghnothaich a thèid a chur a-steach le gach ball den Bhòrd-stiùiridh aig Bòrd na Gàidhlig nach eil an làthair a chuirteachadh gu buill a’ Bhùird-stiùiridh agus bidh an Cathraiche (no luchd-taic ainmichte mar eisimpleir rùnaireachd a’ Bhùird-stiùiridh) a’

Board Decisions

Decisions of Bòrd na Gàidhlig’s Board will usually be by consensus of attending members. An attending member is one who is either present in person or takes part by telephone or video conference link throughout the discussion of the agenda item and has heard any summing up by the Cathraiche, or a nominated member of the Leadership Team.

A member who leaves a meeting prematurely will be treated as a non-attending member for the purpose of any decision taken after the time of departure.

Board Members share corporate responsibility for decisions taken by the Board as a whole. Members must therefore either accept (and publicly support) the collective decision of the Board or resign.

A member of Bòrd na Gàidhlig’s Board may have his or her dissent recorded to a decision of the Board provided that she/he has attended the meeting at which the matter was considered and provided that the member asks to record his/her dissent immediately after the decision is concluded. Any member that wants to actually propose an adjustment to the Cathraiche or member(s) motion prior to a decision being taken should 1) seek a seconder for that formal amendment and if that is secured 2) thereafter secure a majority vote of Board members.

Written comments on agenda items submitted by all non-attending Bòrd na Gàidhlig Board members will be circulated to Board members and referred to by the Cathraiche (or designated support such as the

toirt iomradh orra aig àm iomchaidh rè na coinneimh.

Board secretariat) at the appropriate point in the meeting.

42 Ann an suidheachaidhean air leth, nuair a tha co-dhùnadh a dhìth bho Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ann an cabhag agus far nach gabhadh coinneamh a chur air dòigh, thèid dèiligeadh ris a' chùis tro chonaltradh sgrìobhte. Thèid an co-dhùnadh gus seo a dhèanamh a ghabhail leis a' Chathraiche. Ann an suidheachaidhean mar seo, cuiridh na buill an cuid bheachdan chun a' Chathraiche ann an sgrìobhadh. Thèid an co-dhùnadh a dhaingneachadh aig an ath choinneimh de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig agus thèid a chlàradh anns a' gheàrr-chunntas.

Exceptionally, when a Bòrd na Gàidhlig Board decision is required urgently and it would not be feasible to convene a meeting, the matter will be dealt with by correspondence. The decision to do this will be made by the Cathraiche. In such circumstances, members will send their views to the Cathraiche in writing. The decision will be ratified at the next Bòrd na Gàidhlig Board meeting and recorded in the minutes.

A' bhòtadh

43 Thèid co-dhùnadh a dhèanamh tro bhòt anns na suidheachaidhean a leanas:

- Nuair a tha an Cathraiche a' faicinn gu bheil cuid de na buill ag eas-aontachadh ri moladh no a tha air draghan a nochdadh mu dheidhinn agus nach eil co-aonta ann.
- Nuair a dh'iarraas ball gun tèid bhòt a chumail agus nuair a bheir co-dhiù aon bhall eile taic ris a' mholadh seo.
- Ann an suidheachadh sam bith eile, far a bheilear den bheachd, a rèir toil a' Chathraiche, gum bu chòir bhòt a bhith ann mus tèid co-dhùnadh a ghabhail.

Voting

Decisions will be reached by vote on the following occasions:

- When the Cathraiche detects that there is a body of opinion among the members who either disagree with a proposal or have expressed reservations about it and no clear consensus has emerged.
- When a member requests a vote to be taken and this is supported by at least one other member in attendance.
- Any other circumstance where, at the Cathraiche's discretion, it is felt that a decision should be preceded by a vote.

44 Cha bhi còir bhòtaidh ach aig buill a tha an làthair, mar a tha air a mhìneachadh ann an Co-dhùnaidhean a' Bhùird-stiùiridh. Bidh aon bhòt aig gach Ball, a' gabhail a-staigh a' Chathraiche, ach a-mhàin ann an suidheachadh far a bheil bhòt co-ionnan ann. Bidh bhòt-sheulachaidh a bharrachd aig a' Chathraiche anns an t-suidheachadh sin.

Only attending members, as defined in Board Decisions, will be eligible to vote. Each Member, including the Cathraiche, will be entitled to one vote except in the case of an equality of votes when the Cathraiche will have an additional casting vote.

45 Mar as trice, bithear a' bhòtadh tro bhòt làimhe. Le cead a' Chathraiche, no ma tha ball sam bith a a' togail gearan mu bhòt a bhith air a ghabhail tro bhòt làimhe, agus ma tha mòr-chuid de na buill a tha an làthair a' toirt taic don ghearán, thèid a' bhòt a chumail tro bhaileat dìomhair. Anns na suidheachaidhean far an tèid baileat dìomhair a chumail, bidh am Manaidsear Gnìomhan a' cur a-mach agus a' cruinneachadh phàipearan baileat, a' cunntadh nam bhòtaichean agus às dèidh dhaibh

Votes will normally be taken by show of hands. At the discretion of the Cathraiche, or in the event of any member objecting to a vote being taken by a show of hands and a majority of attending members supporting the objection, the vote will be taken by secret ballot. In the circumstances where a secret ballot is to be held, the Operations Manager will issue and collect ballot papers, count the votes and after these have been confirmed by

- sin a bhith air an dearbhadh le Ceann an Ionmhais, no mur eil iad an làthair, de bhall eile den Sgioba Stiùiridh, an toradh dhan Bhòrd-stiùiridh.
- 46 Clàraidh geàrr-chunntas na coinneimh toraidhean a' bhòt, a' toirt fa-near àireamh agus ainmean nam ball a tha a' bhòtadh airson agus an aghaidh a' mholaidh agus ball sam bith nach do bhòt. Mas e is gun tèid baileit a chumail gu dìomhair, cha tèid na h-ainmean a chlàradh anns a' chlàr-gnothaich.
- the Head of Finance, or in their absence another attending member of Leadership Team, announce the result to the Board. The minutes of the meeting will record the results of voting, noting the number and names of members voting for and against the proposal and any abstentions. The minutes will not record the names in the event that a ballot is held in secret.
- Co-dhùnaidhean air an cur dheth**
- 47 Faodaidh am Bòrd-stiùiridh co-dhùnadh a chur dheth air nì air a' chlàr-gnothaich gus am faigh e barrachd fiosrachaidh, roghainnean eile airson co-dhùnaidhean, no airson adhbhar sam bith eile. Thèid an t-aonta gus dàil a chur air co-dhùnadh a chlàradh ann an geàrr-chunntas na coinneimh cho math ris an adhbhar airson seo, agus bidh dreachd clàr-ama ann airson a bhith a' toirt na cùise air ais dhan bhòrd-stiùiridh airson deasbad a bharrachd agus airson co-dhùnadh.
- Deferred Decisions**
- The Board may decide to defer a decision on an agenda item so that it can be provided with more information, additional decision options or for any other reason. The decision to defer, with the reasons, will be recorded in the minutes of the meeting along with the indicative timescale for returning the matter to the Board for further discussion and decision.
- Comhairle dhan bhòrd-stiùiridh**
- 48 Gus co-dhùnaidhean a ghabhail aig coinneamhan, gabhaidh am Bòrd comhairle mar a bhios iomchaidh. Mar as trice, bidh seo bhon Cheannard bho bhuill eile den Sgioba Stiùiridh no den luchd-obrach a tha an làthair. Anns an dreuchd aca mar an t-Oifigear Cunntachail aig Bòrd na Gàidhlig, tha dleastanas sònraichte aig a' Cheannard a bhith a' toirt comhairle dhan Bhòrd-stiùiridh air ceistean iomchaidheachd, eaconamaidh, tàbhachd agus èifeachdas. Faodaidh am Bòrd-stiùiridh comhairle a shireadh bho a chomataidhean, no bho thùs sam bith eile air an taobh a-staigh no an taobh a-muigh mar a bhios e a' meas iomchaidh.
- Advice to the Board**
- In reaching decisions at meetings, the Board will take advice as appropriate. This will generally be from the Ceannard or such other serving member of the Leadership Team or staff present. The Ceannard in their capacity as Bòrd na Gàidhlig's Accountable Officer has a specific role in advising the Board on matters of propriety, economy, effectiveness and efficiency. The Board may also seek advice from its Committees, or any other internal or external source as it regards necessary.
- 49 Ann an suidheachaidhean nuair a bhòtas am Bòrd-stiùiridh an aghaidh comhairle bhon Cheannard, a' gabhail a-steach comhairle bhon Cheannard na d(h)reachd mar Oifigear Cunntachail, agus far a bheil an Ceannard a' faireachdainn nach gabhadh an co-dhùnadh air a bheil a' beachdachadh a dhìon air beulaibh Riaghaltas na h-Alba agus/no Pàrlamaid na h-Alba, dh'fhaodte gun toir an Ceannard air a' Chathraiche stiùireadh sgrìobhte a thoirt dha/dhi air a' chuspair. Thèid stiùireadh mar seo a thoirt gu aire Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba
- In circumstances where advice from the Ceannard is overruled by the Board, or in their formal capacity as Accountable Officer, where the Ceannard feels that the action contemplated could not be defended before the Scottish Government and/or Scottish Parliament, the Ceannard may require the Cathraiche to give him/her a written instruction on the matter. Such an instruction will be drawn to the attention of the Auditor General for Scotland and the Departmental

agus an t-Oifigear Cunntachail Roinneil ann an Riaghaltas na h-Alba.

Accountable Officer in the Scottish Government.

Clàr nan com-pàirtean - A' clàradh com-pàirt

Declarations of Interest - Making a Declaration

- 50 Feumaidh buill fa leth beachdachadh aig an ìre as tràithe a bheil com-pàirt aca ri nochdadh ann an cùis sam bith a tha gu bhith air a dheasbad.

Individual members must consider at the earliest stage possible whether they have an interest to declare in relation to any matter that is to be considered.

Bu chòir dhaibh beachdachadh air a bheil clàran-ghnothaichean airson coinneamhan a' togail ceist sam bith a thaobh nochdadh chom-pàirtean, agus mur eil iad cinnteach, faodaidh iad bruidhinn ri Oifigear nan Inbhean, no le Coimisean nan Inbhean. Feumar nochdadh com-pàirt a dhèanamh cho luath 's a ghabhas aig coinneamh nuair a tha a' chom-pàirt sin ag èirigh. Mas e is gum mothachair gu bheil feum air com-pàirt a nochdadh nuair a thathar a' deasbad cùis, feumaidh am ball a' chom-pàirt aca a nochdadh cho luath is a bheir iad am aire gum feum iad sin a dhèanamh.

They should consider whether agendas for meetings raise any issue of declaration of interest, and if in doubt may consult with Standards Officer, or with the Standards Commission. A declaration of interest must be made as soon as practicable at a meeting where that interest arises. If the need for a declaration of interest is identified only when a particular matter is being discussed the member must declare the interest as soon as they realise it is necessary to do so.

- 51 Bu chòir an aithris bheòil a tha a' nochdadh com-pàirt a bhith a' comharrachadh de an nì air a' chlàr-ghnothaich ris a bheil e ceangailte. Bu chòir dhan aithris tòiseachadh leis na faclan "tha mi a' nochdadh com-pàirt". Feumaidh an aithris a bhith fiosrachail gu leòr gus an tuig na daoine an làthair aig a' choinneimh dè seòrsa com-pàirt a th' ann, ach chan fheumar cunntas mionaideach a thoirt seachad den chom-pàirt.

The oral statement of declaration of interest should identify the item or items of business to which it relates. The statement should begin with the words "I declare an interest". The statement must be sufficiently informative to enable those at the meeting to understand the nature of the interest but need not give a detailed description of the interest.

A' bhuidh aig nochdadh com-pàirt

Effect of Declaration

- 52 Le bhith a' foillseachadh com-pàirt ionmhasail tha e a' toirmeasg com-pàirteachadh sam bith ann an deasbad agus bhòtadh. Ann a bhith a' nochdadh com-pàirt neo-ionmhasail tha feum air breithneachadh a bharrachd leis a' bhall bhuntainneach. Feumaidh iad beachdachadh air a' cheangal eadar na com-pàirtean a chaidh ainmeachadh agus a' chùis shònraichte air a bheilear a' beachdachadh agus air suidheachaidhean fa leth mun chùis shònraichte a tha buntainneach.

Declaring a financial interest has the effect of prohibiting any participation in discussion and voting. A declaration of a non-financial interest involves a further exercise of judgement by the member concerned. They must consider the relationship between the interests that have been declared and the particular matter to be considered and relevant individual circumstances surrounding the particular matter.

- 53 Aig a' cheann thall, 's e an deuchainn as dearbhachaile, am biodh ball den phoball agus iad reusanta, le fios aca air an t-suidheachadh

In the final analysis the conclusive test is whether, in the particular circumstances of the item of business, and knowing all the

shònraichte agus air an fhiosrachadh bhuntainneach uile aca, den bheachd gum faodadh com-pàirt a' bhuill buaidh a thoirt air an dreuchd aca mar bhall de Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig agus mar sin gum biodh e ceàrr pàirt a ghabhail ann an deasbad no co-dhùnadh sam bith. Ma tha ball, le cogais, den bheachd nach biodh an làthaireachd leantainneach aca a' fàiligeadh na deuchainn seo, chan fheumadh nochdadh com-pàirt neo-ionmhasail stad a chur orra bho bhith an sàs ann an deasbad no bhòtadh. Mur eil iad cinnteach gun gabh an slat-tomhais neo-chlaon seo a chur an sàs, cha bu chòir dhaibh pàirt sam bith a ghabhail san deasbad agus bu chòir dhaibh an seòmair-coinneachaidh fhàgail gus am bi deasbad air an nì sin deiseil.

Ceadan sònraichte

- 54 Ann an glè bheag de shuidheachaidhean, gabhaidh cead sònraichte a thoirt seachad le Coimisean nan Inbhean a thaobh com-pàirtean ionmhasail no neo-ionmhasail a bhiodh a' cur casg air ball bho bhith a' gabhail pàirt air cùisean a' tighinn air beulaibh Bòrd-stiùiridh agus a Chomataidhean, mur a robh an cead sònraichte seo. Beachdaichidh Coimisean nan Inbhean air iarrtasan airson ceadan sònraichte agus bu chòir iarrtasan a dhèanamh cho luath 's a ghabhas gus am bi tìde gu leòr beachdachadh gu ceart air an iarrtas ron choinneimh far a bheilear ag iarraidh cead sònraichte. Cha bu chòir ball pàirt a ghabhail ann am beachdachadh air a' cheist sin gus an tèid an t-iarrtas aontachadh.

Geàrr-chunntasan a' Bhùird-stiùiridh

- 55 Thèid na geàrr-chunntasan a ghabhail le rùnaireachd air a stiùireadh leis a' Mhanaidsear Gnìomhan; ach a-mhàin airson seiseanan Dùinte, thèid geàrr-chunntasan fa leth a ghabhail le neach iomchaidh air a thaghadh leis a' Chathraiche. Leis na pàipearan a chaidh a thoirt dhan choinneimh, bu chòir na geàrr-chunntasan a bhith na chlàr firinneach den choinneamh, le fiosrachadh gu leòr gus a bhith mar phàirt den t-slighe sgrùdaidh a thaobh nan cùisean air an deach beachdachadh agus na co-dhùnidhean a rinn Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig.

relevant facts, a member of the public acting reasonably would consider that the member might be influenced by the interest in their role as a member of Bòrd na Gàidhlig and that it would therefore be wrong to take part in any discussion or decision-making. If a member, in conscience, believes that their continued presence would not fall foul of this test, then declaring a non-financial interest need not preclude their involvement in discussion or voting. If they are not confident about the application of this objective yardstick, they must play no part in the discussion and must leave the meeting room until discussion of the particular item is concluded.

Dispensations

In very limited circumstances dispensations can be granted by the Standards Commission in relation to the existence of financial and non-financial interests which would otherwise prohibit a member from taking part and voting on matters coming before Bòrd na Gàidhlig's Board and its Committees. Applications for dispensations will be considered by the Standards Commission and should be made as soon as possible in order to allow proper consideration of the application in advance of meetings where dispensation is sought. A member should not take part in the consideration of the matter in question until the application has been granted.

Board Minutes

Minutes of all meetings will be taken by a secretariat organised by the Operations Manager; the exception will be Closed Sessions that will be minuted separately by an appropriate individual determined by the Cathraiche. Taken in conjunction with the papers presented to the meeting, the minutes should provide a correct record of the meeting, in sufficient detail to comprise an audit trail of issues discussed and decisions taken by Bòrd na Gàidhlig's Board.

Bidh uallach air an neach a tha na chathraiche air a' choinneimh dèanamh cinnteach gun tèid gnìomhan a chaidh aontachadh aig a' choinneimh Dùinte a thoirt dhan rùnaireachd taobh a-staigh còig latha obrach bhon choinneimh gus an tèid an clàradh mar phàirt den t-Seisean Dhùinte (geàrr-chunntasan àbhaisteach).

The person chairing the meeting will be responsible for ensuring that actions agreed at the Closed meeting are passed on to the secretariat within five working days of the meeting so that they will be recorded as part of the Closed Session (standard minutes).

56 Thèid dreachd geàrr-chunntas na coinneimh aontachadh airson chuirteachadh do bhuill mar 'Geàrr-chunntasan neo-dhearbhaichte' leis a' Chathraiche is Ceannard taobh a-staigh 3 sheachdain bhon latha a chaidh coinneamh a' Bhùird-stiùiridh a chumail. Faodaidh Buill atharrachaidhean a mholadh ann an sgrìobhadh **taobh a-staigh 10 làithean**. ~~no an togail aig an ath choinneimh aig Bòrd stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig.~~ Bidh an Cathraiche agus an Ceannard ag eadar-bhreithneachadh air cùisean far a bheil eas-aonta ann.

The draft minutes of a meeting shall be approved for circulation as 'Unconfirmed Minutes' to members by the Cathraiche and Ceannard within 3 weeks of the date of the Board meeting. Members can propose amendments in writing **within 10 days**. ~~or raise these at the following Bòrd na Gàidhlig Board meeting.~~ The Cathraiche and Ceannard will arbitrate over matters of dissent.

57 Thèid an geàrr-chunntas a 'Dhearbhadh' gu foirmeil **leis a' Chathraiche, thèid a chuirteachadh do na buill, agus bidh geàrr-chunntas bhon t-Seisean Phoblach air làrach-lìn BnG taobh a-staigh 8 seachdainean às dèidh na coinneimh.** ~~aig an ath choinneamh den Bhòrd stiùiridh às dèidh na coinneimh mu bheil an geàrr-chunntas, thèid seo a dhaingneachadh leis a Chathraiche agus thèid a shoidhnigeadh mar chlàr firinneach. Thèid an clàr-ghnòthaich airson an t-Seisean Fosgailte a chur air làraich lìn Bhòrd na Gàidhlig an uair sin.~~

Minutes will be formally 'Confirmed' **by the Cathraiche, circulated to members and minutes for the Open Session lodged on BnG website within 8 weeks of the meeting.** ~~at the next meeting of the Board after the meeting to which they refer, verified by the Cathraiche, and signed as a correct record. Minutes for the Open Session will then be placed on Bòrd na Gàidhlig's website.~~

58 Foillsichidh Bòrd na Gàidhlig Geàrr-chunntasan anns a' Ghàidhlig, anns a' Bheurla agus ann an cànan sam bith eile a chuidicheadh le bhith a' coileanadh a obair gu h-èifeachdach.

Bòrd na Gàidhlig shall publish Minutes in Gaelic, English and such other languages as would assist in the efficient conduct of its business.

A' cur bhall à dreuchd rè ùine

59 Ma 's e is gun dèan ball sam bith de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig dìmeas air òrdugh no ùghdarras a' Chathraiche aig coinneamh sam bith, no ma bhios e/i ri dol a-mach a bhios oilbheumach no a chuireas bacadh air a' choinneimh, agus ma bheir an Cathraiche seo gu aire na coinneimh, faodaidh am Bòrd-stiùiridh am ball a chur a-mach airson a' chòrr den choinneimh, às dèidh gluasad bho bhall sam bith, a gheibh neach-taic agus le taic bhon mhòr-chuid de na buill a tha an làthair.

Suspension of Members

In the event of any member of Bòrd na Gàidhlig's Board disregarding the order or authority of the Cathraiche at any meeting, or being guilty of obstructive or offensive conduct at any meeting, and the Cathraiche calling the attention of the meeting to the same, the Board, may on the motion of any member, duly seconded and supported by the vote of a majority of the members present and

Cha bhi deasbad ceadaichte air gluasad den t-seòrsa seo.

voting, suspend such member so offending for the remainder of the sitting.

No debate shall be allowed on such a motion.

Dìomhaireachd

60 Faodaidh buill an roghainn fhèin a chleachdadh mu bhith a' beachdachadh air gnothaichean bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig le pàrtaidhean eile às dèidh na coinneimh.

61 Airson cùisean ris an tèid dèiligeadh ann an Seisean Dùinte chan fhaodar nàdar agus susbaint a' ghnòthaich fhoillseachadh, no a dheasbad le, neach sam bith ach buill eile de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig agus luchd-obrach an bha an làthair gus an cur an Cathraiche an caochladh an cèill.

62 Bu chòir buill aonta fhaighinn bhon Chathraiche, no mur eil iad ri fhaighinn, bhon Ceannard mus dèan iad aithris phoblach sam bith (a' gabhail a-steach aithrisean do na meadhanan no agallamhan a thèid a chraoladh) às leth Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig.

Fiachanas pearsanta buill a' bhùird-stiùiridh

63 Nan rachadh cùisean laghail a togail le treas-phàrtaidh tha e buailteach gum biodh seo air a thogail an aghaidh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig gu h-iomlan, ach ann an suidheachaidhean neo-àbhaisteach, dh'fhaodte gun rachadh cùisean a thogail an aghaidh a' Chathraiche no buill fa leth eile den Bhòrd-stiùiridh. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh ball de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a bhith cunntachail gu pearsanta ma nì e no i aithris mheallta no dhearmadach a dh'adhbharaicheas call do threas-phàrtaidh.

64 Ach, a rèir a' bharantais-dìona choitchinn a tha an Riaghaltas a' moladh do bhuill NDPB, cha bhi aig ball de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a tha air a bhith ag obair gu h-onarach agus le deagh rùn ri pàigheadh airson buailteachd chatharra phearsanta sam bith a thig orra ann a bhith a'

Confidentiality

Members may use their discretion in discussing items of Bòrd na Gàidhlig Board business with other parties following the meeting.

For issues dealt with in Closed Session, the nature and content of the business must not be divulged to, or discussed with, anyone other than fellow Bòrd na Gàidhlig Board members and staff in attendance until the Cathraiche states otherwise.

Members should get the prior approval of the Cathraiche, or in their absence, the Ceannard, before making public statements (including statements to the Press and broadcast interviews) on behalf of Bòrd na Gàidhlig's Board.

Personal liability of Board Members

While any legal proceedings initiated by a third party are most likely to be brought against Bòrd na Gàidhlig's Board as a whole, in exceptional cases proceedings may be brought against the Cathraiche or other individual Board members. For example, a Bòrd na Gàidhlig Board member may be personally liable if he or she makes a fraudulent or negligent statement that results in loss to a third party.

However, in accordance with the standard indemnity recommended for NDPB members by the Government, a Bòrd na Gàidhlig Board member who has acted honestly and in good faith will not have to meet out of his or her own personal resources any personal civil

dèanamh obair a' Bhùird-stiùiridh, no aithris gun robh iad a' dèanamh obair a' bhùird-stiùiridh, bho na stòrasan pearsanta aice/aige fhèin, ach a-mhàin far a bheil am ball air a bhith dearmadach.

liability which is incurred in the execution or purported execution of his or her Board function, save where the member has acted recklessly.

A' cur stad sealach air no ag atharrachadh nan Gnàth-riaghailtean

Suspension and amendments of Standing Orders

65 Dh'fhaodte gun tèid na Gnàth-riaghailtean seo atharrachadh, ais-ghairm no gun tèid cuir riutha le Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a-mhàin agus dh'fheumadh atharrachadh sam bith den t-seòrsa seo aonta fhaighinn bhon mhòr-chuid de na buill a tha an làthair aig coinneamh.

These Standing Orders may be varied, revoked or added to by only Bòrd na Gàidhlig's Board itself and any such alterations will require the consent of the majority of members present at a meeting.

66 Feumar comharrachadh aig a' choinneimh mu dheireadh den bhòrd-stiùiridh gu bheilear an dùil moladh gun tèid na gnàth-riaghailtean atharrachadh. A dh'aindeoin seo, chan fhaodar Gnàth-riaghailt sam bith atharrachadh no a chur dhan dàrna taobh mas e is gun rachadh seo an aghaidh ullachadh reachdail no stiùireadh sam bith bho Mhinistearan na h-Alba.

Notice of the intention to bring forward proposed amendments to standing orders must be signified at the previous board meeting. Notwithstanding this provision, no Standing Order may be suspended or amended where this would contravene any statutory provision or direction made by Scottish Ministers.



A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	16/06/2020
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	15.3

Tìotal a' Phàipeir	Aithisg Slàinte Sàbhailteachd is Sunnd	
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh	
Neach labhairt:	Louise NicIleathain	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba-stiùiridh	07/05/2021	Airson Aithneachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Chan eil	
1.0	Adhbhar	
1.1	Tha am pàipear seo airson fios a chumail ris a' Bhòrd-stiùiridh air slàinte, sàbhailteachd is sunnd aig Bòrd na Gàidhlig.	
2.0	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Tha dleastanas air buill a' Bhùird-stiùiridh a dhearbhadh gu tèid a h-uile oidhirp a dhèanamh gus dìon a thoirt dhan luchd-obrach tro phoileasaidh is siostaman airson slàinte is sàbhailteachd aig an ìre as àirde.	
2.2	Tha a' bhuidheann a' cleachdadh companaidh Peninsula gus taic a chumail rithe airson nan dleastanasan seo a choileanadh.	
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Cha robh tubaist aig ìre ' reportable ' aig BnG ann an 20/21.	
3.2	Cha deach tubaist sam bith a chlàradh aig BnG ann an 20/21.	
3.3	Tron bhliadhna 20/21, chuir a' bhuidheann fòcas air slàinte is sàbhailteachd an lùib ag obair bhon taigh.	
3.4	COVID-19 Bho Mhàrt 2020, tha an sgioba air fad air a bhith ag obair bhon taigh làn ùine. s On uair sin, tha a' bhuidheann air a bhith trang le taic eadar-dhealaichte gus slàinte is sàbhailteachd dhaoine a dhìon.	
3.5	'S e iad seo cuid de na gnìomhan: <ul style="list-style-type: none"> • Stiùireadh – a' cleachdadh stiùireadh bhon Riaghaltas agus NHSInform; • Conaltradh cunbhalach – an dà chuid, foirmeil – m.e. Dè tha Dol gach seachdain, pasgan sònraichte air SharePoint le fios, co-labhairt luchd-obrach - is neo-foirmeil – Cupa Tì còmhla dà thuras gach seachdain; • Taic le uidheamachd, m.e. sgrìon mhòr, luch shònraichte, cathair; • Taic tro eòlaichean le measadh a bheil daoine ag obair gu sàbhailte (posture, is msaa.) anns a' Ghiblean 2020 agus a-rithist sa Ghearran 2021; • Taic le slàinte inntinn – fiosrachadh air goireasan taic, m.e. https://www.mind.org.uk/information-support/coronavirus/ streath de 	

	<p>thachartasan airson deagh shunnd air là Time to Talk air 4 Gearran 2021, fiosrachadh air an sgaoileadh gu cunbhalachd mu dheidhinn seirbhisean Employee Assistance Program;</p> <ul style="list-style-type: none"> • Stiùireadh gus dèanamh cinnteach gun gabhadh an luchd-obrach na saor-làithean aca; • Stiùireadh air ùine a ghabhail air falbh bhon sgrìn; • Stiùireadh a thaobh sùbailteachd ann an uairean-obrach agus a' cleachdadh poileasaidh fòrladh sònraichte . 																																				
4.0	Moladh																																				
4.1	Aire a thoirt don fiosrachadh sa phàipear seo.																																				
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach																																				
5.1	Buidhean air Ionmhas																																				
	Bidh buaidh air ionmhas le ceannachd uidheamachd is taic a bharrachd is thèid clàr a chumail air dè chaidh a chosg air sgath Covid-19. Tha na cosgaisean eile sa bhuidseat co-dhiù.																																				
5.2	Buidhean air Luchd-obrach																																				
	Leis na ceumannan a tha air an gabhail, thathar an dòchas gum bi deagh bhuidhean air an luchd-obrach.																																				
5.3	Buidhean air Trèanadh																																				
	Tha na ceumannan seo a' toirt buaidh air trèanadh.																																				
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra																																				
	Tha am fiosrachadh seo a' cur ris an amas corporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.																																				
5.5	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta																																				
	<table border="1"> <thead> <tr> <th colspan="2">AR N-ADHBHAR</th> <th colspan="2">AR LUACHAN</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td colspan="2">Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus in-ghabhalach</td> <td colspan="2">'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach</td> </tr> <tr> <th colspan="4">AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA</th> </tr> <tr> <td>Còraichean daonna</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> <td>Clann</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Cultar</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Coimhearsnachdan</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Àrainneachd</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Bochdainn</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Slàinte</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> <td>Eadar-nàiseanta</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Foghlam</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Eaconamaidh</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> <td></td> <td></td> </tr> </tbody> </table>	AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN		Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach		AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA				Còraichean daonna	<input checked="" type="checkbox"/>	Clann	<input type="checkbox"/>	Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>	Slàinte	<input checked="" type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>	Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>		
AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN																																			
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach																																			
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA																																					
Còraichean daonna	<input checked="" type="checkbox"/>	Clann	<input type="checkbox"/>																																		
Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>																																		
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>																																		
Slàinte	<input checked="" type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>																																		
Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>																																		
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>																																				
5.6	Buidhean air Cliù																																				
	Mur robh a' bhuidheann a' dèanamh na h-obrach seo, thigeadh droch chliù air a' bhuidhinn.																																				
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd																																				
	Iomradh sa phàipear																																				
5.8	Buidhean Laghail																																				
	Tron obair seo, tha a' bhuidheann a' cumail ris an lagh.																																				
5.9	Buidhean air Co-ionannas																																				
	Cha bhi buaidh air co-ionannas																																				
5.10	Buidhean air an àrainneachd																																				

Seisean Fosgailte
Cuspair 15.3

	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.
--	------------------------------------



A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	16/06/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	15.4

Tìotal a' Phàipeir	Aithisg Oifigeir Inbhean	
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh	
Neach labhairt:	Shona C NicIlinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba-stiùiridh	07/06/2021	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Aithisg Oifigeir Inbhean	
1.0	Adhbhar	
1.1	Tha am pàipear seo airson 's gun tèid a chlàradh gun deach Aithisg Oifigeir Inbhean dhan Bhòrd-stiùiridh.	
2.0	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Chaidh dreachd den aithisg dhan Bhòrd-stiùiridh tro phost-d is thill buill le molaidhean gus an aithisg a neartachadh.	
2.2	Chaidh an darna lethbhreac a dhèanamh is chaidh i do na buill a bha air molaidhean a dhèanamh. Chaidh a cur air àite nam buill ann an Sharepoint air 05/05/2021.	
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Tha an aithisg a' toirt iomradh air na siostaman a th' againn; air leasachaidh a chaidh a dhèanamh ann an 20/21; air leasachaidhean air faire son 21/22; agus tha iomradh air aithisg in-sgrùdaidh air riaghlaidh corporra.	
4.0	Moladh	
4.1	An aithisg a chlàradh.	
5.0	Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach	
5.1	Buaidhean air Ionmhas	
	Cha bhi buaidh air ionmhas.	
5.2	Buaidhean air Luchd-obrach	
	Cha bhi buaidh air luchd-obrach	
5.3	Buaidhean air Trèanadh	
	Bidh buill is sgioba-stiùiridh a' faighinn aithisg a tha a' tighinn gach ràith bho Coimisean Inbhean na h-Alba a bharrachd air trèanadh is leasachadh sònraichte a thaobh còd-ghiùlain.	
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra	
	Tha am fiosrachadh seo a' cur ris an amas corporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.	
5.5	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta	
	AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt

Seisean Fosgailte

Cuspair 15.4 PA

	a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann <input type="checkbox"/>
	Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan <input type="checkbox"/>
	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn <input type="checkbox"/>
	Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta <input type="checkbox"/>
	Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh <input type="checkbox"/>
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>	
5.6	Buidhean air Cliù		
	Tha an aithisg a' cur ri cliù na buidhne mar bhuidheann a tha a' leantainn deagh chleachdadh.		
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd		
	Cha bhi buaidh air slàinte is sàbhailteachd.		
5.8	Buidhean Laghail		
	Feumaidh buidhnean poblach a bhith a' coileanadh nan dleastanasan orra a thaobh Inbhean.		
5.9	Buidhean air Co-ionannas		
	Cha bhi buaidh air co-ionannas.		
5.10	Buidhean air an Àrainneachd		
	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.		



Libhrigeadh Coileanaidh leis an Oifigear Inbhean - Màrt 2021

Clàr-innse

Ro-ràdh

Siostaman agus Pròiseasan

1. Siostaman làthaireil
2. Leasachaidhean tron Bhliadhna 20/21
3. Aithisg In-sgrùdaidh mu Riaghlachas Corporra
4. Leasachaidhean air am planadh airson a' Bhliadhna 21/22

Co-dhùnadh

Pàipear-taic I – Dleastanasan air an toirt bhon Nota Comhairleachaidh Coimisean Inbhean airson Alba mu Dhreuchd Oifigear Inbhean

Ro-ràdh

Feumaidh Bòrd na Gàidhlig, mar Bhuidheann Poblach Neo-roinneil, gèilleadh ris na dleastanasan reachdail air fad a rèir [Achd Inbhean Eiticeil sa Bheatha Phoblach msaa \(Alba\) 2000](#). Stèidhich an Achd seo frèam-obrach airson a bhith a' daingneachadh a bhith a' cumail suas àrd inbhean de ghiùlain le comhairlichean agus daoine eile aig a bheil dreuchdan poblach. Tron seo tha Còd Giùlain, a chaidh aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba, dhan fheadhainn aig a bheil dreuchdan poblach. Tha an aithisg seo a' cur an cèill mar a tha BnG a' coinneachadh ris na h-inbhean sin tro na siostaman agus na pròiseasan aige ann an 2020-21.

Siostaman agus Pròiseasan

Tha BnG air raon de shiostaman a chur an sàs gus a bhith a rèir riathanasan na h-Achd agus na dleastanasan a tha air a' bhuidhinn tro na sgrìobhainnean reachdail mar [Aonta an Fhrèam-obrach](#) le Riaghaltas na h-Alba agus stiùireadh airson buill a' bhùird mar [An Leabhar-làimhe On Board](#) agus trèanadh.

1. Siostaman Làthaireil

Còd Giùlain:

Tha an [Còd Giùlain](#) aige fhèin aig BnG, a chaidh aontachadh le Ministearan na h-Alba. Feumaidh buill a' bhùird air fad agus buill na Sgioba Ceannardais an Còd Giùlain a leughadh agus a thuigsinn. Tha an Còd air fhoillseachadh air làrach-lìn BnG.

Clàr Chom-pàirtean

Tha BnG a' cumail agus ag ùrachadh [clàr ùidhean](#) a dh'fheumas buill a' bhùird air fad agus buill an Sgioba Ceannardais a lìonadh a-steach air bun-stèidh sia mìosail, agus ùrachadh ma dh'atharraicheas na h-ùidhean aca. Tha an clàr air fhoillseachadh air làrach-lìn BnG.

Am Pròiseas tighinn gu Co-dhùnadh agus Strithean eadar Com-pàirtean

An uair a bhios iarrtasan ionmhais air am measadh le oifigearan, bidh trì oifigearan a' com-pàirteachadh ann a bhith a' luachadh nan iarrtasan. Bidh oifigear sam bith aig a bheil strì eadar com-pàirtean ag innse mun seo, agus cha bhi e/i a' com-pàirteachadh sa chonaltradh agus bidh oifigear eile a' com-pàirteachadh san sgioba luachaidh.

An uair a bhios pàipearan coinneimh air an sgaoileadh agus a tha pàipearan le co-dhùnadh mu ionmhas no Planaichean Gàidhlig nam measg no co-dhùnadh sam bith eile mu phoileasaidh, bidh ball sam bith a tha air strì eadar com-pàirt fhoillseachadh a' faighinn paca phàipearan a tha air a bhith air an ro-ullachadh gus dèanamh cinnteach nach fhaigh iad fiosrachadh mun bhuidhinn ris a bheil ceangal aca.

Bidh coinneamhan le clàr-obrach (ie a h-uile coinneamh fhoirmeil) a' gabhail a-steach mar ghnàth-chuspair air a' chlàr-obrach, aig toiseach na coinneimh Foillseachaidhean Com-pàirt. Feumaidh gach neach-frithealaidh (bòrd agus oifigearan) strì eadar com-pàirt sam bith fhoillseachadh a thaobh gin sam bith de na pàipearan a tha air clàr na coinneimh agus gun a bhith an làthair an uair a thathar a' bruidhinn mu dheidhinn. A thuilleadh air seo, ma nochdas strì eadar com-pàirt sa chonaltradh, feumaidh am ball/oifigear seo innse agus a' choinneamh fhàgail ma chumas an conaltradh a' dol. Tha iad seo uile air an clàradh ann an geàrr-chunntasan na coinneimh.

Lèirmheas Trèanaidh agus Leasachaidh

An uair a bhios buill den bhòrd a' dol an sàs, feumaidh iad an cùrsa trèanaidh On Board a dhèanamh cho math ri bhith a' faighinn fiosrachadh mun Chòd Giùlain, siostaman agus pròiseasan airson a bhith ag innse mu strìthean eadar com-pàirtean, agus a bhith a' faighinn agus a' clàradh tiodhlacan agus aogheachd.

2. Leasachaidhean tron Bhliadhna 20/21

Poileasaidh Strìthean eadar Com-pàirtean

Dh'aontaich am Bòrd Poileasaidh Strìthean eadar Com-pàirtean, air ullachadh le David Nicoll bho On Board Training and Consultancy. Is e amas a' phoileasaidh tuilleadh stiùireadh agus tuigse a thabhann a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri strìthean eadar-com-pàirtean a dh'fhaodadh a bhith ann, a tha air aithneachadh agus strìthean eadar com-pàirtean a tha ann da-rìribh.

A' Soighneadh a' Chòd Giùlain

Mar thoradh air lèirmheas air in-sgrùdadh de Riaghlachas Corporra, tha siostam air a bhith air a stèidheachadh far am feum buill den bhòrd agus an Sgioba Ceannardais dearbhadh a h-uile bliadhna gu bheil iad air a' Chòd Giùlain a leughadh, agus tha fianais mun seo air a ghleidheadh.

Ùrachaidhean bho Choimisean nan Inbhean:

Tha na fiosan ràitheil bho Choimisean nan Inbhean air an cuairteachadh air buill a' bhùird tro làrach-lìn co-roinnte airson buill a' bhùird.

Co-chomhairleachadh air a' Chòd Giùlain:

Chaidh fiosrachadh a thoirt do bhuill a' bhùird mun cho-chomhairleachadh air a' Mhodail de Chòd Giùlain agus chaidh am misneachadh beachdan a thoirt seachad.

3. Aithisg In-sgrùdaidh mu Riaghlachas Corporra

Bheachdaich an aithisg seo air strithean eadar chom-pàirtean mar phàirt den lèirmheas. Tha an aithisg a' gabhail a-steach raon de dheagh chleachdadh a thaobh strithean eadar chom-pàirtean mar a leanas:

Rè ar lèirmheas, fhuair sinn a-mach gu feum buill an ùidhean a nochdadh gu foirmeil air bhun-stèidh dà-bhliadhnail. Tha gnàth-chuspair air clàr-obrach a' Bhùird agus nan Comataidhean airson innse mu strì eadar chom-pàirtean aig toiseach a h-uile coinneamh. Bhon lèirmheas againn de gheàrr-chunntasan choinneamhan a' Bhùird agus nan Comataidhean fhuair sinn fianais gus taic a thoirt don bheachd gu bheil buill ag innse mu ùidh sam bith aig toiseach agus tro na coinneamhan. Fhuair sinn fianais cuideachd gu bheil buill a' fàgail an t-seòmair agus nach eil iad a' gabhail com-pàirt ann an conaltradh no a' bhòtadh air cuspairean sam bith sa bheil iad air ùidh a nochdadh.

Bha moladh aig ìre ìosal a thaobh a' Chòd Giùlain:

Tha sinn a' moladh gum bi buill a' Bhùird agus nan Comataidhean agus luchd-obrach aig àrd ìre a' lìonadh a-steach an fhiosrachadh sa Chòd Giùlain a h-uile bliadhna. Tha sinn cuideachd a' moladh gun dèan am Buidheann lèirmheas air sgrìobhainn a Chòd Giùlain bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e fhathast iomchaidh agus a rèir deagh phractas agus a rèir a' mhodh-giùlain a tha am Buidheann airson a bhuill agus an luchd-obrach a chumail suas.

4. Leasachadh air a Phlanadh airson na Bliadhna 2021/22

Seach gu bheil an Còd Giùlain stèidhichte air Modail a tha air aontachadh le Riaghaltas na h-Alba, chan eil an t-ùghdarras aig BnG atharrachadh. Ach, an uair a thèid an Còd ath-sgrùdaichte aontachadh leis a' Phàrlamaid (dh'fhaodadh e a bhith as t-Fhoghar 2021), gabhaidh BnG ris a' Chòd ath-sgrùdaichte agus cuirear treànadh air chois gus an tuig gach neach e.

Aig an àm a tha an làthair tha beàrn san Sgioba Ceannardais airson Stiùiriche Seirbheisean Ionmhais agus Corporra. Bidh an dreuchd seo a' gabhail a-steach dleastanasan Oifigear Inbhean, agus a' toirt seo air falbh bho obair a' Cheannaird.

Co-dhùnadh

Stèidhichte air toraidhean an rannsachaidh san aithisg In-sgrùdaidh bhon Dàmhair 2020, agus am fiosrachadh a chaidh a thabhann gu h-àrd, tha fianais ann gu bheil siostaman agus pròiseasan nan àite aig BnG a nì e comasach dha a bhith a rèir riatanasan buidheann poblach a thaobh cùmhnantan na h-obrach a tha air a chur an sàs airson an Oifigear Inbhean.

Pàipear-taic I – Dleastanasan air an toirt bhon Nota Comhairleachaidh Coimisean Inbhean airson Alba mu Dhreuchd Oifigeir Inbhean

Dleastanas	Gnìomh	Fianais
3.1 – Dèan cinnteach gu bheil treànadh iomchaidh air a thoirt mu Freàm-obrach Inbhean Eiticeil, Còd Giùlain Bhall agus an stiùireadh a tha air a thoirt le Coimisean nan Inbhean mun Mhodail Còd Giùlain. Tha seo a' gabhail a-steach gu bheil treànadh air a thoirt aig àm inntigridh agus gu cunbhalach an dèidh sin.	<p>Seisean inntigridh airson ball ùr den bhòrd Stiùbhart Macleòid;</p> <p>Treànadh On Board a fhritheil Stiùbhart Macleòid; Pàipear-naidheachd ràitheil Coimisean nan Inbhean a tha a-nis air a chur air adhart gu buill a' bhùird</p> <p>Rinn a' Chomataidh In-sgrùdaidh agus Càileachd lèirmheas air a' phoileasaidh ùraichte mu Strì eadar Com-pàirtean agus mhol iad e dhan Bhòrd. Dh'fheumadh buill a' bhùird agus an SMT air fad an Còd Giùlain a shoighneadh gus dearbhadh gun robh iad air a leughadh.</p>	<p>Post-dealain gu S MacLeòid air 26/03/2020 le fiosrachadh mu agus ceangalaichean ri Aonta Freàm-obrach On Board, Còd Giùlaine</p> <p>Cùrsa treànaidh air a fhrithealadh san t-Sultain 2020</p> <p>Cuairt-litir Dùbhlachd 2020 air làrach-lìn co-roinnte nam ball</p> <p>Cuairt-litir Sultain 2020 air a cuairteachadh air buill a' bhùird agus a-nis air an làrach-lìn co-roinnte.</p> <p>Rinn am Bòrd lèirmheas agus chaidh aontachadh ris a' Phoileasaidh Strì eadar Chom-pàirtean ùraichte air 26 Ògmhios 2020.</p> <p>Chaidh a shoighneadh leis gach neach tro docusign ro thoiseach an Fhaoilich 2021.</p>
3.2 – Bu chòir don Oifigeir Inbhean cur ri adhartachadh agus cumail suas àrd inbhean giùlain le bhith a' toirt comhairle agus taic do bhuill mu mhìneachadh agus cur an cèill a' Chòd.	<p>Comhairle air a thoirt do bhuill a' bhùird a thaobh atharrachadh ann am fastachd a dh'fhaodadh leantainn air adhart gu strithean eadar chom-pàirtean.</p> <p>Bha an t-Oifigeir Inbhean a' stiùireadh na h-obrach gus am Poileasaidh air Strithean eadar Chom-pàirtean ùrachadh.</p> <p>Buill a' Bhùird air am misneachadh gus cur ri leasachadh co-chomhairleachadh mun Chòd Giùlain ath-leasaichte.</p>	<p>Comhairle air a thoirt don Chathraiche agus ball den bhòrd mu atharrachadh dreuchd san Fhaoilleach 2021 a dh'fhaodadh suidheachaidhean a stèidheachadh far am feumadh innse mu strì eadar com-pàirt.</p> <p>Post-dealain gu buill a' bhùird air 13 Faoilleach 2021.</p>
3.3 – Fo Ionnsramaid Reachdail Alba 2003/135, tha an t-Oifigeir Inbhean an urra ri bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil am buidheann a' cumail Clàr	Thathar ag iarraidh air buill a' bhùird agus an SMT an clàr ùidhean ùrachadh co-dhiù aon uair gach bliadhna, agus uair sam bith a thig atharrachadh ann an ùidhean.	Clàr Ùidhean foillsichte air làrach-lìn- https://www.gaidhlig.scot/en/our-work/corporate/the-board/

Seisean Fosgailte
Cuspair 15.4 PT1

<p>Ùidhean. Bu chòir don Oifigear Inbhean dèanamh cinnteach gu bheil Clàr Ùidhean air a chumail agus gu bheilear a' cur an cuimhne dhaoine a bhith ag ùrachadh nan inntigidhean air a' Chlàr Ùidhean co-dhiù aon uair gach bliadhna.</p>		
<p>3.4 – Bu chòir dhan Oifigear Inbhean a bhith an urra ri bhith a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail suas Clàr nam Ball de Thiodhlacan agus Aoigheachd. Bu chòir dhan Oifigear Inbhean dèanamh cinnteach gu bheil cuimhneachan gus ùrachadh inntigidhean air Clàr Thiodhlacan agus Aoigheachd air a thoirt do Bhuill co-dhiù aon uair sa bhliadhna agus gu bheil Buill mothachail air an dleastanas innse mu atharrachadh sam bith nan suidheachadh taobh a-staigh aon mhìos.</p>	<p>Tha an riannas gu feumar an Còd Giùlain a leughadh agus a shoighneadh cuideachd a' dèanamh cinnteach gu bheil na buill mothachail air na h-uallachaidhean fon earrann mu thiodhlacan agus aoigheachd.</p>	<p>Bha na buill air fad air a' Chòd a shoighneadh tràth san Fhaoilleach 2021.</p>
<p>3.5 - Bu chòir dhan Oifigear Inbhean dèanamh cinnteach gu bheil modh-obrach cunbhalach ann an àite aig a' bhuidhinn a thaobh a bhith a' faighinn agus a' clàradh fiosrachadh mu strì eadar chom-pàirtean aig toiseach a choinneamhan.</p>	<p>Tha cuspair seasmhach mu strì eadar chom-pàirtean aig toiseach clàr-gnothaich gach coinneamh bùird, comataidh, buidheann stiùiridh agus coinneamhan mìosail an SMT. A thuilleadh air sin, tha fios aig buill a' bhùird agus an SMT mun dòigh anns an urrainn dhaibh ùidh fhoillseachadh ma dh'èireas suidheachadh far am faodadh strì nochdadh an uair a bhiodh coinneamh a' dol air adhart.</p>	<p>Clàr-obrach airson coinneamh SMT agus coinneamh a' bhùird Geàrr-chunntas de choinneamh CPG air 02022021 an uair a dh'fhàg DML an cathair agus a sheachain e an conaltradh nach robh air a phlanadh mu chùis a bha a' buntainn ri CnES.</p>
<p>3.6 – Dh'fhaodadh dreuchd sgrùdaidh a bhith aig an Oifigear Inbhean ma bhithear ag amas air fuasgladh ionadail a thaobh</p>	<p>Cha robh seo air iarraidh ann an 2020-21.</p>	<p>c/e/s/im</p>

Seisean Fosgailte
Cuspair 15.4 PT1

gearanan no uallachaidhean a chaidh a thogail mu mhodh-giùlain Bhuill.		
3.7 Bu chòir dhan Oifigear Inbhean cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil fios /eòlas air a thoirt do dh'oifigearan mu riatanasan Còd Giùlain Bhall.	Bha aig na h-oifigearan SMT air fad ri soighneadh Còd-Giùlain Bhòrd na Gàidhlig mar phàirt de leasachadh an riaghlachais chorporra.	Tha Docusign a' toirt fianais gu bheil buill an SMT air fad air a' Chòd Giùlain a leughadh agus air a shoighneadh.
3.8 Is dòcha gum feum an t-Oifigear Inbhean fiosrachadh a thoirt don Bhòrd bho àm gu àm mu chùisean co-cheangailte ris an Fhreàm-obrach Inbhean Eiticeil a dh'fhaodadh a bhith a' cur feum air lèirmheas. Bu chòir dhan Oifigear Inbhean innse dhan Cheannard mu uallaichean sam bith co-cheangailte ri gèilleadh ris a' Chòd Giùlain	Chan eil cùisean sam bith air nochdadh sa bhliadhna làithreach seo a bha a' cur feum air a bhith air an innse don bhòrd. Is e rùn R na h-A gum bi am Modail Còd Giùlain ath-leasaichte air a thoirt air beulaibh na Pàrlamaid as t-samhradh 2021 agus gum feum Bòrd na Gàidhlig gabhail ris.	
3.9 Bu chòir dhan Oifigear Inbhean taic a thoirt do Chomataidh Riaghlachais no do Chomataidh Inbhean na buidhne, ma chaidh a leithid sin de chomataidh a stèidheachadh.	C/e/s/i	



A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	16/06/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	15.5

Tìotal a' Phàipeir	Aithisg Fosgaireachd is Follaiseachd	
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh	
Neach labhairt:	Shona C NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba-stiùiridh	07/06/2021	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	-	
1.0	Adhbhar	
1.1	Tha am pàipear seo airson aithris a thoirt dhan Bhòrd-stiùiridh air na ceumannan a chaidh a ghabhail tron bhliadhna gus a bhith a' neartachadh fosgaireachd is follaiseachd sa bhuidhinn.	
2.0	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Bha moladh ann an aithisg an luchd-sgrùdaidh gum faigeadh am Bòrd-stiùiridh aithisg adhartais.	
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Tha an aithisg a' toirt cunntas air ceumannan gus fosgaireachd is follaiseachd a neartachadh taobh a-muigh agus taobh a-staigh na buidhne.	
3.2	<u>Taobh a-muigh:</u>	
3.2.1	Coinneamhan BnG Thathar air coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh agus nan comataidhean a chumail fosgailte dhan phobaill on Chèitean 2020. Bidh clàran-gnothaich is pàipearan rim faighinn air làrach-lìn BnG mu sheachdain ro gach choinneamh. Bidh na coinneamhan air an sanasachd air làrach-lìn BnG agus air na meadhanan sòisealta, le fios air ciamar a chuireas duine sam bith ceist no moladh dhan bhuidhinn.	
3.2.2	Co-chomhairleachaidhean BnG Chaidh trì co-chomhairleachaidhean foirmeil a chumail le BnG tro 20/21: (a) Beachdan òigridh a shireadh (b) Beachdan air mar a tha BnG a' cleachdadh maoinachadh (c) Beachdan tràth airson an ath Phlana Nàiseanta .	
	Às dèidh deireadh na bliadhna chaidh suirbhidh a ruith do luchd-ùidh BnG. Cha do thachair seo ann an 20/21 air sgàth COVID ach 's e suirbhidh bliadhna air a bheil sinn ag amas.	
3.2.3	Co-chomhairleachaidhean eile A bharrachd air sin, bha BnG an làthair aig na coinneamhan a chum LPM, John Swinney, san Dàmhair 2020 le riochdairean coimhearsnachd, agus aig an dà choinneimh a chum e le riochdairean bhuidhnean poblach agus coimhearsnachd san	

	<p>Dùbhlachd 2020 is sa Ghearran 2021. Tha geàrr-chunntas air na coinneamhan seo mar phàirt den t-sreath de choinneamhan poblach a bhios BnG a' cumail san Ògmhios 2021.</p>															
<p>3.2.4</p>	<p>Fios air tabhartasan is iomairtean</p> <p>Chaidh tòrr obair a dhèanamh gus fiosrachadh a chur ann an cruth a bha iomchaidh airson a bhith mar chom-pàirtiche aig 360Giving far am faigh daoine fios air na tabhartasan a thug BnG seachad sna trì bliadhna a chaidh seachad - https://www.gaidhlig.scot/ga/maoineachaidh/data-thabhartasan/</p>															
<p>3.2.5</p>	<p>Conaltradh</p> <p>Chaidh tòrr obair shoirbheachail a dhèanamh gus teachdaireachdan mu obair BnG a sgaoileadh agus a neartachadh. Chaidh ùrachadh a dhèanamh air an làraich-lìn againn gus am biodh i na bu tharrangaiche agus na b' fhasa a chleachdadh agus chaidh ùrachadh a dhèanamh air an t-suaicheantas againn.</p> <p>Bha buannachd na h-obrach seo gu sònraichte fìor a thaobh nam meadhanan sòisealta far an deach an luchd-leantainn againn suas gu mòr.</p>															
<table border="1"> <thead> <tr> <th data-bbox="357 815 628 848">Seanail</th> <th data-bbox="628 815 1050 848">Air 31 Màrt 2021</th> <th data-bbox="1050 815 1385 848">Air 31 Màrt 2020</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td data-bbox="357 848 628 882">Twitter</td> <td data-bbox="628 848 1050 882">7,275 luchd-leantainn (+27%)</td> <td data-bbox="1050 848 1385 882">5,742 luchd-leantainn</td> </tr> <tr> <td data-bbox="357 882 628 916">Facebook</td> <td data-bbox="628 882 1050 916">4,733 luchd-leantainn (+12%)</td> <td data-bbox="1050 882 1385 916">4,215 luchd-leantainn</td> </tr> <tr> <td data-bbox="357 916 628 949">Instagram</td> <td data-bbox="628 916 1050 949">1,821 luchd-leantainn (+69%)</td> <td data-bbox="1050 916 1385 949">1,080 luchd-leantainn</td> </tr> <tr> <td data-bbox="357 949 628 987">www.Gaidhlig.scot</td> <td data-bbox="628 949 1050 987">16,949 luchd-cleachdaidh (+2%)</td> <td data-bbox="1050 949 1385 987">16,645 luchd-cleachdaidh</td> </tr> </tbody> </table>		Seanail	Air 31 Màrt 2021	Air 31 Màrt 2020	Twitter	7,275 luchd-leantainn (+27%)	5,742 luchd-leantainn	Facebook	4,733 luchd-leantainn (+12%)	4,215 luchd-leantainn	Instagram	1,821 luchd-leantainn (+69%)	1,080 luchd-leantainn	www.Gaidhlig.scot	16,949 luchd-cleachdaidh (+2%)	16,645 luchd-cleachdaidh
Seanail	Air 31 Màrt 2021	Air 31 Màrt 2020														
Twitter	7,275 luchd-leantainn (+27%)	5,742 luchd-leantainn														
Facebook	4,733 luchd-leantainn (+12%)	4,215 luchd-leantainn														
Instagram	1,821 luchd-leantainn (+69%)	1,080 luchd-leantainn														
www.Gaidhlig.scot	16,949 luchd-cleachdaidh (+2%)	16,645 luchd-cleachdaidh														
	<p>Cuideachd, chaidh stiùireadh ùr a sgrìobhadh agus iomairt a chur an gnìomh gus am biodh na buidhnean a tha a' faighinn taic bhuan ag aithneachadh na taice ann an dòighean iomchaidh agus bha adhartas ann le sin, le barrachd ri thighinn.</p>															
<p>3.3</p>	<p><u>Taobh a-staigh na buidhne</u></p> <p>Tha sinn air leasachaidhean a dhèanamh a thaobh siostaman taobh a-staigh na buidhne a tha a' neartachadh fosgailteachd is follaiseachd.</p>															
<p>3.3.1</p>	<p>Conaltradh</p> <p>Tha adhartas mòr air a bhith ann an conaltradh taobh a-staigh na buidhne sa bhliadhna a chaidh seachad. Chaidh suirbhidh conaltraidh a ruith is chaidh na toraidhean a chleachdadh gus plana a chruthachadh.</p>															
<p>3.3.2</p>	<p>Coinneamhan</p> <p>Am measg nan rudan a chaidh a chur an gnìomh bha seiseanan deasbaid/leasachaidh ann uair gach mìos, leis na cuspairean air an taghadh leis an sgioba. Bha coinneamhan ann gus plana gnìomh 21/22 ullachadh; beachdachadh air toraidhean suirbhidh luchd-obrach 2020; beachdachadh air a' phlana leasachaidh; agus chaidh Adhartas nas Luaithe a steidhicheadh taobh a-staigh na buidhne.</p> <p>Cuideachd, chaidh leasachadh a dhèanamh air coinneamhan fhoirmeil aig an sgioba-stiùiridh: gu bheil na manaidsearan an làthair gach mìos airson deasbad is co-dhùnaidhean a dhèanamh air chuspairean corporra agus gus bruidhinn air soirbheachasan is dùbhlain san obair aca.</p>															
<p>3.3.3</p>	<p>Fosgailteachd</p> <p>Tha leasachaidhean air a bhith ann an dòighean-obrach tro bhith a' cleachdadh Teams nas èifeachdaiche; siostaman airson coinneamh sgioba gach cola-deug, Dè tha Dol, fios a sgaoileadh air pàipearan airson coinneamhan comataidhean is a' Bhùird-stiùiridh agus siostaman airson co-dhùnaidhean a sgaoileadh às dèidh coinneamhan.</p>															

3.3.4	Trèanadh is Leasachadh Chaidh neartachadh a dhèanamh air siostaman trèanaidh is leasachaidh a tha a' cur ri fosgailteachd is follaiseachd leis gu bheil siostaman coinneamhan POP (Plana-obrach Pearsanta) agus siostam PLP (Plana Leasachaidh Pearsanta) air an dèanamh gu cunbhalach.		
3.4	<u>Leasachaidhean ann an 21/22</u>		
3.4.1	Siostaman taobh a-staigh na buidhne Chaidh plana leasachaidh leantainneach a chur air bhonn bho 1mh Giblean 2021 le siostam airson molaidhean airson leasachadh a chruthachadh agus gus co-dhùnaidhean a dhèanamh orra.		
3.4.2	Conaltradh taobh a-muigh na buidhne Gu sònraichte mar phàirt den ullachadh airson an ath Phlana Nàiseanta bidh barrachd choinneamhan ann airson conaltradh le iomadh buidheann is duine.		
3.5	Tha a' bhuidheann ann an àite gu tur eadar-dhealaichte o far an robh i mus an do thòisich an glasadh-sluaigh. Tha na cleachdaidhean a th' againn an-dràsta, air ainmeachadh gu h-àrd, a-nise stèidhichte gu làidir sa bhuidhinn is cha bhi a' bhuidheann a' tilleadh dhan t-seann dòigh-obrach.		
4.0	Moladh		
4.1	Thathar ag iarraidh air na buill am fiosrachadh sa chàipear seo a thoirt fa-near.		
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach		
5.1	Buidhean air Ionmhas		
	Cha bhi buaidh air ionmhas.		
5.2	Buidhean air Luchd-obrach		
	Tha an t-adhartas a rinneadh tron bhliadhna air buaidh mhòr a dhèanamh airson an sgioba.		
5.3	Buidhean air Trèanadh		
	Tha iomradh san aithisg air leasachaidhean ann an siostaman trèanadh is leasachaidh.		
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachail agus Corporra		
	Tha am fiosrachadh seo a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.		
5.5	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta		
	AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA		
	Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann <input type="checkbox"/>
	Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan <input type="checkbox"/>
	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn <input type="checkbox"/>
	Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta <input type="checkbox"/>
	Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh <input type="checkbox"/>

Seisean Fosgailte
Cuspair 15.5 PA

	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>		
5.6	Buidhean air Cliù			
	Tha an aithisg a' cur ri cliù na buidhne mar bhuidheann a tha a' leantainn deagh chleachdadh.			
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd			
	Cha bhi buaidh air slàinte is sàbhailteachd.			
5.8	Buidhean Laghail			
	Cha bhi buaidhean laghail ann.			
5.9	Buidhean air Co-ionannas			
	Cha bhi buaidh air co-ionannas.			
5.10	Buidhean air an Àrainneachd			
	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.			



A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	16/06/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	15.6

Tìotal a' Phàipeir	Measadh air Modhan-obrach Choinneamhan		
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh		
Neach-labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard		
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris	
Sgioba-stiùiridh	07/06/2021	Ri Aontachadh	
Pàipear-taice air a cheangal ris	Chan eil		
1.0	Adhbhar		
1.1	Tha am pàipear airson fiosrachadh a thoirt dhan Bhòrd-stiùiridh air na measaidhean a chaidh a dhèanamh air coinneamhan nan comataidhean agus a' Bhùird-stiùiridh.		
2.0	Cùl-fhiosrachadh		
2.1	Tha an aithris seo air beulaibh a' Bhùird-stiùiridh air sgàth moladh a rinn luchd-in-sgrùdaidh agus chaidh seo a chur ri plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh.		
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh		
3.1	<p>Chaidh lèirmheasan a dhèanamh às dèidh coinneamhan Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan, Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd, agus am Bhòrd-stiùiridh.</p> <p>'S e na prìomh theachdaireachdan a thàinig bhuapa:</p> <ul style="list-style-type: none"> - Gu bheil deagh adhartas air a bhith ann ann an dòighean-obrach airson coinneamhan, agus càileachd nam pàipearan - Gu bheil cus pàipearan ann ge-tà agus gum biodh e na b' fheàrr fòcas a chur air chuspairean aig ìre nas ro-innleachdaile agus chaidh ceist a thogail am feum pàipearan a chaidh tro chomataidh a thighinn dhan Bhòrd-stiùiridh - Tha barrachd soilleireachaidh is trèanaidh a dhith a thaobh dèiligeadh ri cuspairean ann an seiseanan dùinte is seiseanan fosgailte - Leis an àireamh de pàipearan, agus an àireamh de dhuilleagan, tha e nas coltaiche gun tèid mearachdan a dhèanamh, e.g. amas a' phàipeir air a' chlàr-ghnothach eadar-dhealaichte bhon amas air a' phàipear fhèin - Tha e feumail gu bheil stiùireadh ann a thaobh dè an ùine a tha a dhith airson nam pàipearan eadar-dhealaichte; is bhiodh e feumail nan robh oifigearan aig na coinneamhan ron àm air a' chlàr-ghnothaich oir uaireannan bidh na coinneamhan a' ruith nas luaithe na bha an dùil <p>Bidh an obair a tha am Bòrd-stiùiridh a' dèanamh le Taylor Clarke an-dràsta a' buailleadh air dòighean-obrach cuideachd is bidh e feumail na toraidhean sin a tharraing ri chèile leis an aithris seo.</p> <p>Gu ìre, ma bhios nas lugha de pàipearan ann agus gur ann aig ìre ro-innleachdail a bhios iad, bidh sin a' fàgail chùisean nas fhasa aig oifigearan airson a dhèanamh cinnteach gu bheil na pàipearan is na coinneamhan aig ìre nas àirde agus leasachadh a dhèanamh air dòighean-obrach.</p>		

Seisean Fosgailte

Cuspair 15.6

4.0	Moladh																																				
4.1	Thathar ag iarraidh air na buill am fiosrachadh sa phàipear seo a thoirt fa-near.																																				
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach																																				
5.1	Buidhean air Ionmhas																																				
	Chan eil buaidh aig an aithisg seo air ionmhas.																																				
5.2	Buidhean air Luchd-obrach																																				
	Tha na molaidhean a rinn Buill a' toirt taic do luchd-obrach a thaobh dòighean-obrach airson coinneamhan.																																				
5.3	Buidhean air Trèanadh																																				
	Tha an aithisg a' cur taic ris a' mholadh gum biodh sinn mar sgioba ag ionnsachadh dhòighean ùra airson leasachadh a dhèanamh ann an dòighean-obrach.																																				
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra																																				
	Amas Corporra 4 - Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.																																				
5.5	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta																																				
	<table border="1"> <thead> <tr> <th colspan="2">AR N-ADHBHAR</th> <th colspan="2">AR LUACHAN</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td colspan="2">Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus in-ghabhalach</td> <td colspan="2">'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach</td> </tr> <tr> <th colspan="4">AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA</th> </tr> <tr> <td>Còraichean daonna</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Clann</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Cultar</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Coimhearsnachdan</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Àrainneachd</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Bochdainn</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Slàinte</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Eadar-Nàiseanta</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Foghlam</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Eaconamaidh</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td colspan="3">Gnòthachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> </tr> </tbody> </table>	AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN		Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach		AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA				Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann	<input type="checkbox"/>	Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>	Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-Nàiseanta	<input type="checkbox"/>	Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>	Gnòthachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			<input checked="" type="checkbox"/>
AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN																																			
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach																																			
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA																																					
Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann	<input type="checkbox"/>																																		
Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>																																		
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>																																		
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-Nàiseanta	<input type="checkbox"/>																																		
Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>																																		
Gnòthachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			<input checked="" type="checkbox"/>																																		
5.6	Buidhean air Cliù																																				
	Tha leasachaidhean ann an dòighean-obrach airson coinneamhan a' cur ri cliù na buidhne mar bhuidheann a tha pròifeasanta.																																				
5.7	Buidhean air Slàinte, Sàbhailteachd is Sunnd																																				
	Chan eil buaidh aig an aithisg seo air slàinte, sàbhailteachd is sunnd.																																				
5.8	Buidhean Laghail																																				
	Chan eil gin ann.																																				
5.9	Buidhean air Co-ionannas																																				
	Chan eil gin ann.																																				
5.10	Buidhean air an Àrainneachd																																				
	Chan eil buaidh aig an aithisg seo air àrainneachd.																																				



A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	16/06/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	15.7

Tìotal a' Phàipeir	Aithisg Riochdachadh Gnè		
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh		
Neach labhairt:	Shona C NicIllinnein, Ceannard		
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris	
Sgioba-stiùiridh	07/06/2021	Ri Aontachadh	
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Aithisg Riochdachadh Gnè		
1.0	Adhbhar		
1.1	Tha am pàipear seo airson 's gun tèid a chlàradh gun deach Aithisg Riochdachadh Gnè dhan Bhòrd-stiùiridh.		
2.0	Cùl-fhiosrachadh		
2.1	Fo Achd Riochdachadh Gnè air Bùird Phoblach (Alba) 2018, feumaidh Bòrd na Gàidhlig fios fhoillseachadh mun adhartas a nì e a thaobh a bhith a' coileanadh dleastanas co-ionannachd na roinne poblaich (DCRP). Tha an aithisg seo mar phàirt den dleastanas sin.		
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh		
3.1	Tha an aithisg a' toirt iomradh air gnè nam Ball is ceumannan a chaidh a dhèanamh gus co-ionnachd gnè a bhith air a' Bhòrd-stiùiridh.		
4.0	Moladh		
4.1	An aithisg a chlàradh.		
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach		
5.1	Buidhean air Ionmhas		
	Cha bhi buaidh air ionmhas.		
5.2	Buidhean air Luchd-obrach		
	Cha bhi buaidh air luchd-obrach		
5.3	Buidhean air Trèanadh		
	Cha bhi buaidh air trèanadh.		
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra		
	Tha am fiosrachadh seo a' cur ris an amas corporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.		
5.5	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanadh Nàiseanta		
	AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN	
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA		
	Còraichean daonna <input type="checkbox"/>	Clann <input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>

Seisean Fosgailte
Cuspair 15.7 PA

	Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>
	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
	Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
	Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>
	Gnothachasan soirbheachail is ùr- ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>		
5.6	Buidhean air Cliù			
	Tha an aithisg a' cur ri cliù na buidhne mar bhuidheann a tha a' leantainn deagh chleachdadh.			
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd			
	Cha bhi buaidh air slàinte is sàbhailteachd.			
5.8	Buidhean Laghail			
	Feumaidh buidhnean poblach a bhith a' coileanadh nan dleastanasan orra a thaobh co-ionannachd.			
5.9	Buidhean air Co-ionannachd			
	Tha an aithisg seo a' bualadh air co-ionannachd.			
5.10	Buidhean air an Àrainneachd			
	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.			



Bòrd na Gàidhlig

Aithisg air Riochdachadh Gnè

Achd Riochdachadh Gnè air Bùird Phoblach (Alba) 2018

Ro-ràdh

Chaidh an Achd Riochdachadh Gnè air Bùird Phoblach (Alba) 2018 gus cuideachadh ann a bhith a' dèiligeadh ris an fo-riochdachadh eachdraidheil agus leantainneach a tha air a bhith ann de boireannaich sa bheatha poblach. Tha boireannaich a' riochdachadh còrr air leth a' phobaill ann an Alba - faisg air 52%.

Tha Earrann 1 den Achd a' cur an cèill "amas riochdachaidh gnè" gur e boireannaich a bhios ann an 50% de bhuill neo-ghnìomhach a tha air bòrd. An uair a tha àireamh corra de bhuill neo-ghnìomhach air bòrd buinidh an t-amas seo ris a' chùis mar gum biodh aon bhall neo-ghnìomhach a dhìth air a' bhòrd. Tha bòrd le 50% no còrr de bhuill neo-ghnìomhach a tha nam boireannaich air an amas a choileanadh.

Tha Earrann 1 de Achd Riochdachadh Gnè air Bùird Phoblach (Alba) 2018 a' toirt cunntas air na h-ùghdarrasan poblach a tha fo riaghladh na h-Achd – tha seo a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig (BnG). Is e an Neach Cur an Gnìomh mar a tha air a mhìneachadh san stiùireadh reachdail mar a bhith an urra ri suidheachadh bhall air BnG: Ministearan na h-Alba.

Buill-bùird BnG mar aig 31 Màrt 2021.

Stiùirichean Neo-Ghniomhach	6
Stiùirichean Neo-Ghniomhach Boireann*	3

*Tha seo a' gabhail a-steach Dàta

Trusaidh Cathraiche Bòrd BnG

Chaidh iomairt sanasachd agus trusaidh a dhèanamh airson Cathraiche a' Bhùird agus airson Buill Neo-ghnìomhach a' Bhùird ann an 2019. Tha geàrr-iomradh air na builean air am mìneachadh gu h-ìosal.

Dàta air a thairgse le sgioba Suidheachaidhean Poblach Riaghaltas na h-Alba.



	Buidheann Poblach	Tìotal na Dreuchd	Ceann-là sgrùdaidh	Cur an Gníomh	% de thagraidhean bho Bhoireannaich	Boireannaich air an cur an Dreuchd
Cathraiche	Bòrd na Gàidhlig	Cathraiche	Sult 19	2	50%	Tha
Suidheachadh 1 Bhall	Bòrd na Gàidhlig	Stiùiriche Neo-Ghniomhach	Sult 19	4	0%	Chan eil

Nochdaidh trì beàrnann airson Buill Bùird Neo-Ghniomhach mun Mhàrt 2022 a bhios a' cur feum air tuilleadh sanasachd agus iomairt trusaidh sa bhliadhna làithreach.

Bidh an iomairt seo a' gabhail a-steach ceumannan sònraichte gus barrachd bhoireannaich a thàladh chun a' Bhùird, a' gabhail a-steach taisbeanadh goirid air bhidio airson nam meadhanan sòisealta bho aon de na boireannaich a tha na ball den bhòrd agus gum bi fiosrachadh air a sgaoileadh le buill eile a tha a-cheana air a' bhòrd gu boireannaich aig am faodadh ùidh a bhith sna dreuchdan sin. Tha seo a thuilleadh air sanasachd coitcheann de na dreuchdan.

Ceannard
An Giblean 2021



A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	16/06/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	16.1

Tìotal a' Phàipeir	Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba Stiùiridh	07/06/2021	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha- PT1 – Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh	
1.0	Adhbhar	
1.1	Is e adhbhar na h-aithrise seo plana obrach a thoirt dhan Bhòrd-stiùiridh a tha a' mìneachadh nam prìomh nithean air am feumar beachdachadh mar phàirt den chlàr-obrach airson na bliadhna.	
2.0	Cùl-fhiosrachadh	
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Tha e cudromach gum bi plana obrach aontaichte aig a' Bhòrd-stiùiridh airson na bliadhna air thoiseach. Thèid sùil a chumail air a' phlana obrach tron bhliadhna. Chaidh aon cuspair air a chur air ais dhan ath choinneimh air sgàth na h-obrach a tha Taylor Clarke a' dèanamh leis a' bhuidhinn.	
4.0	Moladh	
4.1	Thathar ag iarraidh air Buill beachdachadh air a' phlana obrach an cois seo agus aontachadh.	
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdadh	
5.1	Buidhean air Ionmhas	
	Chan eil buaidh ionmhasail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.	
5.2	Buidhean air Luchd-obrach	
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air an fheachd-obrach.	
5.3	Buidhean air Trèanadh	
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air trèanadh.	
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra	
	Amas Corporra 4: Gun cum Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.	
5.5	Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta	
	AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

Seisean Fosgailte
Cuspair 16.1

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA				
	Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann	<input type="checkbox"/>
	Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>
	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
	Slàinte	<input checked="" type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
	Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>		
5.6	Buidhean air Cliù			
	Tha plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh a' neartachadh cliù na buidhne tro bhith fosgailte agus eagraichte a thaobh obair na buidhne.			
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd			
	Bidh aithisg a' tighinn dhan Bhòrd-stiùiridh air Slàinte is Sàbhailteachd.			
5.8	Buidhean Laghail			
	Tha cuid de na h-aithisgean a thig dhan Bhòrd-stiùiridh a' dèiligeadh ri rudan reachdail.			
5.9	Buidhean air Co-ionannachd			
	Bidh aithisg a' tighinn dhan Bhòrd-stiùiridh air co-ionannachd.			
5.10	Buidhean air an Àrainneachd			
	Thig fiosrachadh dhan Bhòrd-stiùiridh air cùisean a thaobh na h-àrainneachd.			

AM BÒRD-STIÙIRIDH Plana Obrach 2021/22 (Dreachd 01/03/2021)

		04/21	05/21	06/21	07/21	08/21	09/21	10/21	11/21	12/21	01/22	02/22	03/22
A h-uile Coinneamh Puingean Stèidhichte	Cùisean Tòiseachaidh / Fàilte			✓				✓		✓			✓
	A' nochdadh chom-pàirtean			✓				✓		✓			✓
	Geàrr-chunntas na Coinneimh mu Dheireadh			✓				✓		✓			✓
	Clàr-ghnìomhan			✓				✓		✓			✓
	Aithisg Buidheann-stiùiridh a' Phlana Leasachaidh			✓				✓		✓			✓
	Aithisg air Plana Gnìomh			✓				✓		✓			✓
	Aithisg Ionmhais			✓				✓		✓			✓
	Clàr Mì-chinntean			✓				✓		✓			✓
	Geàrr-chunntasan nan comataidhean is na buidhne obrach			✓				✓		✓			✓
	Aithisg a' Cheannaird			✓				✓		✓			✓
	Am Plana Obrach			✓				✓		✓			✓
	COVID-19			✓				✓		✓			✓
	Iarrtasan taic-airgid £100,000+			✓				✓		✓			✓
	Lèirmheas air a' choinneimh			✓				✓		✓			✓
Prìomhachasan Ro-innleachdail	Plana Corporra									✓			✓
	Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig			✓				✓		✓			✓
	Adhartas nas Luaithe			✓				✓		✓			✓
Puingean Cunbhalach Bliadhna	Plana Gnìomh							✓					✓
	Buidseat na Bliadhna							✓					✓
	Plana Ionmhais Meadhan-teirm												✓
	Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd			✓									
	Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan			✓									
	Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan							✓					
	Aithisg an Luchd-sgrùdaidh on Taobh a-Muigh							✓					
	Aithisg Oifigeir nan Inbhean			✓									
	Aithisg Luchd-obrach			✓									
	Aithisg Slàinte is Sàbhailteachd			✓									
	Èifeachdas agus trèanadh a' Bhùird-stiùiridh			✓				✓					
	Plana Feachd-obrach												✓
	Plana Trèanaidh			✓									
	Gnàth-riaghailtean			✓									
	Prògram coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh										✓		
	Fosgailteachd			✓									
	Maoineachadh nam Buidhnean Gàidhlig			✓							✓		✓
Aithisg Rèiteachaidh – Plana Leasachaidh			✓										
Aithisg air Planaichean Gàidhlig			✓										
Puingean Ad Hoc	Suirbhidh Luchd-ùidh							✓					
	Measadh air Modhan-obrach Choinneamhan			✓									